



# Eachdraidh

## Malairt Atlantaigeach nan Tràillean 1770-1807

Tha an leabhar *Malairt Atlantaigeach nan Tràillean 1770-1807* bho Hodder Gibson freagarrach airson Eachdraidh aig Ìre Nàiseanta 4 & 5.

Tha e a' toirt thugaibh:

- geàrr-chunntas air gach topaig fon chuspair
- fiosrachadh mionaideach air na ceithir phrìomh earrannan susbaint riatanach
- stiùireadh air sgrìobhadh aistean agus air dòighean measaidh sna deuchainnean
- bogsaichean fhaclan le mìneachadh air bun-bheachdan ùra agus ceann-fhaclan.

ISBN 978-1-907054-95-2



9 781907 054952 >

# Eachdraidh

## Malairt Atlantaigeach nan Tràillean 1770-1807



Jerry Teale

Deasaiche an t-Sreatha: John A. Kerr

This material has been endorsed by SQA as broadly supporting the SQA qualification. This book does not constitute the definitive guide to the course which can be found at the SQA website detailed below. SQA endorsement does not mean that this material is essential to achieve any SQA qualification, nor does it mean that this is the only suitable material available to support any SQA qualification. No endorsed materials will be used as the basis or setting for any SQA examination. While this material has been through an SQA quality assurance process to check for broad compatibility, all responsibility for the content remains with the publisher. Specifically, although SQA endorses this title as being written for, and appropriate to, the relevant syllabus requirements, SQA is not responsible for any content omissions or inaccuracies

Copies of official course specifications for all SQA qualifications may be found on the SQA website – **[www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)**.

Publisher's note: Course assessment specifications for national courses may be updated from time to time. We make every effort to update books as soon as possible when this happens, but – especially if you're using an old copy of this book – it's always worth checking with your teacher or lecturer whether there have been any alterations since this book was printed. Alternatively, check the SQA website (see above) for current course assessment specifications or visit **[www.hoddergibson.co.uk/updatesandextras](http://www.hoddergibson.co.uk/updatesandextras)**. We also make every effort to ensure accuracy of content, but if you discover any mistakes, please let us know as soon as possible – see contact details on back cover.

**Nàiseanta  
4 & 5**

# Eachdraidh

**Malairt Atlantaigeach nan Tràillean 1770–1807**

Jerry Teale

Deasaiche an t-Sreatha: John A. Kerr



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig



Bu mhath le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig taing a thoirt do na leanas airson cead dealbhan 's msaa a chleachdadh:

**td.2** Rogan Thomson/Actionplus; **td.4** Heritage Images/Corbis; **td.6** The Granger Collection/TopFoto; **td.11** (cli) APIC, (deas) SSPL tro Getty Images; **td.12** UIG tro Getty Images; **td.13** (cli) De Agostini/Getty Images, (deas) De Agostini/Getty Images; **td.14** The Granger Collection/TopFoto; **td.15** (bàrr) Corbis, (bonn) Getty Images; **td.16** Courtesy National Museums Liverpool (International Slavery Museum); **td.16–18** (inset) Robert Kneschke; **td.17–18** (inset) Ljupco Smokovski; **td.17** (bonn) Images of Africa Photobank/Alamy; **td.18** (bàrr) AFP/Getty Images, (bonn) Library of Congress Prints and Photographs Division; **td.21** (bàrr) Historical Picture Archive/Corbis, (bonn) British Library/Robana tro Getty Images; **td.26** Getty Images; **td.27** Mary Evans Picture Library; **td.28** (bàrr) Richard Naude/Alamy, (bonn) Getty Images; **td.29** (bàrr) Getty Images, (bonn) Sabena Jane Blackbird/Alamy; **td.32** (cli) Geraint Lewis/Alamy, (deas) CSG CIC Glasgow Museums Collection; **td.33** Le cead bho Leabharlann Oilthigh Ghlaschu, Cruinnichidhean Sònraichte; **td.34** CSG CIC Glasgow Museums Collection; **td.35** (bàrr, cli) Matthew Oldfield Travel Photography/Alamy, (bonn, cli) British Library/Robana tro Getty Images, (deas) Ian Woolcock/Alamy; **td.42** (bàrr) Getty Images, (bonn) Time & Life Pictures/Getty Images; **td.45** Pat Canova/Alamy; **td.46** (bàrr) British Library/Robana tro Getty Images, (bonn) Getty Images; **td.47** Mary Evans Picture Library/Alamy; **td.49** Corbis; **td.50** (bàrr) British Library/Robana tro Getty Images, (bonn, cli) Getty Images, (bonn, deas) Getty Images; **td.51** TopFoto/HIP; **td.56** British Library/Robana tro Getty Images; **td.57** (cli) British Library/Robana tro Getty Images, (deas) The Granger Collection/TopFoto; **td.62** Beinecke Rare Book and Manuscript Library, Yale University; **td.63** The Granger Collection/TopFoto; **td.64** Getty Images; **td.70** Getty Images; **td.71** British Library/Robana tro Getty Images; **td.76** (cli) AP/Press Association Images, (deas) AF archive/Alamy; **td.77** (cli) The Granger Collection/TopFoto, (bàrr deas) British Library/Robana tro Getty Images, (bonn, deas) Lordprice Collection/Alamy; **td.78** British Library/Robana tro Getty Images; **td.79** Getty Images; **td.80** Internet Archive (archive.org); **td.81** Wilberforce House, Hull City Museums and Art Galleries, UK/The Bridgeman Art Library; **td.83** Lordprice Collection/Alamy; **td.86** Private Collection/© Michael Graham-Stewart/The Bridgeman Art Library; **td.87** Private Collection/The Bridgeman Art Library; **td.88** Private Collection/Le cead bho Swann Auction Galleries/The Bridgeman Art Library; **td.91** Goldwyn/Everett/Rex Features; **td.92** (bàrr) Royal Albert Memorial Museum, Exeter, Devon, UK/The Bridgeman Art Library, (bonn) Illustrated London News Ltd/Mary Evans; **td.93** UIG tro Getty Images; **td.97** (bàrr) Jessica Dimmock/VII/Corbis, (bonn) Mikhail Metzel/AP/Press Association Images; **td.98** Anton Vasilkovsky/Fotolia; **td.99** (cli agus deas) Everett Collection/Rex Features.

Rinneadh gach oidhirp gus cead iarraidh air an luchd-chòraichean, ach mura deach cead iarraidh oirbh, cuiridh am foillsichear cùisean air dòigh aig a' chiad chothrom.

Ged a chaidh gach oidhirp a dhèanamh gus a bhith cinnteach gun robh seòlaidhean eadar-lìn ceart mus deach an leabhar fhoillseachadh, chan eil coire sam bith aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a thaobh na th' air duilleagan eadar-lìn a chaidh ainmeachadh san leabhar. Uaireannan gabhaidh làrach-lìn a lorg le bhith a' cur seòladh duilleag dachaigh a-steach ann an àite URL air brobhsair. Chan eil coire sam bith aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

© Jerry Teale 2013

A' chiad fhoillseachadh ann am Beurla ann an 2013 le:

Hodder Gibson, earrann de Hodder Education, Companaidh Hachette UK, 2a Sràid Christie, Paislig PA1 1NB

Am foillseachadh seo le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, An Tosgan, 54 Rathad Shìophoirt, Steòrnabhagh, Leòdhas, HS1 2SD

www.storlann.co.uk oifis@storlann.co.uk

A' Ghàidhlig © Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith no ann an dòigh sam bith gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich: © The Bridgeman Art Library/Getty Images Dealbhan le Gray Publishing

ISBN: 978-1-907054-95-2



# Clàr-innse

Facal toisich	iv
An obair shònraichte: fiosrachadh a dh'fheumas tu	v
<b>1</b> Ro-ràdh	1
<b>EARRANN 1</b> A' mhalairt thriantanach	
<b>2</b> Carson a chaidh daoine bho Thaobh an Iar Afraga a thoirt dha na h-Innseachan an Iar?	3
<b>3</b> Dè a' bhuidheann a thug malairt nan tràillean air Afraga?	11
<b>EARRANN 2</b> Breatainn agus an Caribbean	
<b>4</b> Breatainn, an Caribbean agus malairt nan tràillean	25
<b>5</b> Marsantaich, prothaid agus beairteas	37
<b>EARRANN 3</b> Fèin-fhiosrachadh neach a chaidh a ghlacadh agus strì nan tràillean	
<b>6</b> Glacte ann an Afraga	43
<b>7</b> An turas meadhain	47
<b>8</b> Air a' phlanntachas	60
<b>EARRANN 4</b> Iomairtean casg a chur air Malairt nan Tràillean	
<b>9</b> Buidheann son casg a chur air Malairt nan Tràillean	73
<b>10</b> Iomairt gus malairt nan tràillean a chasg	79
<b>11</b> Carson a thug e cho fada a' mhalairt a chasg?	90
<b>12</b> Carson a chaidh malairt nan tràillean a chasg?	97
Faclair	106
Clàr-amais	109



# Facal toisich

'S e seo aon de shia tiotalan airson cùrsaichean Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5 a thèid a mheasadh bho 2014 a-mach. Bu chòir oileanaich trì phrìomh aonadan ann an Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5 a sgrùdadh, agus tha taghadh farsaing de chuspairean ann (còig anns a' chiad dhà, deich anns an treas fear). Tha an t-sreath a' còmhach dà chuspair anns gach aonad.

'S iad na sia tiotalan san t-sreath:

- ▶ Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5: Imrich agus Ìompaireachd 1830-1939
- ▶ Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5: Àm a' Chogaidh Mhòir 1910-1928
- ▶ Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5: Malairt Atlantaigeach nan Tràilleann 1770-1807
- ▶ Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5: Breatainn ag atharrachadh 1760-1900
- ▶ Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5: Hitler agus Gearmailt nan Nadsaidhean 1919-1939
- ▶ Eachdraidh Nàiseanta 4 & 5: Saor mu dheireadh thall? Còraichean Catharra sna SA 1918-1968

Anns gach leabhar gheibh sibh fiosrachadh mionaideach air na ceithir phrìomh earrannan susbaint a tha riatanach airson Nàiseanta 5 a bharrachd air stiùireadh air sgrìobhadh aistean agus air dòighean measaidh sna deuchainnean.



# An obair shònraichte: fiosrachadh a dh'fheumas tu

## Nàiseanta 5

### Dè an obair shònraichte airson Nàiseanta 5?

'S e aiste air a sgrìobhadh fo chumhachan deuchainn, a thèid a chur gu SQA airson comharrachadh, a tha san Obair Shònraichte. Tha 20 comharra ri fhaotainn air a shon a-mach à 80 uile-gu-lèir. Mar sin, ma nì thu gu math san Obair Shònraichte, 's e toiseach-tòiseachaidh math a th' ann airson soirbheachadh ann an deuchainn Nàiseanta 5.

### Cò mu dheidhinn a dh'fhaodas mi sgrìobhadh?

Faodaidh tu sgrìobhadh air ceist co-cheangailte ris an leabhar seo, no air rudeigin ann an earrann eile den chùrsa. Gu dearbh, faodaidh tu sgrìobhadh air cuspair eachdraidh sam bith. Faodaidh tu an Obair Shònraichte a dhèanamh air eachdraidh ionadail fiù 's.

### Cò mu dheidhinn a bu chòir dhomh sgrìobhadh?

Ma roghnaicheas tu Obair Shònraichte a dhèanamh stèidhichte air susbaint an leabhair seo, seo ceistean *matha* a dh'fhaodadh tu a fhreagairt:

- ✓ Dè cho cudromach 's a bha àite nan ceannardan Afraganach ann a bhith a' cur air dòigh malairt Atlantaigeach nan tràillean?
- ✓ Dè an ìre chun an gabh soirbheachadh Liverpool ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean a mhìneachadh le suidheachadh a' bhaile?
- ✓ Carson a bha prothaid cho mòr anns a' mhalairt thriantanaich?
- ✓ Carson a bha e doirbh do dhaoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean strì an aghaidh an luchd-glacaidh san turas mheadhain?
- ✓ Dè cho fìor 's a tha e nach do rinn tràillean mòran strì an aghaidh an luchd-seilbh air planntachasan nan Innseachan an Iar?
- ✓ Dè cho cudromach 's a bha cùis an Zong ann am fàs na h-iomairt gus tràilleachd a chasg?
- ✓ Dè an ìre chun an robh soirbheachadh na h-iomairt son tràilleachd a chasg an urra ri William Wilberforce?
- ✓ Carson a thug e cho fada malairt nan tràillean a chasg?
- ✓ Dè an ìre chun am b' e eagal ro ar-a-mach leis na tràillean a thug malairt nan tràillean gu crìch ann an 1807?

Seo *droch* thiotalan airson Obair Shònraichte:

- ✗ Dè bh' anns a' mhalairt thriantanach?
- ✗ Dè a' bhuaidh a thug malairt nan tràillean air Afraga?
- ✗ Carson a bha Bristol gu mòr an sàs ann am malairt nan tràillean ann an 1770 ach nach robh cho mòr ro 1807?
- ✗ Ciamar a bha siùcar air a dhèanamh aig àm malairt nan tràillean?
- ✗ Dè na dòighean san do rinn tràillean strì an aghaidh an luchd-glacaidh air an turas mheadhain?
- ✗ Carson a bha an turas meadhain cho uabhasach dha na tràillean?
- ✗ Dè an t-àite a bh' aig William Wilberforce san iomairt son tràilleachd a chasg?
- ✗ Na dòighean a chleachd luchd-iomairt san t-strì an aghaidh malairt nan tràillean.
- ✗ Dè na h-argamaidean a chleachd daoine a bha an aghaidh tràilleachd a chasg?

**Bi faiceallach!** Chan eil duais ann airson ceist dhuilich a rinn thu fhèin suas a thoirt dhut fhèin.

Tagh rudeigin bhon eachdraidh a tha thu air a bhith a' sgrùdadh.

Seachain cuspair cugallach – chan fhaigh thu ach aon chothrom air an Obair Shònraichte seo.



## Dè cho fada 's a bu chòir dhan Obair Shònraichte a bhith?

Chan eil faid shònraichte air a cur a-mach – dìreach nas urrainn dhut a sgrìobhadh ann an uair a thìde. Tha a' mhòr-chuid de dh'aistean mu cheithir no còig duilleagan a dh'fhaid.

## Dè na sgilean a dh'fheumas mi a nochdadh gus deagh chomharra fhaighinn?

- ▶ Feumaidh tu ceist a thaghadh air an sgrìobh thu. Le sin, bu chòir dhan tiotal crìochnachadh le comharra-ceist. Na tòisich le abairt, air neo tòisichidh tu a' sgrìobhadh sgeulachd no pròiseact. Tha e ceadaichte don tidsear beagan cuideachaidh a thoirt dhut leis an taghadh.
- ▶ Cruinnich fianais bhuntainneach bho *co-dhiù* dà stòr fiosrachaidh. Mar eisimpleir, bho dhà leabhar, no bho aon leabhar agus agallamh.
- ▶ Cuir air dòigh agus cleachd am fiosrachadh agad gus do cheist a fhreagairt.
- ▶ Cleachd d' eòlas agus do thuigse fhèin gus a' cheist a thagh thu a fhreagairt.
- ▶ Cuir *co-dhiù* dà bheachd eadar-dhealaichte air a' cheist nad fhreagairt.
- ▶ Sgrìobh co-dhùnadh a nì geàrr-chunntas air an fhiosrachadh agad agus a chrìochnaicheas le bhith a' freagairt na ceist leis an do thòisich thu.

## Cuimhnich gu bheil Duilleag Ghoireasan agad airson do chuideachadh

Air an Duilleag Ghoireasan sgrìobhaidh tu na stòran air an toir thu iomradh nad aiste. Seallaidh seo don neach-ceartachaidh gun do rannsaich, gun do thagh agus gun do chuir thu air dòigh am fiosrachadh.

Thèid an Duilleag Ghoireasan a chur gu SQA an cois na h-aiste chrìochnaichte. Chan fhaigh thu comharra airson na Duilleig Ghoireasan, ach cleachdaidh luchd-ceartachaidh i gus faicinn gun do rinn thu an rannsachadh riatanach agus gun do lorg thu stòran iomchaidh airson na h-Obair Shònraichte. Chan eil casg air an ùine a bheir thu a' crìochnachadh na Duilleig Ghoireasan, no air na th' innte de dh'fhaclan. 'S ann leatsa a tha an Duilleag Ghoireasan. Faodaidh tu a h-atharrachadh, dath a chur oirre no a priontadh. Faodaidh tu a sgrìobhadh ann an àite sam bith, aig àm sam bith mus sgrìobh thu an Obair Shònraichte fo chumhachan deuchainn.





## Nàiseanta 4

Leigidh an Obair Shònraichte leat do sgilean a shealltainn 's tu a' rannsachadh cuspair ann an eachdraidh. Tha roghainn fharsaing agad a thaobh a' chuspair agus faodaidh tu diofar dhòighean a thaghadh gus na gheibh thu a-mach a thaisbeanadh cuideachd. Le sin, chan fheum thu aiste a sgrìobhadh gus do sgilean, d' eòlas agus do thuigse a thaisbeanadh.

Gus a bhith soirbheachail ann an Nàiseanta 4, feumaidh tu sealltainn gun urrainn dhut rannsachadh a dhèanamh agus fiosrachadh a chleachdadh le bhith a' dèanamh nan rudan a leanas:

- ▶ Cuspair eachdraidh freagarrach a thaghadh airson sgrùdadh. Cuidichidh an tidsear leis an taghadh.
- ▶ Fianais bhuntainneach a chruinneachadh bho *co-dhiù dà* stòr fiosrachaidh.
- ▶ Am fiosrachadh a chruinnich thu a chur air dòigh agus a chleachdadh gus do chuideachadh nuair a sgrìobhas tu mun cuspair a thagh thu.
- ▶ Cunntas a thoirt air cò mu dheidhinn a tha an cuspair a thagh thu.
- ▶ Mìneachadh a thoirt air carson a thachair an cuspair a thagh thu (adhbhar) no air dè thachair an uair sin air sgàth a' chuspair a thagh thu (a' bhuidh).


Fhad 's a tha thu a' dol tron leabhar seo nì thu gluaiseachain, taisbeanaidhean, postairean agus obair ealain. Dh'fhaodadh iad sin uile a bhith nam pàirt den Obair Shònraichte agad airson Nàiseanta 4. Feumaidh tu an uair sin na fhuair thu a-mach a thaisbeanadh.

Na gabh dragh – ma bhios duilgheadas agad, tha e ceadaichte don tidsear cuideachadh agus comhairle a thoirt dhut aig ìre sam bith nuair a tha thu a' dèanamh na h-Obair Shònraichte.

### Am feum mi aiste fhada a sgrìobhadh?

Chan fheum. Faodaidh tu taghadh ciamar a thaisbeanas tu an Obair Shònraichte. Dh'fhaodadh tu òraid a dhèanamh agus an uair sin chuireadh an tidsear ceistean ort air a' chuspair. Dh'fhaodadh tu taisbeanadh PowerPoint a dhèanamh, no log ionnsachaidh a chumail, no postair a dhèanamh, no dòigh eile a thaghadh gus d' obair a thaisbeanadh. Dh'fhaodadh tu fiù 's aiste a sgrìobhadh nan togradh tu!





# Caibideil 1 Ro-ràdh

---

## Cò mu dheidhinn a tha an cùrsa seo?

Air sgàth malairt nan tràillean, tha ceangal làidir eadar Na h-Innseachan an Iar agus Taobh an Iar Afraga agus mar a bhathar a' cleachdadh thràillean sa Charibbean suas chun an naoidheamh linn deug.

San leabhar seo gheibh sibh a-mach carson a bhathar a' cleachdadh thràillean sa Caribbean, agus a' bhuaidh a bha aig an seo air Breatainn agus air eileanan a' Caribbean. Ionnsaichidh sibh mar a bhathar a' dèiligeadh ris na daoine a bha fo bhruid air an turas a-null, mar a bha iad air an reic mar thràillean agus mar a bhathar gan làimhseachadh air na planntachasan air an robh iad ag obair.

Aig deireadh an leabhair thathar a' mion-sgrùdadh nan daoine agus nan dòighean a chaidh a chleachdadh san iomairt gus malairt Atlantaigeach nan tràillean a chasg.

## Ciamar a chuidicheas an leabhar seo mi?

Cuidichidh an leabhar seo thu gu bhith soirbheachail sa chùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5 agus 4. Tha gach nì ann a dh'fheumas tu ionnsachadh a thaobh susbaint a' chùrsa agus na h-eisimpleirean dealbhach a tha aig SQA airson 'Malairt Atlantaigeach nan Tràillean 1770-1807'.

Tha an leabhar a' toirt comhairle agus eisimpleirean gus do chuideachadh a' freagairt gach seòrsa ceist a dh'fhaodadh a bhith romhad san deuchainn Nàiseanta 5.

Agus, bheir an leabhar seo stiùireadh dhut mun obair air gnìomhan Obair Luach A-bharrachd.



## Na h-Innseachan an Iar

Is urrainn dhan mhòr-chuid a tha a' fuireach sna h-Innseachan an Iar an-diugh a dhol air ais gu Afraga an Iar gus an sinnsearan a lorg. Chithear an ceangal seo anns na cànanan a bhios muinntir nan Innseachan an Iar a' bruidhinn.

Tha dualchas Taobh an Iar Afraga follaiseach ann an dòighean eile cuideachd. Buinidh an lùth-chleasaiche ainmeil Usain Bolt do sgìre Trelawny ann an Iameuga. Nuair a chaidh agallamh a dhèanamh ris mun dòigh mhìorbhaileach san do bhuannaich e an rèis 100m ann an 2009, thuirt e gun robh a shoirbheachas an urra gu ìre ris na freumhaichean a bha aige ann an Taobh an Iar Afraga

*O chionn fhada bha na daoine cho làidir mar thoradh air an obair chruaidh anns an robh iad an sàs ... tha na gineachan air leth làidir.*

[www.dailymail.co.uk](http://www.dailymail.co.uk)

Cleachd an t-eadar-lìon agus dèan rannsachadh air lùth-chleasaichean às Iameuga agus carson a tha iad cho soirbheachail.



*Usain Bolt bho Iameuga air an rèis 100m a bhuannachadh aig Geamaichean Oilimpigeach Lunnainn 2012.*

Dh'èirich deasbad chonnsaideach mu shinnsearachd cuid de lùth-chleasaichean aig na Geamaichean Oilimpigeach.

Tha Mìcheal Johnson, neach-ruith às na SA, aig a bheil sinnsearan à Taobh an Iar Afraga, dhen bheachd gu bheil rud sònraichte aig lùth-chleasaichean coltach ris fhèin: dualchas ginteil air leth. Tha Johnson a' dèanamh argamaid gu bheil 'sàr ghine a thaobh lùth-chleasachd' aig feadhainn le sinnsirean a bha nan tràillean a thàinig à Taobh an Iar Afraga. Agus is e an gine seo a chuir lùth-chleasaichean dubha às a' Charibbean suas air an àrd-ùrlar aig Geamaichean Oilimpigeach Lunnainn 2012.

## Carson a tha uimhir de cheanglaichean eadar Na h-Innseachan an Iar agus Taobh an Iar Afraga?

Gheibh thu a-mach mar a chaidh na milleanan dhaoine bho Thaobh an Iar Afraga a ghluasad dha na h-Innseachan an Iar. Gheibh thu a-mach cuideachd mar a bha aig na daoine sin ri obrachadh ann an dùthaich ùr fada bhon dachaighean. Uaireannan bithear ag ràdh gur e seo 'an Holocaust Afraganach', abairt a tha a' dèanamh ceangal eadar na thachair dha na h-Afraganaich agus dha na h-Iùdhaich fo bhuidh nan Nadsaidhean.

Chan e coimeas buileach ceart a tha seo oir b' e am beachd a bha ann am faighinn nan tràillean seach am murt. Tha an abairt *Maafa*, facal *Kiswahili*, a' ciallachadh 'mòr-thubaist' na dhealbh nas iomchaidhe. Is e cànan bho Thaobh an Iar Afraga a tha ann an Kiswahili, no Swahili.

## Caibideil 2 Carson a thugadh daoine bho Thaobh an Iar Afraga dha na h-Innseachan an Iar?

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo ag innse cho cudromach 's a bha siùcar ann an leasachadh nan Innseachan an Iar. Tha e a' mìneachadh carson a bha an t-iarrtas airson siùcar a' sìor fhàs san Roinn Eòrpa. Tha e an uair sin a' sealltainn nan duilgheadasan a bha an lùib ullachadh an t-siùcair agus mar a chaidh na duilgheadasan sin fhuasgladh.

### Ro dheireadh na caibideil, bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ An ceangal eadar ullachadh an t-siùcair agus na h-adhbharan airson daoine a thoirt bho Thaobh an Iar Afraga dha na h-Innseachan an Iar a mhìneachadh.
- ▶ Cunntas a thoirt air an dòigh san deach a' mhalairt thriantanach a chur air dòigh.

## Tràillean

Tha mòran de na stòran san leabhar seo a' cleachdadh an fhacail 'tràillean' airson nan daoine à Afraga air an tug a' mhalairt Atlantaigeach buaidh. Tha e cudromach cuimhneachadh nach robh na daoine sin gam faicinn fhèin mar thràillean agus gun robh iad a' strì an aghaidh an tràilleachd ann an iomadh dòigh.

Carson, a chaidh mòran dhaoine à Afraga an Iar a thoirt dha **Na h-Innseachan an Iar**? Thachair seo air sgàth siùcar. Chaidh obair an t-siùcair air adhart eadar na 1500an agus na 1800an. B' e sin siùcar. Thòisich malairt Atlantaigeach nan tràillean, ris an canar cuideachd a' mhalairt thriantanach.



### MÌNEACHADH

**Na h-Innseachan an Iar** eileanan sa Mhuir Charibbean



## Carson a bha siùcar cudromach ann an tràilleachd nan Innseachan an Iar?


B' fhada o bha fios aig daoine mu shiùcar. San t-6mh linn AD, bha daoine san Ear Mheadhain a' fàs agus ag ullachadh an t-siùcair, agus sgaoil an obair an uair sin gu dùthchannan mun Mhuir Mheadhan-thìrich le Arabaich a bha a' malairt an t-siùcair ris an Roinn Eòrpa. An toiseach, bhiodh daoine a' cagnadh **cuilc-shiùcair** amh gus a' mhilseachd a tharraing aiste. Bha am blas a' còrdadh ri daoine oir bha am biadh àbhaisteach aca gu math tric gun bhlas, searbh agus lobhte. B' e an duilgheadas a bha aca gun robh e doirbh mòran siùcair ullachadh agus bha e cuideachd glè dhaor.

Thàinig piseach air ullachadh an t-siùcair nuair a 'lorg' Christopher Columbus an **Saoghal Ùr**: bha muinntir na Roinn Eòrpa air Ameireaga a ruighinn. B' ann ann an 1492 a bha seo.

### MÌNEACHADH

**Cuilc-shiùcair** lus tropaigeach le gas thiuigh às am bi siùcar ga thoirt

**An Saoghal Ùr** am pàirt de Ameireaga a lorg Eòrpaich sa chòigeamh linn deug



*Tha an dealbh seo bho 1820 a' comharrachadh nuair a ràinig Christopher Columbus 'An Saoghal Ùr'.*

Cò na daoine a tha air taobh clì an deilbh? Dè tha air an talamh aig an casan? Dè tha am fear ann am meadhan an deilbh ('s dòcha Columbus) agus am fear a tha air a ghlùinean air an taobh dheas a' dèanamh? Dè tha an dealbhadair ag innse dhuinn mun chiad uair a choinnich Columbus ri muinntir 'An t-Saoghail Ùir'?

Bha Columbus a' lorg slighe ghoirid gu na h-Innseachan le bhith a' dol siar bhon Roinn Eòrpa thar an Atlantaig. Nuair a chaidh am bàta aig Columbus, an Santa Maria, air tìr air eilean mòr sa Charibbean, bha e dhen bheachd gun robh e anns na h-Innseachan agus thug iad 'Na h-Innseachan an Iar' air na h-eileanan.

Bha Banrigh na Spàinn air taic a thoirt do thuras Cholumbus leis an tuigse gur ann leis an Spàinn a bhiodh fearann sam bith a lorgadh e. Mar sin, thug Columbus La Isla Española (Eilean na Spàinn) air. Cha b' fhada gus an deach Hispaniola a thoirt air. An-diugh, tha an t-eilean air a roinn eadar dà dhùthaich, Haiti agus a' Phoblachd Dhominicanach.



*Map a' sealltainn eileanan a' Charibbean agus na dùthchannan Eòrpach a ghabh còir orra aig àm malairt nan tràillean.*

Nuair a chaidh òr a lorg ann an àiteachan eile san t-Saoghal Ùr, cha robh uimhir de dh'ùidh aig na Spàinntich ann an Hispaniola. Ach an dàrna turas a thadhail e air an eilean, thug Columbus leis planntaisean cuilc-shiùcair. Cha robh cuilc-shiùcair a' fàs gu math san Roinn Eòrpa. Bha Columbus an dòchas gum fàsadh an lus prìseil seo gu math bhon a bha gnàth-shìde thropaigeach air an eilean.

Mu thoiseach an t-siathamh linn deug, bha cuilc-shiùcair a' fàs anns a h-uile fear de cholonaidhean eileanach na Spàinn. Mun àm a thàinig toiseach an ochdamh linn deug, b' e siùcar am bàrr a bu chudromaiche a bha anns na h-Innseachan an Iar. Nuair a bha dùthchannan Eòrpach eile a' sabaid ris an Spàinn, agus a ghabh iad thairis na h-eileanan a bha aig an Spàinn sna h-Innseachan an Iar, lean iad orra a' cur siùcar.

## Gnìomhachas an t-siùcair

### Cuilc-shiùcair

Bha cuilc-shiùcair a' fàs gu math anns na h-Innseachan an Iar. Ach, airson an siùcar a thoirt às a' chuilc-shiùcair, dh'fheumadh mòran dhaoine a bhith an sàs ann - ga chur, ga bhuan agus ga ghiullachd. Tha e a' toirt 50 tonna de chuilc-shiùcair gus tonna de shiùcar a dhèanamh. Bheir na stòran a leanas beachd dhut air na duilgheadasan.

*Mus deigheadh cuilc a chur, dh'fheumaist am fearann a dhèanamh deiseil le bhith a' losgadh an fheòir agus ga ghlanadh às. Bha iad an uair sin a' dèanamh tholl agus a' cur chuilcean ùra. Bha ùir a' dol air bun gach cuilc agus dh'fheumte cumail a' cur ùir orra mar a bhiodh iad a' fàs. Dh'fheumte cuideachd a bhith a' toirt nan luibhean air falbh gu math tric.*

*Josephine Kamm, The Slave Trade*

*... nuair a dheigheadh a' chuilc a ghearradh, bha siùcar amh ri dhèanamh dheth. Bha e an uair sin air a phronnadh, air a ghoil 's an lionn air a tharraing dheth. Bha an obair sin doirbh agus uaireannan cunnartach. Bha an obair a cheart cho doirbh ri bhith ag obair sna h-achaidhean cuilce.*

*James Walvin, The Slave Trade*



*Dealbh bho mu 1800 a' sealltainn buidheann de thràillean Afraganach ann an Jameca ag obair ann am factaraidh gus siùcar a thoirt bho chuilc-shiùcair.*

## Cò bhiodh a' dèanamh an t-siùcair?

Tha feum air mòran dhaoine nuair a bhithear ag ullachadh an t-siùcair.

An toiseach, bhiodh na Spàinntich a' cleachdadh nan tùsanach **Arawak** airson an obair seo a dhèanamh, ach beag air bheag, bhàsaich na daoine ciùine seo. Thathar dhen bheachd nach robh dìon orra bho thinneas mar a' ghriùthrach, a' bhreac agus fiabhrasan eile a thàinig às an Roinn Eòrpa an cois nan daoine. B' e sealgairean-tionail a bha sna tùsanaich Arawak agus cha robh iad eòlach air tuathanachas.

Bhiodh **searbhantan ceangailte** (tràillean) a' toirt taic cuideachd. Chuir na mìltean de bhalaich agus de nigheanan òga an ainm ri cùmhnantan airson a dhol a dh'obair air planntachasan siùcair son eadar ceithir is seachd bliadhna. Bhiodh na searbhantan sin gan toirt an-asgaidh dha na h-Innseachan an Iar. An dèidh dhaibh an cùmhnantan obrach a choileanadh, bha cead aca beatha ùr a dhèanamh dhaibh fhèin. Ach, bha an obair cruaidh agus bhàsaich mòran air an t-slighe no mus tàinig an cùmhnant aca gu ceann. B' e an suidheachadh doirbh a bha aca a bu choireach ri seo, mar a ch'inn san stòr seo:

Bhiodh na searbhantan ceangailte mar as trice ag obair anns na h-achaidhean fo smachd **gafair**. Bha aca ri obrachadh bho mhoch gu dubh. Thathar dhen bheachd gun do chaochail eadar 50% agus 75% de na searbhantan ceangailte le tinneas mus tàinig na cùmhnantan-obrach aca gu ceann – tinneas leithid mailèiria, fiabhras buidhe, a' bhuinneach mhòr, dropsaidh agus luibhre.

*Air a dheasachadh is air atharrachadh bho <http://humanities.uwe.ac.uk>*

*Bhithte a' cur eucoraich a bha air an dìteadh dha na colonaidhean a dh'obair air na planntachasan siùcair. Anns an t-seachdamh linn deug, bha Alba a' cur mòran dhaoine dha na colonaidhean mar pheanas seach an cur dhan phrìosan.*

*Air a dheasachadh is air atharrachadh bho chlàran cùirte Jedburgh 1666*



## MÌNEACHADH

**Arawak** sluagh dùthchasach sna h-Innseachan an Iar

**searbhant ceangailte** neach aig nach eil roghainn ach obair a dhèanamh airson ùine

**gafair** neach a tha aig ceann sgioba de luchd-obrach





## Carson a bha muinntir Taobh an Iar Afraga air an cleachdadh airson obair sna h-Innseachan an Iar?

Is e am freagairt nach robh luchd-obrach gu leòr ann airson cumail suas ris an iarrtas a bha ann airson siùcar. Bha siùcar cuilce air a bhith na bhathar sòghail anns an Roinn Eòrpa. Cha b' urrainn a cheannach ach daoine beairteach. Bhiodh iad ga chur ann an deochan mar cofaidh, tì agus teòclaid airson an dèanamh milis. Chan fhàsadh ach beagan cuilc-shiùcair ann an Cìopras, Crete, Ceann a Tuath Afraga agus ceann a deas na Spàinn.

San t-siathamh agus san t-seachdamh linn deug, bha leasachadh air ìre bith-beò air fàs adhbharachadh ann an àireamh an t-sluaigh, agus atharrachadh eaconamach ann am bailtean agus mòr-bhailtean na Roinn Eòrpa. Mar sin bha iarraidh ann airson barrachd is barrachd siùcair.

Nuair a rinn na h-Eòrpaich rannsachadh air an Atlantaig, lorg iad àiteachan ùra a bhiodh math airson siùcar a chur. Chaidh cuilc-shiùcair a chur ann am Madeira, Na Canaries agus Eileanan Cape Verde. Bha Portagail air na h-eileanan sin a dhleasadh dhi fhèin. Bha ceanglaichean malairt aig muinntir Phortagail a-cheana ri Taobh an Iar Afraga. Nuair a bha feum air luchd-obrach ùr an àite an fheadhainn a chail am beatha ri linn na h-obair shàraichte san robh iad an sàs, bha e nàdarra coimhead ri costa Afraga. Chaidh Afraganaich a ghlacadh agus chaidh toirt orra obrachadh anns na h-eileanan.



*Map a' sealltainn nan eileanan a bha an Spàinn agus Portagail a' dleasadh far an robh siùcar air fhàs agus iad a' cleachdadh dhaoine a chaidh mar thràillean bho thaobh an Iar Afraga.*

### Obair 1

#### Thoir geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an geàrr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Ann an 1492 chaidh Christopher Columbus air tìr air eilean **ALOHASNIPI**. Thug e **EACHANINNS AN H-IRA NA** air na h-eileanan a lorg e sa phàirt seo den t-Saoghal Ùr. Ged nach robh mòran òir ann, bha **LUCIC-AISIÜCHR** a' fàs gu math. Bha e doirbh **CHLUD-BCHRAO** fhaighinn gus an siùcar ullachadh. Ann an ùine ghoirid bhàsaich na **ANTAIÜSCH** no theich iad. Ghabhadh **ANBHANSEART GAILCEANTE** agus **EUIRICHCO** à Breatainn a chleachdadh cuideachd. Ach, mar a dh'fhàs an **AIDHIRAR** airson siùcar, chleachd planntairean tràillean à **GAAFRA NA AIR**.



## Obair 2



### Mas e seo am freagairt, dè a' cheist?

Gu h-ìosal tha liosta fhaclan agus abairtean. Feumaidh tu ceist a dhèanamh suas nach gabh a freagairt ach le facal no abairt bhon liosta. Mar eisimpleir, mas e am facal 'siùcar' am freagairt, dh'fhaodadh tu a' cheist seo a chur: 'Dè am bathar daor a bha ga thoirt a-steach a Bhreatainn às na h-Innseachan an lar?'

- ▶ ... an Saoghal Ùr
- ▶ ... oir feumaidh tu na luibhean a thoirt air falbh gu tric
- ▶ ... mu 50 tunna
- ▶ ... Arawaks
- ▶ ... facal eile airson tràill
- ▶ ... b' e roghainn eile a bh' ann seach a dhol dhan phrìosan
- ▶ ... ag obair sna h-Eileanan Canary
- ▶ ... thug e blas na b' fheàrr air teòclaid.

## Obair 3



Obraich ann am buidheann. Smaoinich gu bheil thu nad entrepreneur a' fuireach ann am Breatainn san ochdamh linn deug. Tha ceanglaichean gnothachais agad ri daoine aig a bheil planntachasan siùcair air eilean Bharbados.

Dèan plana-gnothachais a' sealltainn mar a dhèanadh tu a' phrothaid a bu mhotha bho ghniomhachas an t-siùcair.

Bu chòir na leanas a bhith sa phlana:


- |  |  |
|--|--|
| ▶ Ainm a' chompanaidh                                    | ▶ Àrachas riatanach  |
| ▶ Ionad/suidheachadh                                     | ▶ Luchd-obrach: cò dh'fhàsas agus a dh'ullaicheas a' chuilc-shiùcair?          |
| ▶ Amasan a' chompanaidh                                  | ▶ Luchd-obrach eile  |
| ▶ Bathar   | ▶ Geàrr-chunntas air ionmhas: cosgaisean agus teachd-a-steach ris a bheil dùil |
| ▶ Luchd-ceannach: Cò? Càite? Carson a cheannaicheas iad? |  |
| ▶ Feumalachdan còmhdhail                                 |  |

## Ciamar a bha malairt Atlantaigeach nan tràilleen air a cur air dòigh?

Tha an Cuan Atlantaig anabarrach mòr. Tha an t-astar eadar Taobh an Iar Afraga agus na h-Innseachan an Iar mòr cuideachd. Ciamar a bha e comasach malairt Atlantaigeach nan tràilleen a chur air dòigh? 'S e a' mhalairt thriantanach freagairt na ceist sin.

Canar a' mhalairt thriantanach ri malairt Atlantaigeach nan tràilleen oir bha trì taobhan oirre. Nuair a bha trì slighean nam bàtaichean gan tarraing air map, bha iad coltach ri trì taobhan triantain.

Bha gluasad nan tràilleen dha na h-Innseachan an Iar mar phàirt den mhalairt thriantanaich. Bhiodh bàtaichean a' falbh à Breatainn gu taobh an Iar Afraga, an uair sin a-null dha na h-Innseachan an Iar agus air ais dhan Roinn Eòrpa. Air a' chiad phàirt den turas, eadar Breatainn is Afraga, bhiodh na bàtaichean làn stuth mar aodach, praisean agus panaichean iarainn, agus gunnaichean a bhathar a' toirt a dh'Afraga. Air an dàrna pàirt – ris an cante am pàirt meadhain – bhithte a' toirt Afraganaich mar thràilleen dha na h-Innseachan an Iar. Air an treas pàirt, am pàirt mu dheireadh, bhithte a' toirt bathar luachmhor mar siùcar air ais a Bhreatainn.



*Am pàtran triantanach aig malairt nan tràillean san Atlantaig.*

## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Thoir cunntas air an dòigh san robh siùcar ga fhàs sna h-Innseachan an Iar san ochdamh linn deug.

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt anns a bheil co-dhiù dà phuing fiosrachaidh mun dòigh san robh siùcar air a dhèanamh sna h-Innseachan an Iar san ochdamh linn deug.

2 Carson a bhathar a' toirt thràillean à Afraga dha na h-Innseachan an Iar?

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt le co-dhiù dà adhbhar airson Afraganaich a thoirt mar thràillean dha na h-Innseachan an Iar.



## Nàiseanta 5

### 1 Mìnich mar a chaidh a' mhalairt thriantanach a chur air dòigh. (4 comharran)

Airson a bhith soirbheachail ann an ceist 'mìnich' mar seo, feumaidh tu ceithir puingeann fa leth a sgrìobhadh a tha iomchaidh dhan cheist a thathar a' faighneachd, agus iad a bhith ceart.

Cuir na seantansan seo ann an òrdugh ciallach gus freagairt luach 4 puingeann a thabhann.

- Air a' cheum seo den triantan bhiodh na bàtaichean làn stuth malairt mar aodach, praisean agus panaichean iarainn, agus gunnaichean.
- Bhiodh na bàtaichean a' falbh às na h-Innseachan an Iar làn stuthan prìseil mar siùcar agus ìbhrìdh a rachadh a reic ann am Breatainn.
- Air a' chiad phàirt dhen turas, bhiodh bàtaichean a' fàgail Bhreatainn agus a' seòladh a dh'Afraga gus tràilleann fhaighinn.
- Air an ath phàirt den bhòidse bhithte a' toirt nan daoine a bha nan tràilleann dha na h-Innseachan an Iar airson an reic.

Mur eil cuimhn' agad air ceithir puingeann, dh'fhaodadh tu barrachd fiosrachaidh a sgrìobhadh mu na puingeann a tha cuimhn' agad air. Mar eisimpleir dh'fhaodadh tu barrachd innse mu na bàtaichean a' falbh à Breatainn gu Afraga gus daoine a bha nan tràilleann a thogail, dè na h-ainmean a bh' air na puirt às an do dh'fhalbh iad (Liverpool agus Bristol).

Tha Stòr A mu mhalairt nan tràilleann.

## STÒR A

*Bha malairt an t-siùcair a' ciallachadh gun robh feum air mòran dhaoine a bhiodh ag obair air na planntachasan. Dh'fheumadh iad mòran dhaoine airson a bhith a' cur, a' buain agus a' pròiseasadh a' bhàrr. Chaidh mòran nithean fheuchainn gus fuasgladh fhaighinn air na duilgheadasan ach cha robh iad sin gu mòran feum. Mu dheireadh, chaidh daoine a thoirt à Afraga dha na h-Innseachan an Iar. Cha robh luchd-malairt à Breatainn a' faicinn càil ceàrr air a bhith a' toirt dhaoine à Afraga mar thràilleann gu bhith ag obair air na planntachasan siùcair. Bha eadhon planntachasan aig Eaglais Shasainn agus bha tràilleann aca.*

### 2 Dè cho slàn 's a tha Stòr A ann a bhith a' mìneachadh nan adhbharan airson fàs ann am malairt nan tràilleann? (6 comharran)

'S e ceist 'Dè cho slàn' a tha seo. Gus a bhith soirbheachail feumaidh tu beachd soilleir, sgrìobhte a thoirt seachad a mhìnichas mar a dh'fhàs malairt nan tràilleann. Faodaidh tu sin a dhèanamh le bhith a' sgrìobhadh: 'Tha an stòr gu ìre a' mìneachadh fàs malairt nan tràilleann, ach tha adhbharan eile ann nach eil air an ainmeachadh san stòr.' Tha seo a' sealltainn gu soilleir gu bheil thu a' toirt seachad beachd.

Feumaidh tu co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh iomchaidh bhon stòr gus fàs malairt nan tràilleann a shealltainn. Dh'fhaodadh tu tòiseachadh leis an iarrtas mhòr airson luchd-obrach air na planntachasan siùcair. Feuch ri dà phuing eile a lorg san stòr.

Gus do fhreagairt a chothromachadh, feumaidh tu sgrìobhadh mu thri pìosan fiosrachaidh eile bho d' eòlas fhèin a tha iomchaidh dhan cheist, ach nach eil mar phàirt den stòr. Dh'fhaodadh tu innse nach robh gu leòr a dhaoine air fhàgail sa Charibbean gus a' chuilc-shiùcair a bha dhìth a chur. Feuch ri dà cheist eile fhaighinn gus do fhreagairt a chrìochnachadh.



# Caibideil 3 Dè a' bhuaidh a bha aig malairt nan tràillean air Afraga?

## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo ag innse mu mhalairt thràillean ann an Afraga bho na seann làithean suas gu na 1700an. Tha i a' beachdachadh air an fhiosrachadh no a' bheachd a bha aig muinntir na Roinn Eòrpa air cò ris a bha beatha ann an Afraga coltach agus ag innse mu na faoin-sgeulachdan a bha a' dol mun cuairt mu thaobh siar Afraga. Gheibh thu a-mach mun phàirt a bha aig muinntir Afraga fhèin ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean agus a' bhuaidh a bha aig a' mhalairt seo air Afraga sa gheàrr-ùine agus san ùine fhada.

## Aig deireadh na caibideil bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Innse cò ris a bha Afraga coltach san ochdamh linn deug.
- ▶ Innse mun phàirt a bha aig Afraganaich ann a bhith a' cur malairt Atlantaigeach nan tràillean air dòigh.
- ▶ Innse mun bhuaidh a bha aig malairt Atlantaigeach nan tràillean air Afraga.

## Cò ris a bha Afraga coltach?

Ann an 1770, cha robh mòran eòlais aig na h-Eòrpaich air Afraga. Bha an luchd-rannsachaidh air tilleadh le sgeulachdan mu bheathaichean annasach agus eagalach. Bha iad ag ràdh gun robh muinntir Afraga fiadhaich, fad' air ais, le cleachdaidhean neònach a bha tric a' ciallachadh gum biodh iad ag ithe an nàimhdean.

Dè cho ceart 's a tha an dealbh dhen t-sioraf? Saoil carson a bhiodh luchd-rannsachaidh tric a' cur ri ìomhaigh nam beathaichean a bhiodh iad a' lorg ann an Afraga? Thoir sùil air an dealbh a thathar a' meas a bha a' comharrachadh muinntir Afraga. Dè na dòighean sa bheil iad air an dealbhachadh mar gun robh iad a) rudeigin neònach agus b) rudeigin eagalach?



*Chaidh na dealbhan seo a dhèanamh san ochdamh linn deug stèidhichte air sgeulachdan dhaoine a bha air a bhith ann an Afraga.*



B' e glè bheag de mhuintir Bhreatainn a bha air a bhith ann an Afraga, ach cha robh sin a' cur stad orra beachdan làidir a bhith aca air an dùthaich, agus air na daoine a bha a' còmhnaidh innte. Sgrìobh Daibhidh Hume, feallsanaiche agus neach-eachdraidh ainmeil à Alba:

*Tha amharas agam ... nach eil na negrothan gu nàdarra cho math ris na daoine geala. Cha robh sluagh sìobhalaichte ann a-riamh ach sluagh le craiceann geal ... Chan eil innleachdan dèanaimh (sgilean gus rudan a dhèanamh) nam measg, no ealain, no saidheansan.*

<http://graduate.engl.virginia.edu>

Sgrìobh neach-naidheachd à Sasainn anns an Gentleman's Magazine:

*Chan eil Negrothan Afraga nan dùthaich fhèin comasach idir air grinneas, air ealain no air saidheansan. Tha iad dìomhain agus leisg. 'S e an aon dòigh air an sìobhalachadh, an cur a dh'obair.*

Agus, sgrìobh ceannaiche à Liverpool ann an 1794:

*Bidh sluagh **Bonny** tric a' cogadh ris na nàbaidhean aca, agus nuair a nì iad prìosanaich de dhaoine, bidh iad gan ìobairt, gan gearradh nam pìosan, gam bruich agus gan ithe, agus ag òl brot air a dhèanamh dhiubh...*

[www.recoveredhistories.org](http://www.recoveredhistories.org)

Calg-dhìreach an aghaidh nam beachdan claon-bhreitheach agus aineolach a bha aig an triùir a bha a' sgrìobhadh ron seo, sgrìobh fear-siubhail Sasannach mu mhuintir Mhandingo air abhainn Ghambia:

*Tha trì prìomh cheàirdean am measg nam **Mandingo**: bidh iarnairean a' dèanamh cheann-saighde agus innealan àiteachais. Bidh iad a' dèanamh shriantan agus dhìollaidean, agus tha mi air feadhainn dhiubh fhaicinn a tha fìor mhath, cha mhòr cho math 's a gheibheadh tu an seo ann am Breatainn. Tha sgilean aca ann an giullachd seicean fèidh agus ghobhair. Tha treasamh sgil aca gu bhith a' dèanamh phoitean anns am bi iad a' còcaireachd am bìdh.*

Thug sgrìobhaiche Afraganach iomradh air a' bhaile mhòr Afraganach, Timbuktu, mar a leanas:

*Le airgead fhèin bidh an rìgh a' fastadh mòran dhotairean, bhritheamhan, shagartan agus dhaoine ionnsaichte eile. Tha làmh-sgrìobhainnean, no leabhraichean sgrìobhte, ann a bha air an toirt an seo bho àiteachan cèin. Airson airgead, bidh iad a' cleachdadh bhàraichean de òr.*

[Giorraichte agus atharraichte bho www.recoveredhistories.org](http://www.recoveredhistories.org)

Mu dheireadh, seo a thuirt neach-eachdraidh san latha an-diugh mu Afraga aig an àm seo.

*Thàinig buaidh ùr chudromach tarsainn na Sahara gu Afraga an Iar – creideamh **Islam**. Beag air bheag chaidh gabhail ris a' chreideamh a thàinig leis na slighean malairt. An cois Islam thàinig sgrìobhadh Arabais agus litearrachd, agus beachdan air riaghladh, lagh agus ailtireachd.*

*David Killingray, The Transatlantic Slave Trade*

Tha an dealbh seo a' sealltainn soitheach salainn ìbhri a rinneadh ann an Nigeria san t-siathamh linn deug le ball de threubh Benin.

## MÌNEACHADH

**Bonny** ceàrnaidh de Thaobh an Iar Afraga a tha a-nis a' gabhail a-steach nan dùthchannan a leanas – Nigeria, Cameroon, Equatorial Guinea, Sao Tome agus Gabon

**Mandingo** treubh a bha a' fuireach air Taobh an Iar Afraga

**Òr** meatailt phrìseil a bha luchd-rannsachaidh Eòrpach a' sireadh ann an Afraga sa chòigeamh agus san t-siathamh linn deug

**Islam** creideamh nam Muslamaich, a' creidsinn ann am Mohammed agus ag adhradh do Allah

**Ìbhridh** tosg aillbhein a bha luchd-rannsachaidh Eòrpach a' sireadh ann an Afraga sa chòigeamh agus san t-siathamh linn deug

Ciamar a bhithte a' dèanamh rud mar seo? Dè tha e ag innse mun neach à Afraga leis an robh e?





## An e rud ùr a bha ann an tràilleachd ann an Afraga?

Cha b' e rud ùr a bha ann an tràilleachd ann an Afraga. Na mìltean de bhliadhnachan ro mhalairt Atlantaigeach nan tràillean, bha seann shìobhaltasan na h-Èipheit, na Grèige agus na Ròimhe a' toirt dhaoine à Afraga am bruid.

Tro na Meadhan-Aoisean, thog na h-Arabaich ìmpireachd thar cheann a tuath Afraga agus a-steach dhan Roinn Eòrpa. Bha iad a' toirt dhaoine am bruid airson obair a dhèanamh dhaibh, a' mhòr-chuid dhiubh mar shearbhantan nan dachaighean. Bha an creideamh ann an Islam a' ciallachadh nach b' urrainn dhaibh daoine bhon chreideamh aca fhèin a thoirt am bruid.



*Mosèig àrsaidh Ròmanach a' sealltainn thràillean à Afraga a' pronnadh fhion-dhearcan airson fion.*



*Ìomhaigh shnaighte àrsaidh Ghreugach de thràill à Afraga.*



Tro na Meadhan-Aoisean, bhiodh luchd-malairt Arabach a' dol thar a' Sahara gu malairt air taobh an Iar Afraga. Bhiodh iad a' toirt òr, ìbhri agus tràillean air ais leotha.

Sgrìobh neach-siubhail na leanas mu bhaile Kano:

*Bhiodh carabhanaichean de chàmhail agus eich, air an luchdachadh le salann, ìbhri agus aodach, agus tràillean nan cois, a' fàgail a' bhaile air an turas fhada gu margaidhean Afraga a Tuath.*

*David Killingray, The Transatlantic Slave Trade*

Sgrìobh fear ris an cante Leo Africanus seo mu bhaile Kano ann an 1526:

*Seo ... far a bheil tràillean gan reic, gu h-àraidh air na lathaichean nuair a bhios na marsantaich a' cruinneachadh. Bidh tràill òg a tha còig bliadhna deug ga reic air sia ducatan, agus bidh clann gan reic cuideachd ... Tha àite prìobhaideach aig rìgh na sgìre seo far am bi e a' cumail mòran choileabach agus thràillean.*

*'History and Description of Africa' bho <http://college.cengage.com>*




*Tha an dealbh seo bho na Meadhan-Aoisean a' sealltainn luchd-malairt Muslamach ann an Ceann a Tuath Afraga. A rèir choltais bha iad a' reic thràillean dubha à Afraga.*



*Map a' sealltainn slighean-malairt Arabach thar fàsach a' Sahara a' ceangal bhailean Arabach ann an ceann a tuath Afraga ri bailtean malairt air Taobh an Iar Afraga.*






Feuch am faigh thu a-mach dè bha am facal 'emporium' a' ciallachadh. Carson a bhathar a' cleachdadh an fhacail seo mu Kano? An dùil cò na daoine agus dè na beathaichean a bha seo a' dol a-steach dhan bhaile?

*Thug an neach-ealain an t-ainm a leanas air an dealbh seo – 'Kano – Emporium Meadhan Afraga'.*

## Ciamar a thòisich malairt Atlantaigeach nan tràillean?

Thòisich luchd-rannsachaidh à Portagail a' seòladh sìos taobh an Iar Afraga bho mu 1540. Bha iad a' lorg òr agus ìbhri. An sin fhuair iad Afraganaich a' ceannach agus a' reic tràillean agus thòisich iad fhèin air an obair seo.

Bha an ath cheum gu math soilleir agus furasta a ghabhail: chruthaich leasachadh nam planntaisean siùcair sna h-Innseachan an Iar san t-seachdamh linn deug agus san ochdamh linn deug iarrtas airson tràillean. Thug luchd-malairt às an Roinn Eòrpa barrachd is barrachd dhaoine mar thràillean bho Thaobh an Iar Afraga dha na h-Innseachan an Iar.



*Luchd-malairt à Portagail air Taobh an Iar Afraga tràth san t-seachdamh linn deug aig coinneamh le Banrigh Nzinga bho Matamba.*



## Dè am pàirt a bh' aig muinntir Afraga ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean?


Ged a bha cuid de luchd-riaghlaidh Afraga a' strì an aghaidh malairt nan tràillean, bha feadhainn eile a bha deònach na tràillean a bha iad ag iarraidh a thoirt do luchd-malairt Eòrpach.

### An Ìmpireachd Asante

Bha treubh cumhachdach an Asante a' riaghladh sa cheàrnaidh ris an cante Costa an Òir (Ghana an-diugh). Bha malairt òir a' dol eadar iad fhèin agus muinntir na Roinn Eòrpa, ach sna 1770an bha iad cuideachd an sàs ann am malairt thràillean. Bhiodh muinntir Asante a' toirt dhaoine am bruid a bha air laghan an treubhan a bhriseadh. An dèidh 1790 bha iad an sàs ann am mòran chogaidhean gus an ìmpireachd a dhìon no a leudachadh. Bhiodh iad tric a' reic phrìosanaich cogaidh ri muinntir na Roinn Eòrpa. Dh'fhàg mu mhillean neach Costa an Òir gu bhith nan tràillean sna h-Innseachan an Iar.

## Dè a' bhuaidh a bha aig malairt Atlantaigeach nan tràillean air Afraga?

Cia mheud duine à Afraga a chaidh a thoirt am bruid mar thràill?



Thathar a' meas gun tug bàtaichean Eòrpach 12 millean neach bho Afraga gu Ameireaga. Ach tha rannsachadh a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid am beachd gun do bhàsaich mu 6 millean eile air an t-slighe chun a' chosta no nuair a bha iad a' feitheamh airson nam bàtaichean. Bha trì chairteil dhiubh air an cumail nam prìosanaich faisg air beul aibhnichean mòra leithid an Luanda, an Congo, no an Niger far an robh tinneasan marbhteach mar mailèiria cumanta.




## Dè a' bhuidh a bha aig a' mhalairt air sluagh Afraga?



Tha eòlaichean a' meas gum biodh 50 millean de shluagh air a bhith ann an Afraga ann an 1850 seach 25 milleanan mura biodh malairt thràillean air a bhith ann.

Leis nach robh uimhir de dhaoine òga, fallain ann airson biadh fhàs, bha e na bu choltaiche gum biodh gort ann agus gum bàsaicheadh barrachd dhaoine. Cuideachd, bha mòran dhaoine air an gluasad air feadh Afraga mar thoradh air malairt Atlantaigeach nan tràillean, agus bha seo a' leigeil le tinneasan sgaoileadh agus ag adhbharachadh tuilleadh lùghdachaidh air an àireamh-sluaigh.



## Ciamar a thug a' mhalairt buaidh air leasachadh Afraga?



### MÌNEACHADH


**Dahomey** dùthaich air taobh an Iar Afraga ris an canar Benin an-diugh

Bha gluasad thràillean agus bathar malairt air feadh Afraga a' cuideachadh leasachadh lionra còmhdaile chun a' chosta. Thàinig leasachaidhean cuideachd air tuathanachas mar thoradh air malairt Atlantaigeach nan tràillean. Ach, b' ann airson biadh a bhith aca do bhàtaichean nan tràillean a bha seo agus cha b' ann airson an sluagh ionadail a bhiathadh. Bha mòran talamh-àitich math air fhàgail bàn seach nach robh gu leòr dhaoine òga air fhàgail airson obrachadh. Chithear buaidh malairt nan tràillean air leasachadh Afraga eadhon an-diugh anns na raointean mòra de thalamh torrach nach deach àiteach ann an Ghana, Togo, **Dahomey** no Nigeria.



## An robh strì eadar muinntir Afraga mar thoradh air malairt nan tràillean?

Bha malairt nan tràillean a' brosnachadh strì eadar na treubhan. B' e prìosanaich cogaidh a bha sa mhòr-chuid de na tràillean Afraganach a bha air an reic ris na h-Eòrpaich. Bha an t-iarrtas airson barrachd is barrachd thràillean ag adhbharachadh barrachd nàimhdeis agus fòirneirt eadar coimhearsnachdan ann an Afraga. Tha cuid den t-strì sin ri fhaicinn chun an latha an-diugh.



## An robh malairt nan tràillean a' brosnachadh gràin-cinnidh?



Bha propaganda luchd-taic malairt nan tràillean a' ciallachadh gun do mhair beachdan gràin-cinnidh mu ìochdranachd muinntir Afraga airson iomadh bliadhna.

*Cartùn a chaidh fhoillseachadh ann an 1902 a' sealltainn sìobhaltas Breatannach a' strì an aghaidh borbachd Afraganach.*



## Obair 1

### Thoir gearr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an gearr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh.

Bha tràilleachd a' dol ann an Afraga bho àm nan **ACHEIPHEEIT**. Sna Meadhan-Aoisean thòisich luchd-malairt **AACHRAB** à Afraga a Tuath a' dol tarsainn na **HRASAA** 's iad a' lorg ìbhri, òr agus thràillean. Ann an 1540, b' iad rannsachairean à Portagail a' chiad **RAIÒPECH** a chaidh an sàs ann am malairt thràillean air **STACO** Afraga an Iar. Thairis air an ath 250 bliadhna chaidh còrr is 18 millean **FRGANACHAA** a dhèanamh nan tràillean airson na malairt Atlantaigich. Thug seo droch bhuaidh uabhasach air **EMHÀIRA-GHAISLU** agus air **ADHACHLEAS** Afraga. Dh'adhbharaich e **GAIDHEANCO** agus dh'adhbharaich e **ÀINRG-IDHNNCI** a lean chun an fhicheadamh linn.

## Obair 2

### Cò ris a bha Afraga coltach?

Smaoinich nam b' urrainn dhut bruidhinn ri fear-malairt thràillean mu bheatha ann an Afraga sna 1700an. Cleachd an fhianais sa chaibideil seo gus argamaidean a dhèanamh airson na thuirt am fear-malairt. Sgrìobh na h-abairtean agus na h-argamaidean agad air pìos pàipeir.

Tha Afraga bochd.  
Tha muinntir Afraga fiadhaich agus neo-shiobhalta.  
Tha muinntir Afraga aineolach agus neo-fhoghlamaichte.  
Tha muinntir Afraga nam pàganaich.  
Tha muinntir Afraga nan **canabailean**.

### MÌNEACHADH

**Canabaileachd** an cleachdadh aig daoine a bhith ag ithe feòil no buill-bodhaig dhaoine



## Obair 3



### An e rud ùr a bha ann an tràilleachd ann an Afraga?

Is e seo a sgrìobh luchd-eachdraidh mu thràilleachd ann an Afraga mus do ràinig luchd-malairt Eòrpach.

*Bha tràillean ... aig mòran chomainn ann an Afraga. Ach bha a' mhòr-chuid air an cumail airson an cleachdadh ann an dachaighean. Bha iad mar chomharra air cumhachd agus beairteas agus cha b' ann airson buannachd choimeirsealta.*

*[www.bbc.co.uk](http://www.bbc.co.uk) (<http://tinyurl.com/qsfcge>)*

*Bha tràilleachd eadar-dhealaichte ann an ceàrnaidhean diofraichte de dh'Afraga, ach sa mhòr-chuid de dh'àiteachan, bhiodh na tràillean air an leigeil ma sgaoil nuair a bhiodh iad air seirbheis a dhèanamh dham maighstir airson grunnan bhliadhnachan, no dh'fhaodadh iad an saorsa a chosnadh tro dheagh-ghiùlan no obair chruaidh. Dh'fhaodadh an tràill pòsadh agus mar bu trice bha a' chlann aca air am breith mar dhaoine saora.*

*Josephine Kamm, The Slave Trade*

*Mar bu trice bhiodh muinntir Afraga a' toirt dhaoine 'eile' am bruid mar thràillean is cha b' e daoine bhon treubh aca fhèin. Bhiodh daoine air an toirt mar thràillean an dèidh dhaibh a bhith air an glacadh mar phrìosanaich cogaidh, mar phàigheadh airson fhiachan no mar pheanas airson eucoir.*

*[www.flocs.com](http://www.flocs.com)*

Tagh còig abairtean bhon liosta a leanas aig a bheil fianais sna stòran gu h-àrd:

- Cha robh tràilleachd ann an Afraga mus tàinig na h-Eòrpaich.
- Bha tràilleachd air a bhith ann an Afraga airson nam mìltean de bhliadhnachan.
- Bha tràillean air an cleachdadh mar shearbhtan ann an taighean dhaoine uasal.
- Bhiodh mòran mhaighstirean aig tràill tro b(h)eatha.
- Bha e na annas do neach a bhith na thràill fad a b(h)eatha.
- Bha clann thràillean air am breith mar dhaoine saora.
- Bhiodh prìosanaich cogaidh glè thric air an reic mar thràillean seach a bhith air am marbhadh.
- Bhiodh tràilleachd uaireannan air a chleachdadh mar pheanas airson eucoir.

## Obair 4



### Seall do sgilean litearra

Atharraich an stòr gus am bi e nas fhasa don chlas agad a thuigsinn.

Is e seo a thuir an t-eachdraiche ainmeil An t-Àrd-Ollamh James Walvin mu thràilleachd ann an Afraga.

*Cha do dh'innlich agus cha do chruthaich Eòrpaich tràilleachd Afraganach. Ach chaidh am beachd-smuain agus an sgèile atharrachadh gu tur bho na 1540an nuair a bhrosnaich na planntachasan ùra siùcair diofar sheòrsaichean de mhalairt thràillean... B' e am fàs ann an eaconamaidh an t-siùcair a thug atharrachadh mòr air a' mhalairt seo bho ghnothachas beag ionadail gu iomairt mhòr, mhòr, chruinneil.*

*James Walvin, The Slave Trade*

Feuch ris na briathran aig James Walvin a ghiorrachadh gu bhith nan dà sheantans a tha a' cur an cèill nam prìomh bheachdan aige mu thràilleachd.




## Obair 5

### Dè am pàirt a bh' aig muinntir Afraga ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean?

Coimhead ris an dealbh gu math. Tha e bhon leabhar *The History of Dahomey* le Archibald Dalzel a chaidh fhoillseachadh ann an 1793. Bha Archibald Dalzel ag obair còmhla ri luchd-malairt thràillean ann an Afraga.

- Dè tha thu a' smaoinichadh a tha a' tachairt san dealbh?
- Dè na dòighean anns a bheil an stòr seo feumail mar fhianais mu Afraga agus malairt nan tràillean?



Rìgh Dahomey  
air a chathair

Dithis dhaoine geala  
air an deagh èideadh

Afraganach na laighe  
air beulaibh an rìgh

*Rìgh Dahomey.*

*Is e malairt nan tràillean prionnsapal riaghlaidh nan daoine agam. Is e freumh agus sonas am beairteis ... bidh na màthraichean a' tàladh nan leanaban le òran a tha ag innse mun nàmhaid a chaidh a thoirt air falbh mar thràill.*

Rìgh Gezo bho Dahomey air [www.bbc.co.uk](http://www.bbc.co.uk/http://tinyurl.com/qsfcge)  
(<http://tinyurl.com/qsfcge>)

- Dè tha an stòr seo ag innse dhuinn mu bheachdan nan Afraganach air tràilleachd?



*Rìgh Gezo bho Dahomey.*

## Obair 6

### Dè am pàirt a bh' aig muinntir Afraga ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean?

Chaidh stòran A-E a sgrìobhadh le luchd-eachdraidh on latha an-diugh.

#### Stòr A

*Fhuair cinn-feadhna agus rìghrean prothaidean mòra à malairt thràillean. Dh'fhaodadh cinn-feadhna cìs mhòr a chur air mach-mhalairt thràillean agus cìsean iarraidh airson cead malairt a dhèanamh ... dh'fhaodadh an neach-riaghlaidh cur roimhe gum feumadh na tràillean pearsanta aigesan a bhith air an ceannach an toiseach, ge bith dè cho math 's a bha iad ... bhiodh an ceann-feadhna cuideachd a' cur a-mach na prìs dheireannaich airson thràillean ... Dh'fheumadh luchd nam bàtaichean biadh, agus gu sònraichte uisge, airson an turais mheadhain a cheannach bho na h-Afraganaich aig prìs sam bith a dh'iarradh iad.*

*Pip Jones, Satan's Kingdom*

#### Stòr B

*San 18mh linn, ... bha pàirt mòr aig Rìghrean Dahomey ann am malairt thràillean; rinn iad cogadh guineach ris na nàbaidhean aca agus ghlac iad 10,000 neach ... rinn Rìgh Tegbesu £250,000 sa bhliadhna a' reic dhaoine gu bhith nan tràillean ... Thuirt Rìgh Gezo (à Dahomey) ... gun dèanadh e rud sam bith a dh'iarradh na Breatannaich, ach sgur de mhalairt nan tràillean.*

*www.bbc.co.uk (http://tinyurl.com/6wpl3)*

#### Stòr C

*Bhiodh Afraganaich a' reic Afraganaich eile nan tràillean. Ach bhiodh e ceàrr smaoinichadh air seo mar Afraganaich a' reic 'co-Afraganaich'. Bha iad a' dèanamh thràillean de dhaoine bho threubhan eile agus gan reic. Cha robh am beachd-smuain 'Afraganach' a' ciallachadh dad dha na daoine a bha an sàs ann.*

*Pip Jones, Satan's Kingdom*

#### Stòr D

*Bha Afraganaich nan luchd-ceannach a bha ag aithneachadh bathar math. Dh'fheumadh an dath, an teacstur agus na prìsean a bhith math. B' e aodach-fighte fìor mhath a bh' ann an dà thrian den bhathar a chaidh a chur a dh'Afraga gus tràillean a cheannach.*

*Kenneth Morgan, Slavery in the British Empire*

#### Stòr E

*'S dòcha gun robh gunnathan na b' fheàrr aig na h-Eòrpaich, ach cha robh sin a' ciallachadh gun robh iad sàbhailte ... Bha na daingneachdan aca a' coimhead math, ach mu dheireadh, bha iad air am fàgail annta mar air eileanan uaigneach ... Cha b' urrainn na h-Eòrpaich a bha a' malairt thràillean smachd làidir fhaighinn air Afraga fhèin.*

*James Walvin, Atlas of Slavery*

Obraich còmhla ri caraid. Saoil a bheil na seantansan a leanas ceart no ceàrr. Cleachd fianais bho na stòran gus taic a thoirt dhan roghainn agad.

- Chuidich luchd-riaghlaidh Afraganach ann a bhith a' cur malairt Atlantaigeach nan tràillean air dòigh.
- Dh'fhàs luchd-riaghlaidh Afraganach beairteach tro bhith a' reic thràillean ris na h-Eòrpaich.
- Reic luchd-riaghlaidh Afraganach prìosanaich cogaidh ris na h-Eòrpaich.
- Bha luchd-riaghlaidh Afraganach air am mealladh agus chaidh brath a ghabhail orra le luchd-malairt thràillean às an Roinn Eòrpa.
- Bha smachd aig Eòrpaich air raointean mòra de thaobh an Iar Afraga.





## Obair 7

### Dè a' bhuaidh a bha aig tràilleachd air Afraga?

- ▶ Ann am buidhnean de thriùir no ceathrar, ullaichibh leasan do chàch sa chlas anns am bi sibh ag innse dhaibh mun bhuaidh a bha aig malairt Atlantaigeach nan tràillean air Afraga.
- ▶ Bruidhinn ris an tidsear mu na tha agaibh de thìde airson an leasan seo ullachadh.
- ▶ Bu chòir an leasan a libhrigeadh ann an dòigh ullaichte, inntinneach agus rianail.
- ▶ Tha deagh phlanadh deatamach agus feumaidh a h-uile neach sa bhuidhinn pàirt a ghabhail.
- ▶ Bu chòir dhan leasan a bhith eadar 5 agus 10 mionaidean a dh'fhaid.
- ▶ Feumaidh sibh dealbhan agus stuthan eile a chleachdadh.

## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Thoir cunntas air beachdan muinntir na Roinn Eòrpa air Afraga san ochdamh linn deug.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' toirt co-dhiù dà phuing fiosrachaidh mu bheachdan muinntir na Roinn Eòrpa air Afraga san ochdamh linn deug.

Chaidh Stòr A a sgrìobhadh le Mungo Park, rannsaichear Albannach, a bha ann an Afraga sna 1790an.

### STÒR A

*Tha na tràillean air an ceangal ri chèile, le cas dheas aon neach agus cas chli neach eile san aon phaidhir shèinichean. Chan urrainn dhaibh coiseachd ach gu mall. Tha gach ceathrar thràillean air an ceangal ri chèile mun amhaich. Ged a dh'fheuch cuid ri bhith sunndach, bha coltas fìor ghrumach air a' mhòr-chuid, agus bha iad nan suidhe fad an latha fo sheòrsa de bhròn, 's iad a' coimhead an làir.*

2 Dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air an dòigh anns an robhar a' dèiligeadh ri tràillean nuair a chaidh an toirt am bruid ann an Afraga?

#### Slatan-tomhais Soibheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' mìneachadh do bheachd a bheil an Stòr feumail no nach eil. Bu chòir dhut taic a thoirt don bheachd agad le bhith ag innse nad bhriathran fhèin:

- ▶ Cò sgrìobh an stòr?
- ▶ Cuin a chaidh an stòr a sgrìobhadh?
- ▶ Dè tha an stòr ag innse mun dòigh san robhar a' dèiligeadh ris na tràillean?



## Nàiseanta 5

### 1 Minich na h-adhbharan airson 's gun deach ceannardan Afraganach an sàs ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. (6 comharran)

Airson a bhith soirbheachail, bu chòir dhut feuchainn ri 6 adhbharan ainmeachadh, bho d' eòlas fhèin, a tha iomchaidh agus ceart. 'S e a' phrìomh rud ann an ceist 'Minich', adhbharan a thoirt air carson a thachair rud. Tha e feumail airson ceist mar seo am facal 'oir' a chleachdadh nad fhreagairt. As dèidh 'oir' tha e nas fhasa adhbhar a thoirt seachad airson rud a thachair. An seo dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: 'B' e aon adhbhar airson mar a chaidh ceannardan Afraga an sàs ann am Malairt Atlantaigeach nan tràillean gum b'urrainn dhaibh daoine a bha nan tràillean a mhalairt airson stuthan dèanta. (1 chomharra)

Faodadaidh tu daonnan comharra a bharrachd fhaighinn le bhith a' leasachadh adhbhar a thug thu seachad. Tha sin a' ciallachadh gu bheil thu a' toirt seachad tuilleadh fiosrachaidh mun phuing agad. Mar eisimpleir: *Bhiodh Eòrpaich a' tabhann stuthan dèanta mar aodach fìchte.*

Tha Stòr A à leabhar a sgrìobh rannsachair Breatannach ann an Afraga ann an 1796, 's air atharrachadh.

## STÒR A

*Faodaidh an t-Afraganach a bhith air a dhèanamh na thràill air diofar adhbharan. Faodaidh e a bhith air sgàth 's gun do bhris e laghan na treubha. Ach, 's e cogadh an t-adhbhar as cumanta. Biodh sin mar a bhitheadh e, tha fios cinnteach gu bheil prìosanaich cogaidh ann an Afraga nan tràillean aig na ceannsaichean; agus nuair a tha laoch a tha lag no nach do shoirbhich ag iarraidh tròcair fo shleagh thogte a' cheannsaiche, tha e aig an aon àm a' toirt seachad a chòir air saorsa, agus a' ceannach a bheatha air prìs a shaorsa.*

Air atharrachadh bho <http://bit.ly/12mBIO9>

### 2 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air an dòigh san robh muinntir Afraga air an toirt am bruid. (Bu chòir dhut beachd a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a sgrìobh iad e, carson a sgrìobh iad e, na tha iad a' ràdh agus dè tha air fhàgail às.) (5 comharran)

Airson ceist mar seo tha trì doighean ann air comharran fhaighinn.

'S e a' chiad dhòigh sgrìobhadh air cò sgrìobh e, cuin agus carson a chaidh a sgrìobhadh.

'S e ceist 'Dèan measadh air dè cho feumail' a tha seo. Nad fhreagairt bu chòir dhut beachd a thoirt air dè cho feumail 's a tha an stòr le bhith a' toirt iomradh air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh agus carson. Dh'fhaodadh tu suas ri 4 comharran fhaighinn airson seo. Bu chòir dhut cuideachd am fiosrachadh feumail san stòr a chomharrachadh. Tha suas ri 2 chomharra airson seo. Mu dheireadh, thoir beachd air fiosrachadh cudromach, buntainneach sam bith nach eil san stòr. Gheibh thu suas ri 2 chomharra airson seo. Tog freagairt 6-comharran thu fhèin, a' cleachdadh nam puingeann a leanas gus do chuideachadh:

- ▶ Chaidh Stòr A a sgrìobhadh ann an 1796, àm nuair a bha mòran de Afraganaich gan dèanamh nan tràillean.
- ▶ Chaidh Stòr A a sgrìobhadh le rannsachair a thadhail air Afraga agus a chunnaic malairt nan tràillean.
- ▶ Chaidh Stòr A a sgrìobhadh gus na dòighean san deach Afraganaich a dhèanamh nan tràillean a mhìneachadh.
- ▶ Tha Stòr A à leabhar le ùghdar Breatannach aig am faodadh beachd claon-bhreitheach a bhith air Afraga.
- ▶ Tha Stòr A ag innse gum faodadh Afraganaich a bhith air an dèanamh nan tràillean airson laghan na treubha a bhriseadh.
- ▶ Tha Stòr A ag innse gum b' e cogadh an t-adhbhar a bu chumanta airson Afraganaich a bhith air an dèanamh nan tràillean.
- ▶ Chan eil Stòr A ag innse gum faodadh Afraganaich a bhith air an dèanamh nan tràillean air sgàth 's nach b' urrainn dhaibh fiachan a phàigheadh.
- ▶ Chan eil Stòr A ag innse gun deach Afraganaich a dhèanamh nan tràillean tric le feadhainn sa mheadhan a bha ag obair do luchd-malairt Breatannach.

## Caibideil 4 Breatainn, An Caribbean agus malairt thràillean

### Dè th' anns a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bha Lunnainn, Bristol agus Liverpool – na trì prìomh phuirt ann am Breatainn – an sàs ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. Tha na h-adhbharan airson mar a shoirbhich leotha ann am malairt thràillean air a mhìneachadh, agus tha mar a thug an soirbheachadh seo buaidh air puirt eile air a sgrùdadh. Thèid cuideachd beachdachadh air a' phàirt a bh' aig Alba ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean.

### Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ A' bhuaidh a thug malairt thràillean air na puirt Bhreatannach mar Lunnainn, Bristol agus Liverpool a mhìneachadh
- ▶ Innse carson a rinn na puirt seo cho math à malairt Atlantaigeach nan tràillean.

### Puirt nan tràillean am Breatainn

Fhuair mòran phuirt ann am Breatainn buannachd às a' bheairteas a thàinig bho mhalairt an triantain. Ach b' ann bho aon de trì puirt – Lunnainn, Bristol no Liverpool – a sheòl 90 sa cheud de na bàtaichean a bha an sàs sa mhalairt seo.



*Prìomh phuirt am Breatainn an sàs ann am malairt thràillean.*




Bliadhnaichean	Lunnainn	Bristol	Liverpool
1741–60	5,000	37,000	21,000
1761–70	43,000	56,000	151,000
1771–80	40,000	21,000	130,000
1781–90	31,000	31,000	155,000
1791–1800	42,000	14,000	263,000
1801–7	49,000	3,000	171,000

An àireamh de thràillean ann am bàtaichean a' fàgail prìomh phuirt na RA. Stòr: David Richardson, *Liverpool and Transatlantic Slavery*, Liverpool University Press, 2007, duilleag 21.

## Lunnainn

Bho 1663 gu 1698 b' e Lunnainn an aon phort ann am Breatainn aig an robh cead a bhith an sàs ann am malairt nan tràillean Afraganach. Aig an àm sin, chaidh falbh le còrr is 150,000 Afraganach air bàtaichean à Lunnainn.



An ainmich thu dà thogalach ainmeil an seo?

*Abhainn Thames agus Docaichean Lunnainn aig deireadh an ochdamh linn deug. Air an làimh dheis, chì thu Baile Lunnainn.*

An dèidh 1698, chaidh **luchd-malairt** bho phuirt eile ann am Breatainn an sàs barrachd ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. Mu 1730, bha barrachd thràillean air bàtaichean Bhristol na bha air bàtaichean Lunnainn. Bha Lunnainn fhathast cudromach mar phort dha na bàtaichean thràillean. Thairis air an ath 75 bliadhnaichean, dh'fhàg còrr is 50 bàta Lunnainn gach bliadhna airson tràillean a thogail ann an Afraga.

### MÌNEACHADH

**Luchd-malairt** daoine a bhios a' dèanamh am bith-beò bho bhith a' ceannach agus a' reic



## Ciamar a fhuair Baile Lunnainn buannachd bho mhalairt thràillean?

Ged nach robh Lunnainn cho cudromach mar phort airson bàtaichean thràillean, fhuair luchd-malairt a' bhaile dòighean eile air airgead a dhèanamh à malairt an triantain.

Bha **An City**, am pàirt as sine de Lunnainn, riagh an sàs ann am malairt. An-diugh, tha e aig teis-meadhan seirbheisean ionmhais Bhreatainn agus na dhachaigh do iomadach banca agus companaidh eadar-nàiseanta ainmeil. Rinn cuid dhe na companaidhean sa City an ainm le bhith a' toirt taic do mhalairt Atlantaigeach nan tràillean.

Bha City Lunnainn a' toirt seachad nan **seirbheisean ionmhais** air an robh feum airson malairt Atlantaigeach nan tràillean a dhèanamh soirbheachail anns a' City. Bho deireadh nan 1600an gu toiseach nan 1800an, bha an t-iarrtas airson àrachas agus iasadan fad-ùine a' toirt chothroman ùra airson airgead a dhèanamh sa City.

Bha aig luchd-malairt thràillean agus feadhainn aig an robh planntachasan siùcair ri iasadan fhaighinn. Dh'fheumadh luchd-malairt bàta a cheannach no fhaighinn air mhàl, a lionadh le bathar agus tuarastal a phàigheadh dhan sgiobair agus dhan chriutha mus fàgadh iad airson Afraga. 'S dòcha gum biodh aige ri feitheamh 18 mìosan mus tilleadh am bàta. 'S ann an uair sin a dhèanadh e prothaid.

Dh'fheumadh luchd-malairt an triantain àrachas. Nam biodh stoirm ann, dh'fhaodadh iad am bathar a chall. Gun àrachas, dh'fhaodadh iad a h-uile càil a chall.

Dè na companaidhean ainmeil a th' againn an-diugh a rinn airgead bho mhalairt thràillean?

- 'S e aon de na companaidhean seo Lloyd's of London, le fhreumhaichean ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. Thòisich e mar ghnìomhachas beag stèidhichte ann an taigh-cofaidh ann an Lunnainn. Leig na prothaidean bho àrachas bhàtaichean thràillean leotha fàs gu bhith mar aon de na taighean bancaidh agus àrachais as motha san t-saoghal.
- Rinn Daibhidh agus Alasdair Barclay an t-uabhas airgid bho mhalairt Atlantaigeach nan tràillean. Stèidhich iad Barclays Bank gus iasadan a thoirt do luchd-malairt eile.
- Chaidh Banca Shasainn a stèidheachadh ann an 1694. Thug am banca iasadan do luchd-malairt thràillean agus bha planntachasan aca sna h-Innseachan an Iar.
- Thathar dhen bheachd gun do rinn Sir Francis Baring fhortan mar neach-malairt thràillean nuair a bha e 16 bliadhna a dh'aois. Chleachd e a phrothaid airson Barings Bank a stèidheachadh.

*Taigh-cofaidh ann am Baile Lunnainn san ochdamh linn deug. B' e deoch air leth daor a bha ann an cofaidh.*

## MÌNEACHADH

**An City** prìomh sgìre ionmhais Lunnainn

**Seirbheisean ionmhais** seirbheisean airgid mar bancaidh, creideas agus àrachas

**Entrepreneur** cuideigin a tha deònach riosg a ghabhail ann an gnothachas

Dè an seòrsa dhaoine a choinnicheadh tu ann an àite mar seo? Saoil dè an seòrsa gnìomhachais a bhiodh ann?





## Bristol

### Ciamar a fhuair Bristol buannachd bho mhalairt thràillean?

Bha Bristol na phort malairt cudromach bho na Meadhan-Aoisean. Dh'fhàg an suidheachadh aig Bristol, air costa an iar Shasainn, iad ceum air thoiseach air Lunnainn ann a bhith a' malairt ris a' Charibbean.

Cha robh e ceadaichte do luchd-malairt Bhristol a bhith a' malairt thràillean Afraga gu 1698, ach tha fianais làidir ann gun robh iad ris gu mì-laghail bho co-dhiù toiseach nan 1670an. Bhon àm sin, bha luchd-malairt Bhristol, a bha nan **entrepreneurs** air leth sònraichte, a' dèanamh barrachd malairt ri eileanan a' Charibbean. Bha iad cuideachd a' malairt ri Afraga an Iar, a' reic thràillean ann an colanaidhean nan Innseachan an Iar mar St Kitts agus a' cumail thràillean ri lameuga, an t-eilean a bha a' fàs a' mhòr-chuid de shiùcar do Shasainn.

Chruthaich luchd-malairt Bhristol dlùth cheanglaichean ri luchd-malairt thràillean ann an Afraga an Iar. Mhair na ceanglaichean sin thar ghinealaichean seach gun robh coltas ann gun robh barrachd earbsa aig luchd-malairt Afraga ann an luchd-malairt Bhristol na feadhainn à puirt eile.

Dh'fhàs Bristol air sgàth soirbheachas malairt nan tràillean. Chosg luchd-malairt an t-uabhas airgid air togalaichean ùra àlainn ann am meadhan a' bhaile. Dh'fhàs gnìomhachasan mar leaghadh copair, fineachadh siùcair agus dèanamh glainne air sgàth malairt thràillean.

An-diugh, tha pàirt Bhristol ann am malairt thràillean air a chomharrachadh le clàr mòr poblach. Tha seo a' comharrachadh a' bheairteis a thug tràilleachd do Bhristol, ach cuideachd an nàire a tha Bristol agus puirt Bhreatannach eile a' faireachdainn an-diugh airson am pàirt sa mhalairt seo.



*Clàr ann am Bristol a' comharrachadh tràilleachd mhuinntir Afraga.*



*Port Bhristol san ochdamh linn deug.*



# Liverpool

## Ciamar a fhuair Liverpool buannachd bho mhalairt thràillean?

B' e an Liverpool Merchant a' chiad bhàta a tha air a clàradh a dh'fhàg Liverpool le thràillean ann an 1700. Bha an turas air leth soirbheachail agus bhrosnaich e luchd-malairt eile à Liverpool a dhol an sàs sa mhalairt. Ann an 1726, bha 21 soitheach à Liverpool an sàs ann am malairt thràillean. Mu 1757, bha 176 bàta à Liverpool an sàs ann am malairt an triantain. Chan eil e cus a ràdh gun do rinn malairt nan thràillean Liverpool mar aon de na h-ionadan malairt as soirbheachaile agus as beairtiche san t-saoghal.

Mu na 1780an, b' e Liverpool an t-àite san robh an àireamh bu mhotha de bhàtaichean-thràillean air an togail ann am Breatainn, le dhà a-mach às a h-uile còig air an togail ann. Anns an 20 bliadhna mus deach stad a chur air a' mhalairt, thog luchd-togail Liverpool 469 bàta-thràillean.

Bha an riaghaltas a' cur cìs air bathar malairt sam bith a thàinig a-steach a Bhreatainn. Fhuair luchd-malairt Liverpool timcheall air cìsean a phàigheadh air bathar malairt an triantain, leithid aodach bho thall-thairis, le bhith a' toirt stuthan a-steach gu Eilean Mhanainn. Cha robh smachd aig Breatainn air Eilean Mhanainn, a tha faisg air Liverpool, agus cha robh an t-aon siostam chìsean aca 's a bha aig Breatainn (tha sin fhathast fìor an-diugh). Mar sin, dh'fhaodadh stuthan a bha air an cleachdadh airson malairt thràillean a bhith air an stòradh ann an Eilean Mhanainn le luchd-malairt Liverpool, gus an deigheadh air an togail le bàta-thràillean air an t-slighe a dh'Afraga. Cha deach na stuthan a-steach a Bhreatainn 's mar sin cha deach cìsean orra.

Bha e fada na bu shaoire criutha fhaighinn do bhàta-thràillean ann an Liverpool, 's mar sin bha luchd-malairt a' cleachdadh a' bhaile sin. Eu-coltach ri Lunnainn agus Bristol, cha robh bacadh air cò dh'fhaodadh a bhith air criutha bàtaichean Liverpool. Dh'fhaodaist balaich òga agus daoine gun eòlas a chleachdadh an àite sheòladairean na b' eòlaiche (agus na bu daoire).

Bha docaichean Liverpool na b' fhasa an cleachdadh na feadhainn Bhristol no Lunnainn. Tha uisgeachan mòra domhainn ann an Liverpool, agus cha robh iad fo bhuaidh na tide-mhara. Cha robh trioblaidean sam bith aig soitheachan mòra ann, agus mar sin bha luchd-seilbh airson Liverpool a chleachdadh. Bha e na bu luaithe bathar a thoirt air tìr agus a chur air bòrd, a-rithist a' ciallachadh sàbhaladh airgid.

Mar thoradh air na sàbhalaichean aig port Liverpool, b' urrainn do luchd-malairt a' bhaile thràillean a reic air prìs £4 no £5 na bu shaoire na luchd-malairt Bhristol. Ro mheadhan an ochdamh linn deug, bha Liverpool a' cur a dhà uimhir de bhàtaichean a dh'Afraga 's a bha Bristol, agus ro dheireadh an ochdamh linn deug, bha còrr is 60 sa cheud de mhalairt Bhreatainn aig Liverpool.



*Map a' sealltainn far a bheil Liverpool.*



*Docaichean Liverpool aig deireadh an ochdamh linn deug. Bhiodh stuthan malairt 's siùcar gan stòradh sna taighean-stòraidh san dealbh.*

Dè tha an gràbhaladh seo a' comharrachadh? Carson a tha iad air cuid de thogalaichean Liverpool?



*Chithear ghràbhalaichean mar seo air togalaichean ann am meadhan Liverpool.*



## Obair 1

### Thoir gearr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an gearr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

B' e Lunnainn am port Breatannach a b' fhaide a bha an sàs ann am malairt thràillean. Bha am pàirt bu shine, air an robh **LEBAI AINNNNU** a' toirt **BHEIRSEIS AISMHION** chudromach do mharsantaich thràillean agus do luchd-seilbh **ANNTALSAPHCHAN**. An dèidh 1730 b' e Lunnainn am port thràillean bu chudromaiche. Bha am baile aithnichte airson a **PUNTERSNEEERK** a bha deònach na **GARIOSN** a ghabhail a bha riatanach gus a bhith soirbheachail ann am malairt an triantain. Chaidh prothaidean a chleachdadh air **GALACHEANTOI** grinn agus chaidh obraichean a chruthachadh ann an gnìomhachasan eile mar **LLACHDGIU ÙAIRCSI**. Ro 1770 bha barrachd bhàtaichean a bha an sàs ann am malairt thràillean a' fàgail **VELIROLPO** seach port eile ann am Breatainn. Bha Liverpool cudromach a thaobh **GAOTIL-AICHEBHANÀT** leis gun robh feum air bàtaichean thràillean. Bha e na chuideachadh do Liverpool gun robh pìos mòr dheth ris **NA BHNAAIN**, agus le sin b' urrainn mòran bhàtaichean a bhith air an luchdachadh 's air am falamhachadh aig an aon àm.

## Obair 2

Tagh an abairt as fheàrr gus crìoch a chur air na seantansan a leanas.

- 1 Bha Lunnainn air thoiseach ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean oir...
  - ▶ bha caladh mòr ann do bhàtaichean
  - ▶ b' e an aon phort a b' urrainn malairt a dhèanamh ri Afraga airson iomadach bliadhna
  - ▶ bha e air costa an iar Bhreatainn
  - ▶ b' e prìomh-bhaile Bhreatainn airson iomadach bliadhna.
- 2 'S e an t-ainm a th' air an sgìre de Lunnainn a tha ainmeil airson gnothachas agus malairt...
  - ▶ am Banca
  - ▶ an City
  - ▶ an Taigh Cofaidh
  - ▶ an Clachan.
- 3 Bidh companaidhean ann an Lunnainn a tha a' toirt iasadan no a' reic àrachas a' tabhann...
  - ▶ seirbheis phearsanta
  - ▶ seirbheis stiùiridh
  - ▶ seirbheis aonaichte
  - ▶ seirbheis ionmhais.
- 4 Chruthaich a' mhalairt thriantanach iarraidh airson iasadan oir...
  - ▶ dh'fheumadh mòran rudan a bhith air an reic ro-làimh
  - ▶ bha tràillean saor
  - ▶ dh'fheumadh mòran rudan a bhith air am pàigheadh ro-làimh
  - ▶ bha luchd-malairt thràillean fìor bhoichd.
- 5 'S e am facal airson dhaoine a tha deònach riosgan a ghabhail gus prothaid a dhèanamh...
  - ▶ entrepreneurs
  - ▶ bancairean
  - ▶ luchd-reic àrachais
  - ▶ luchd-gabhail riosgan.
- 6 Fhuair sluagh Lunnainn, Bhristol agus Liverpool buannachd à malairt Atlantaigeach nan tràillean oir...
  - ▶ chruthaich e mòran obraichean
  - ▶ chaidh na prothaidean a chleachdadh gus taighean grinn a thogail
  - ▶ dh'fhàs na bailtean
  - ▶ dh'fhàs a h-uile duine beairteach.





## Obair 3

### A' comharrachadh soirbheachadh

Tagh fear de na prìomh phuirt ann am Breatainn airson malairt thràillean – Lunnainn, Bristol no Liverpool.

Dèan taisbeanadh don chlas agus mìnich carson a tha am port a thagh thu airidh air a bhith air ainmeachadh mar am port as cudromaiche ann an eachdraidh malairt nan tràillean ann am Breatainn.

Faodaidh tu an taisbeanadh a dhèanamh le PowerPoint, taisbeanadh balla, no postair sanasachd mac-meanmnach.

- ▶ Feumaidh an taisbeanadh a bhith soilleir, inntinneach agus tarraingeach.
- ▶ Feumaidh tu am fiosrachadh buntainneach gu lèir air a' phort a thagh thu a chur ann. Faodaidh tu mapaichean, dealbhan agus dàta staitistigeil a chur ann.
- ▶ Feumaidh tu prìomh phuingeann a chur ann gus sealltainn carson a tha am port a thagh thu airidh air 'soirbheachail' a thoirt air.
- ▶ Nochdaidh taisbeanadh làidir carson nach eil na puirt eile cho soirbheachail 's a tha am fear a thagh thu.

## Ceistean

### Nàiseanta 4

**1 Dè na dòighean san d' fhuair puirt Bhreatainn buannachd à malairt nan tràillean?**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt sa bheil co-dhiù dà phuing fhìor mu na dòighean san d' fhuair puirt Bhreatainn buannachd à malairt nan tràillean.

**2 Carson a shoirbhich le Liverpool mar phort anns na 1770an?**

#### Slatan-tomhais soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt sa bheil co-dhiù dà adhbhar airson mar a shoirbhich le Liverpool mar phort anns na 1770an.



## Nàiseanta 5

### 1 Mìnich na h-adhbharan a shoirbhich le puirt ann am Breatainn a bha an sàs ann am malairt nan tràillean. (6 comharran)

Seo ceist eile 'Mìnich seo'. Cuimhnich airson a bhith soirbheachail gum bu chòir dhut feuchainn ri 6 adhbharan, a tha iomchaidh agus ceart, ainmeachadh bho d' eòlas fhèin. 'S e am prìomh rud a dh'fheumas tu a chumail nad chuimhne airson ceistean mar seo gun toir thu adhbharan airson rudan a thachair. Cuimhnich am facal oir a chleachdadh nad fhreagairt. Às dèidh oir tha e nas fhasa adhbhar a thoirt airson rud a thachair. San t-suidheachadh seo dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *Shoirbhich le puirt Bhreatannach oir bha na marsantaich anns na puirt a' togail cheanglaichean dlùth ri luchd-malairt nan tràillean ann an Afraga' [1 chomharra].*

Gheibh thu comharra a bharrachd le bhith a' cur tuilleadh ri adhbhar a thug thu seachad. Tha sin a' ciallachadh gun cuir thu fiosrachadh a bharrachd ris a' phuig. Mar eisimpleir: *'Bha marsantaich ann am Bristol a' cur earbsa ann an luchd-malairt (thràillean) a bha ag obair air cost an iar Afraga.'*

Tha Stòr A stèidhichte air litir a sgrìobh marsanta gu pàipear-naidheachd ann an Lunnainn sa Ghiblean.

## STÒR A

*Cha b' urrainn siùcar is eile a bhith air an dèanamh gun a' mhalairt ann an Afraganaich a chaidh a dhèanamh nan tràillean. Bha planntairean, marsantaich agus mìltean de luchd-obrach an crochadh air a' mhalairt seo ri Eileanan nan Innseachan an Iar airson am beòshlaint. Tha mi a' creidsinn gu bheil faisg air an treasamh cuid de mhalairt na dùthcha seo an crochadh air a' mhalairt Afraganaich, gu dìreach no gu neo-dhireach.*

### 2 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air cho cudromach 's a bha malairt Atlantigeach nan tràillean do Bhreatainn. (Dh'fhaodadh tu sgrìobhadh air cò sgrìobh e, carson a sgrìobh iad e, na tha iad a' ràdh agus na tha iad a' fàgail às.) (6 comharran)

'S e ceist Dèan measadh air de cho feumail a tha seo. Nad fhreagairt bu chòir dhut beachd a thoirt air dè cho feumail 's a tha an stòr le bhith a' toirt iomradh air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh agus carson. An uair sin thoir beachd air dè cho feumail 's a tha am fiosrachadh san stòr. Mu dheireadh thoir beachd air rud sam bith a tha lag mun stòr, mar eisimpleir fiosrachadh sam bith a chaidh fhàgail às. Tha e cudromach an abairt seo a chleachdadh: *tha an stòr seo feumail oir no chan eil an stòr seo feumail oir no chan fhaigh thu na comharran air a bheil thu ag amas.*



## Alba agus Malairt Atlantaigeach nan Tràillean

Chan eil Alba agus malairt Atlantaigeach nan tràillean a' nochdadh ann an cùrsa Nàiseanta 5 ach tha ceist chudromach ann mu mar a bha Alba an sàs ann.

### Dè am pàirt a bha aig Alba ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean?

*Tha traidisean fada air a bhith ann an Alba nach robh Glaschu agus puirt Albannach eile ... an sàs ann an dòigh mhòr sam bith ann a bhith a' gluasad Afraganaich gu na planntachasan ann an Ameireaga no sna h-Innseachan an Iar ... Ann an Alba chan eil sinn air a bhith a' leigeil oirnn mòran mu na nithean as miosa mu cheanglaichean Alba ri malairt nan tràillean, no tha sinn gan leigeil às ar cuimhne...*

*Tom Devine, To the Ends of the Earth.*

Saoil carson a chaidh an dealbh atharrachadh 's dòcha?



*Am Proifeasair Tom Devine, neach-eachraidh le ùidh mhòr ann an eachdraidh na h-Alba.*



*Dealbh de cheannaiche beairteach à Glaschu Iain Glassford à Dougalston aig an taigh le theaghlach ann an Taigh Mòr Shawfield. Thathar dhen bheachd gun deach an dealbh a dhèanamh mu 1767. Chithear iomhaigh de shearbhannt à Afraga air taobh clì an deilbh. Thathar dhen bheachd gun robhar a' feuchainn ri seo fhalach.*

### Neo-chiontach?

B' e malairt Shasannach a bh' ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. Bha reic thràillean cudromach do dh'Ìmpireachd Bhreatainn, ach cha robh Alba san Ìmpireachd aig an àm.

Bha Alba neo-eisimeileach gu 1707 agus chan fhaodadh i malairt ris an Ìmpireachd. Mar sin, cha robh Alba an sàs sa mhalairt ris na colonaidean Breatannach sna h-Innseachan an Iar.

### Morairean an tombaca

Bha e fìor gun do rinn luchd-malairt Ghlaschu tòrr airgid à malairt tombaca Ameireaganach, a rinneadh sa mhòr-chuid le tràillean Afraganach. 'S e an gnothach ge-tà gun robh luchd-malairt Ghlaschu an sàs san tombaca seach ann an tràillean. Co-dhiù, stad malairt an tombaca ann an 1775 air sgàth Cogadh Catharra Ameireaga.



## Tursan le Tràillean

Cha robh càil a bharrachd air 30 turas le tràillean a-mach à puirt na h-Alba. Dh'fhàg mòran dhiubh à Grianaig no Port Ghlaschu. Chaidh nas lugha na 5000 tràill a ghluasad, an coimeas ris an trì millean a dh'fhàg puirt eile ann am Breatainn.

Cha robh tursan le tràillean à Alba ann an dèidh 1786.

## Soillseachadh na h-Alba

Thòisich Soillseachadh na h-Alba san ochdamh linn deug. Bha Albannaich mar David Hume, Francis Hutcheson agus Adam Smith ainmeil air feadh an t-saoghail airson a bhith a' sgrìobhadh mu shìobhaltachd agus saorsa dhaoine. Bha Alba air thoiseach air a' chòrr den t-saoghal a thaobh còraichean dhaoine. Ciamar a b' urrainn do dh'Albannaich a bhith an sàs ann an tràilleachd?

## Cha robh a leithid de rud ann ri tràilleachd

Ann an 1778, thuirt a' chùirt a bu chudromaiche ann an Alba gun robh tràilleachd air a chasg. Thuirt Cùirt an t-Seisein: "Chan eil tràilleachd air aithneachadh le riaghailtean na Rìoghachd seo, agus tha e a' dol an aghaidh ar prionnsabal".

## Ciontach?

### Albannaich sna h-Innseachan an Iar

A dh'aindeoin na bhios mòran dhaoine ag ràdh, bha pàirt chudromach aig Alba ann an tràilleachd nan Innseachan an Iar. Bha mòran Albannach aig an robh tràillean. 'S e ainmean mòra ann an gnìomhachas an t-siùcair a th' ann an Tate agus Lyle. B' e Sasannach a bh' ann an Tate ach b' ann à Alba a bha Lyle. Rinn an dithis aca am fortan bho thràilleachd. Bha Seumas Wedderburn os cionn thràillean airson

27 bliadhna ann an lameuga. Dh'fhàg Iain Newland, maighstir thràillean ainmeil, baile Bhathgate airson lameuga sna 1750an. Na thiomnadh dh'fhàg e airgead airson Acadamaidh Bhathgate a thogail. Chaidh Acadamaidh Dholair a thogail san aon dòigh.

Is ann bho shliochd nam Breatannach aig an robh iad mar thràillean a tha mòran de mhuinntir a' Charibbean 's mar sin chan e a-mhàin gu bheil iad mar phàirt de ar dualchas, tha iad càirdeach dhuinn cuideachd agus nam pàirt den chomann-shòisealta againn. Ma sheallas tu ann an leabhar fòn lameuga, is e ainmean Albannach a tha ann an 60 sa cheud dhiubh.



Marsanta Albannach. Tha an clòca sgàrlaid agus a' bhonaid bhiorach co-cheangailte ri morairean tombaca an ochdamh linn deug, buidheann de luchd-malairt ann an Glaschu.

Am Proifeasair Geoff Palmer

Aig deireadh nan 1700an, b' ann le Albannaich a bha an treas cuid de phlanntachasan lameuga. Bha cuid de na h-Albannaich a' toirt air tràillean breacan an cinnidh a chur orra. Ann an 1790, bha luach steach-mhalairt agus mach-mhalairt eadar na h-Innseachan an Iar agus Alba aig co-dhiù £50 millean ann an airgead an latha an-diugh.

Urras Nàiseanta na h-Alba, Scotland and the Slave Trade



*Thòisich ùidh  
muinntir Alba ann  
an suiteis san  
ochdamh linn  
deug. Chithear  
lofaichean siùcair  
aig cùl an deilbh  
seo ann am bùth  
grosair ann an  
Glaschu.*

*Rinn Raibeart McNair (1703-1779) fhortan ann an gnìomhachas grosaireachd ... bha a' bhùth grosaireachd aige ann an Sràid an Rìgh air a peantadh le dath soilleir uaine, le dà uinneig mhòir... Bha MacNair an dèidh seo nan luchd-seilbh air ionad-giullachd an Eastern Sugar House sa Ghallowgate, a leig leotha a bhith a' reic mòran stuthan siùcair mar candaidh, siorap agus trèicil.*

[www.theglasgowstory.com](http://www.theglasgowstory.com)

*Bha e cumanta do bhàtaichean Albannach a bhith a' dol gu Taobh an Iar Afraga tro phuirt Eòrpach leithid Rotterdam gus stuth-malairt a luchdachadh. Mar thoradh air sin, cha robh an ceann-uidhe agus adhbhar an turais air a chlàradh ann an clàran na cusbainn... Bha buaidh nan Albannach air gnothachas tràilleachd a' dol fada thairis air crìochan Ghlaschu. Bha iad an sàs ann am puirt mhòra a' Chuain Siar mar Liverpool, Bristol agus gu sònraichte Lunnainn... Mar sholaraidhean, ionmhasairean agus luchd-malairt thràillean neo-eisimeileach...*

*Stephen Mullen, It Wisnae Us: The Truth about Glasgow and Slavery*

### *Richard Oswald agus Eilean Bunce*

B' e Richard Oswald ball de bhuidheann de mharsantaich Albannach a bha stèidhichte ann an Lunnainn. Anns na 1750an ghabh e seilbh air Eilean Bunce aig beul Abhainn Sierra Leone air Taobh an Iar Afraga. An sin chuir e air chois aon de na h-ionadan malairt thràillean a bu thrainge air costa an iar Afraga.

Thog e cùrsa goilf air an eilean a chleachdadh na daoine geala a bha an sàs ann am malairt thràillean. B' e breacan a bhiodh air na cadaidhean.


Bha earrannan aig Oswald ann am bàtaichean thràillean agus ann am planntachasan sa Charibbean. Bhiodh na bàtaichean a' toirt thràillean bho Eilean Bunce gu planntachasan Ameireaga agus an uair sin a' tilleadh a Shasainn le luchdan de shiùcar agus tombaca.



*Na tha air fhàgail den ghearastan air Eilean Bunce, Sierra Leone.*



*Ìomhaigh de Sir Seumas Stirling bho Keir (1740-1805) ann am Peairt. Bha trì planntachasan aig a theaghlach ann an Iameuga.*



*Bha còrr air 1000 tràill air an làimhseachadh gach bliadhna ann an gearastan thràillean air Eilean Bunce. B' e Albannaich a bha ann an cairteal den luchd-obrach air an eilean. (Tha an dealbh a' sealltainn litreachadh eile air ainm an eilein – Bense.)*

### Stòran eile

- ▶ [www.scotlandandslavery.org.uk/past1.html](http://www.scotlandandslavery.org.uk/past1.html)
- ▶ [www.scotland.gov.uk/Publications/2007/03/23121622/4](http://www.scotland.gov.uk/Publications/2007/03/23121622/4)
- ▶ [www.nts.org.uk/learn/downloads/Scotland%20and%20the%20SlaveTrade.pdf](http://www.nts.org.uk/learn/downloads/Scotland%20and%20the%20SlaveTrade.pdf)

## Obair

Thuir Am Profeasair Tom Devine: 'Bha na h-Albannaich gu mòr agus gu deònach an sàs aig a h-uile ìre den mhalairt.'

Ullaich deasbad sa chlas agad mu àite Alba ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. Dh'fhaodadh tu abairt Tom Devine a chleachdadh mar mholadh an deasbaid.



# Caibideil 5 Marsantaich, prothaidean agus beairteas

## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh nan dòighean anns an robh marsantaich a bha an sàs anns a' Mhalairt Thriantanaich ag obrachadh agus a' sealltainn mar a rinn iad prothaidean cho mòr. Tha e cuideachd a' mìneachadh carson a bha a' mhalairt seo na buannachd do Bhreatainn.

Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith a bhith air chomas:

- ▶ Mìneachadh mar a bha marsantaich Bhreatainn ag obrachadh.
- ▶ Mìneachadh carson a bha uimhir de phrothaid anns a' Mhalairt Thriantanaich.
- ▶ Mìneachadh carson a bha Breatainn a' faighinn buannachd à malairt ris a' Charibbean.

## Thomas Leyland: marsanta thràillean



B' e Thomas Leyland an duine a bu bheairtiche ann an Liverpool. Nuair a chaochail e, bha fortan luach còrr air £736,000 aige, aig am biodh luach mu £70 millean an-diugh. Chaidh a thogail ann an suidheachadh gu math bochd, ach chaidh e air adhart gu bhith na Mhaor air Liverpool trì tursan.

Thòisich Leyland ag obair ann an oifis companaidh malairt bheag ann an Liverpool, a bha a' dèanamh a' mhòr-chuid dhen mhalairt aca ann an Èirinn. Bha e an uair sin fortanach. Bhuannaich e sùim mhòr airgid ann an crannchur. Chleachd e sin airson tòiseachadh na mharsanta agus shoirbhich leis a' toirt stuthan a-steach às an Spàinn agus à Portagail. Ghluais e bhon sin gu Malairt Atlantaigeach nan Tràillean.

Bha a' chiad bhàta aig Leyland a' siubhal gu tric eadar Liverpool agus Taobh an Iar Afraga gus tràillean a thogail airson an toirt a dh'lamèuga. Bhiodh

am bàta a' tilleadh a Liverpool le bathar luachmhor mar siùcar. Ann an trì bliadhna, rinn am bàta seo leatha fhèin, mu £100,000 de phrothaid do Thomas Leyland.


Eadar 1782 agus 1807 bha Leyland an sàs ann an còrr is 70 turas tràilleachd. Bha Leyland còrr is 25,000 Afraganach a ghluasad gu bhith nan tràillean.

Nuair a bha deasbad sa Phàrlamaid mu lagh airson malairt Atlantaigeach nan tràillean, rinn Leyland na b' urrainn dha son stad a chur air. Bha Leyland gu mòr dhen bheachd gum biodh aig an riaghaltas ri airgead-diolaidh a phàigheadh don fheadhainn a bha an sàs ann an tràilleachd nan deigheadh a chasg.

Nuair a chaidh Malairt Atlantaigeach nan Tràillean a chasg ann an 1807, thòisich Leyland air gnothachas ùr. Chleachd e fhortan gus Banca Leyland & Bullin a stèidheachadh air Sràid Iorc, Liverpool. Bha a chompanach Richard Bullin cuideachd air airgead a dhèanamh bho Mhalairt Atlantaigeach nan Tràillean.

### MÌNEACHADH

**Prothaid** teachd-a-steach fo chùmhnannt, far a bheil an t-sùm a thathar a' cosnadh nas àirde na an t-sùm a thathar a' cosg



*Walton Hall. Thog Leyland an taigh mòr seo 3 mìle (5km) tuath air docaichean Liverpool leis a' phrothaid a rinn e bho mhalairt nan tràillean. Bha taigh mòr eile aige a-cheana faisg air docaichean a' bhaile.*

## Turas an Enterprise

As t-samhradh 1803, chuir Thomas Leyland agus trìùir neach-gnothachais eile airgead ri gnìomhachas malairt-thràillean a' cleachdadh bàta à Liverpool air an robh an *Enterprise*. Chaidh Caesar Lawson, eòlaiche bhàtaichean thràillean, fhastadh mar **chaiptean**.

B' e seo an stiùireadh a thug Leyland dhan Chaiptean Lawson:

*Tha thu ri falbh sa bhad ... gu Bonny air costa Afraga ... Bidh thu a' malairt nan daoine-dubha as fheàrr, ìbhridh agus ola-phailm. A rèir an lagha, faodaidh am bàta seo 400 duine-dubh a thoirt leatha agus tha sinn airson gur e fir a bhios annta air fad, ma ghabhas. Feuch nach ceannaich sibh mòran boireannach seach gu bheil sinn am beachd an **cargu** a reic san Spàinn far nach eil margaidh mhòr airson nam boireannach.*

*Na ceannaich duine a tha nas sine na 24 bliadhna a dh'aois, oir 's dòcha gum bi agaibh ri dhol a lameuga far am bi cìs £10 ri phàigheadh airson tràill nas sine na sin. Nuair a bhios na tràillean air bòrd, thoir cead dhaibh rud sam bith a dhèanamh fhad 's a bhios cùisean sàbhailte, agus na leig leis na h-oifigearan no leis a' chriutha droch-dhiol a dhèanamh orra no a bhith mì-mhodhail riutha. Cùm an soitheach glan.*

*Ma bhàsaicheas tu, gabhaidh am prìomh mheat Mgr Cowell thairis am bàta agus leanaidh e na h-òrdain againn.*

*Tha sinn an dòchas gum bi turas dòigheil agus soirbheachail agaibh.*

*Air atharrachadh bho chlàran a' bhàta anns na British Online Archives.*

### MÌNEACHADH

**Caiptean** an neach a bhios os cionn bàta.

**Cargu** stuth luachmhor a bhios bàta-malairt a' giùlan





## An criutha

Bha seasgad 's a còignear de chriutha air an *Enterprise*, a' gabhail a-steach an sgiobair, a' chiad mheat agus **lannsair an t-soithich**. A thuilleadh air 27 seòladair eile, bha saoir, luchd-dèanamh shiùil, gunnaire, fear-armachd, còcaire agus còignear phreantasan. Bha an criutha seo a' cosg £261.10 am pàigheadh gach mìos.

## Bathar

Chaidh na **stuthan a leanas** a chur air bòrd an *Enterprise* ann an Liverpool.

- ▶ Seudan: a' gabhail a-steach deich cistichean de chorail fuadain, agait dubh is gorm
- ▶ Aodach mìn: sìoda Sionach, clò Sasannach, cotan à Manchester
- ▶ Gunnaichean agus uidheam-spreadhaidh: a' gabhail a-steach 500 gunna Spàinnteach, ceithir baraillean urchairean agus 230 baraille fùdar-gunna
- ▶ Meatailt: 3500 bobhta iarainn, 2000 bobhta luaidhe
- ▶ Deoch-làidir: 35 baraille mòr branndaidh (mu 320 liotair am fear), 312 muga pinnt air an lìnigeadh le copar agus 352 muga leth-phinnt.
- ▶ Stuthan sòghalach: mar 4 sgàilein mhòra, shioda.

## An Turas

- ▶ **20 Ògmhios 1803**: dh'fhàg an *Enterprise* Liverpool.
- ▶ **10 Sultain 1803**: ghlac an *Enterprise* am bàta Breatannach John of Liverpool a-rithist le 261 tràill air bòrd. Chaidh aca air an John a chur air cùrsa dha na h-Innseachan an Iar.
- ▶ **23 Sultain 1803**: Ràinig an *Enterprise* Bonny agus thug iad air bòrd 410 duine-dubh (194 fear, 32 fear/balach, 66 balaich, 42 boireannach, 36 boireannaich/nighean, 42 nighean). Trì cistichean le 'fìaclan ailbhein' ('s e ìbhridh a chanar ris an-diugh).
- ▶ **6 Dùbhlachd 1803**: sheòl iad à Bonny.
- ▶ **9 Faoilleach 1804**: ràinig iad Havana, Ciùba. Reic iad 402 tràill. Bhàsaich 10 tràille air an turas. Cheannaich an Sgiobair Lawson fiach £3800 de shiùcar agus fiach £233 de dh'fhiodh.
- ▶ **28 Màrt 1804**: dh'fhàg iad Havana.
- ▶ **26 Giblean 1804**: ràinig iad Liverpool. Chaidh an siùcar a reic air £10,070. Chaidh am fiodh a reic air £806 agus an ìbhridh air £43.

Chaidh prothaid de £26272 a dhèanamh bho thuras an *Enterprise*. Bhiodh luach còrr air £2 millean an sin an-diugh.

## MÌNEACHADH

**Lannsair an t-soithich** am fear air bòrd bàta aig an robh beagan trèanadh meidigeach (gu tric air bàtaichean thràillean b' e glè bheag a bh' aige)

**Bathar-malairt** stuth a bheir bàta gu àite eile gus iomlaid a dhèanamh air airson stuth eile

## Obair 1

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an geàrr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Rinn marsantaich prothaidean mòra à **AIRMALT NA RAINTAINT**. Chuir iad **THARAB AIRAMLT** mar aodach gu Afraga an Iar far an deach iomlaid a dhèanamh air airson thràillean anns an robh luach mòran nas motha nuair a bhiodh iad air an reic ri **CHULD-EILSBH ANNPASALTACHN** anns na h-Innseachan an Iar. Bha seo a' ciallachadh gun do rinn am **SANTAMAR** prothaid mhòr. Sheòl bàtaichean an uair sin às na **H-SEACHINNAN NA ARI** le cargu de shiùcar agus fiodh bho na h-Innseachan an Iar agus **FCLANIA BHEIAILN** (ìbhri) à Afraga. Bhiodh iad sin cuideachd air an reic air prothaid mhòr air ais ann am Breatainn.

San dòigh seo rinn marsantaich Bhreatannach fortain mhòra. Bha am marsanta **MATHOS LALEYND** à Liverpool air fear de na daoine as beartiche san dùthaich.

Fhuair daoine eile cuid den bheairteas leis gun do chruthaich marsantaich **RAICHOANBE** dhaibh. Bha feum air fir gus na bàtaichean a luchdachadh agus a dhì-luchdachadh. Fhuair cuid eile obair a' dèanamh bathar malairt mar **ANNAGHUCHN** agus deoch làidir.



## Obair 2

Dè na faclan a chleachdadh tu mu dheidhinn Thomas Leyland?

Soirbheachail	Fortanach	Gleusta	Gràin-chinnidheil	Fialaidh
Cùramach	Measail	Dàna	Compàirteachail	Còir

Thoir fianais airson na faclan a chleachdadh.

## Obair 3

### An Dùbhlán! Dè cho fada 's a gheibh thu?

Thoir sùil air an fhiosrachadh mu thuras an Enterprise air duilleagan 37 agus 38. Tha na ceistean a leanas a' fàs nas dorra aig gach ìre, le dhà aig gach ìre.

- 1 Cia mheud marsanta a phàigh airson turas an Enterprise?
- 2 Cia mheud tràill a chaidh iarraidh air a' Chaiptean Lawson a cheannach?
- 3 Dè thuirt Leyland riutha mun dòigh anns an làimhsicheadh iad na tràilleann fhad 's a bha iad air bòrd a' bhàta?
- 4 Thoir cunntas air na stuthan malairt a bha air an Enterprise.
- 5 Saoil carson a roinn Leyland na cosgaisean còmhla ri trìuir mharsantan eile?
- 6 Saoil carson a thug Leyland òrdan nach bu chòir na tràilleann a dhroch làimhseachadh agus gum bu chòir am bàta a chumail glan?
- 7 Dè am pàigheadh a fhuair an criutha an coimeas ris na prothaidean a rinn an Enterprise?
- 8 Ma chaidh 410 tràill air bòrd an Enterprise agus gun do bhàsaich deichnear air an turas, ciamar a reic iad 402 tràill sna h-Innseachan an Iar?
- 9 Leugh na chaidh a sgrìobhadh san log air 10 Sultain. Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha thu a' smaoinichadh a thachair an latha ud.
- 10 Saoil carson a tha a thug am bàta fiodh air ais às na h-Innseachan an Iar?

## Obair 4

Tha thu a' fuireach ann an Liverpool. Leugh thu sa phàipear ionadail gu bheil comhairle a' bhaile airson ainm rathaid ann an Liverpool atharrachadh.

Tha cuid de chomhairlichean a' bhaile airson ainm ùr a thoirt air 'Leyland Road' oir tha iad dhen bheachd gu bheil an rathad air ainmeachadh air Thomas Leyland. Chan eil iad dhen bheachd gum bu chòir cuimhne a chumail air san dòigh seo.

Sgrìobh litir chun a' phàipeir-naidheachd a' toirt taic no a' dol an aghaidh nam planaichean. Cleachd d' fhiosrachadh fhèin air turas an Enterprise son taic a thoirt dha do bheachd.





## Ceistean

### Nàiseanta 4

**1 Thoir cunntas air turas anns a' mhalairt thriantanaich.**

#### **Slatan-tomhais soirbheachaidh**

Sgrìobh freagairt anns a bheil co-dhiù dà phuing fiosrachaidh mu thurasan sa mhalairt thriantanaich.

**2 Thoir adhbharan a mhìnicheas carson a bha malairt thràillean a' dèanamh prothaid.**

#### **Slatan-tomhais soirbheachaidh**

Sgrìobh freagairt a tha a' toirt co-dhiù dà adhbhar a mhìnicheas carson a bha malairt thràillean a' dèanamh prothaid.

## Nàiseanta 5

### 1 Minich carson a bha cuid de dhaoine ann am Breatainn a' toirt taic do Mhalairt Atlantaigeach nan Tràillean. (5 comharran)

San aon dòigh ri ceistean eile den t-seòrsa seo, airson a bhith soirbheachail, bu chòir dhut feuchainn ri 6 adhbharan, a tha iomchaidh agus ceart, ainmeachadh bho d' eòlas fhèin. 'S e am prìomh rud a dh'fheumas tu a chumail nad chuimhne airson ceistean mar seo gun toir thu adhbharan airson rudan a thachair. Cuimhnich am facal *oir* a chleachdadh nad fhreagairt. Às dèidh *oir* tha e nas fhasa adhbhar a thoirt airson rud a thachair. San t-suidheachadh seo dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: Bha feadhainn de mhuintir Bhreatainn a' cur taic ri malairt Atlantaigeach nan tràillean *oir* shaoil iad gun robh mòran chosnaidhean na chois. [1 chomharra]

Gheibh thu comharra a bharrachd le bhith a' cur tuilleadh ri adhbhar a thug thu seachad. Tha sin a' ciallachadh gun cuir thu fiosrachadh a bharrachd ris a' phuuing, Mar eisimpleir *Bha obraichean sna gàrraidhean a' togail bhàtaichean a tharraingeadh tràillean*.

Tha Stòran A agus B a' sealltainn beachdan mharsantan air daoine a bha nan tràillean.

## STÒR A

*Na ceannaich gin a tha nas sine na 24 bliadhna a dh'aois, oir 's dòcha gum bi agaibh ri dhol a lameuga far am bi cìs £10 ri phàigheadh airson tràill nas sine na sin. Nuair a bhios na tràillean air bòrd, thoir cead dhaibh rud sam bith a dhèanamh fhad 's a bhios cùisean sàbhailte, agus na leig leis na h-oifigearan no leis a' chriutha droch-dhiol a dhèanamh orra no a bhith mì-mhodhail riutha. Cùm an soitheach glan.*

Air a thogail bho chlàran British Online Archives records  
(<http://www.britishonlinearchives.co.uk>)

Chaidh Stòr B a sgrìobhadh le eachdraiche bhon latha an-diugh.

## STÒR B

*Bhiodh na marsantaich tric a' toirt òrdugh sgrìobhte do chaipteanan nam bàtaichean aca. Gu tric bhiodh comhairle ann air an t-seòrsa thràillean a bu chòir dhaibh a cheannach. Bha marsantaich ag iarraidh thràillean òga oir rachadh aca air an reic air prìs na bu mhotha. Bhathar an dùil gun cumadh caipteanan na bàtaichean cho glan 's a ghabhadh air an turas. Bhathar tric ag iarraidh orra coimhead an dèidh nan tràillean gus am biodh na ghabhadh dhiubh beò nuair a ruigeadh iad thall.*

### 2 Dèan coimeas eadar na beachdan ann an Stòran A agus B mu bheachdan mharsantan air tràillean. (4 comharran)

Airson a bhith soirbheachail feumaidh tu a ràdh gu soilleir a bheil thu a' smaointinn gu bheil na Stòran ag aontachadh. Bidh dà cheist Dèan coimeas eadar na beachdan sa phàipear deuchainn. Ann an tè aca bidh na beachdan anns na Stòran ag aontachadh, agus sa cheist eile, cha bhi na beachdan ag aontachadh.

Airson na ceist seo chanadh tu gun robh na stòran ag aontachadh nam beachdan, ag innse gu soilleir carson a tha seo fìor. Mar bu trice sgrìobhadh tu earrann bhon chiad stòr agus earrann bhon dàrna stòr a tha le chèile a' dèanamh na h-aon phuuing. Gheibh thu aon chomharra airson gach coimeas ma dh'innseas tu nad fhaclan fhèin ciamar a tha iad ag aontachadh no nach eil. Ma chuireas tu earrannan bho gach stòr rid fhreagairt, airson do fhreagairt a dhearbhadh, gheibh thu 2 chomharra. Dèan coimeas eile san aon dòigh gus 2 chomharra eile fhaighinn.

Seo eisimpleir den t-seòrsa freagairt agus an stoidhle air a bheil thu ag amas:

Tha na stòran ag aontachadh mu bheachdan nam marsantach air tràillean. Tha na dhà a' ràdh gun robh na marsantaich den bheachd gun robh barrachd prothaid ri dhèanamh bho thràillean òga: Tha Stòr A ag innse gun robh cìs air tràillean a bha còrr is 24 bliadhna a dh'aois agus tha Stòr B ag innse gun gabhadh tràillean òga an reic airson na prìsean a b' àirde. Tha na stòran cuideachd ag innse gun robh na marsantan ag iarraidh gum biodh na tràillean air an giùlan ann am bàtaichean glan: Tha Stòr A a' ràdh Cùm an soitheach glan agus tha Stòr B ag ràdh *Bhathar an dùil gun cumadh caipteanan na bàtaichean cho glan 's a ghabhadh air an turas*.

## Caibideil 6 Glacte ann an Afraga

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' toirt cunntas air cuid dhe na dòighean san deach Afraganaich a ghlacadh mar thràilleann. Tha e cuideachd a' toirt cunntas air mar a chaidh an toirt chun a' chosta airson an reic ri Eòrpaich airson Malairt Atlantaigeach nan Tràilleann. Tha seo cuideachd a' toirt cunntas air factaraidhean thràilleann agus mar a bhàsaich uimhir de dh'Afraganaich fiù 's mus do ràinig iad bàtaichean nan tràilleann.

### Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Cunntas a thoirt air na dòighean anns an robh daoine a' seasamh an aghaidh tràilleachd an Afraga
- ▶ Mineachadh carson a bha e doirbh do thràilleann ann an Afraga seasamh an aghaidh na cùis
- ▶ Cunntas a thoirt air cò ris a bha cùisean coltach do thràilleann ann an Afraga

## Tràilleachd

Bha daoine air an dèanamh nan tràilleann ann an dòighean eadar-dhealaichte. Chaidh mòran a ghlacadh ann an cogadh, chaidh cuid a ghoid air falbh, bhris feadhainn an lagh agus chaidh an reic mar thràilleann airson am peanasachadh. Chaidh cuid eile a reic mar thràilleann airson fiachan a phàigheadh.


An toiseach, bhiodh Eòrpaich a' dol air tìr agus a' goid air falbh na gheibheadh iad de dh'Afraganaich. Cha b' fhada ge-tà gus an do rinn iad a-mach gun robh e na b' fhasa dèiligeadh ri cinn-cinnidh ionadail, no **daoine sa mheadhan**.

Bhiodh na daoine sa mheadhan ann an Afraga glè thric a' faighinn thràilleann mìltean bhon chosta. Bhiodh sin a' ciallachadh slighe fhada, chruaidh dhen cois.

*An dèidh an glacadh, bhiodh na tràilleann air an ceangal ri chèile mun amhaich agus bhiodh iad a' coiseachd casruisgte fad ceudan mìltean gu costa an Atlantaig. Bhiodh mu 20 sa cheud, no còrr, de na h-Afraganaich a bha nan tràilleann a' bàsachadh air an t-slighe seo. Dh'inns luchd-fianais gum faca iad na ceudan de chnàimhnich air na slighean seo.*

### MÌNEACHADH

**Daoine sa mheadhan** daoine air am fastadh son tràilleann a cheannach 's an toirt do riochdairean Eòrpach



*Tha an dealbh a' sealltainn Afraganaich gam mèarsadh chun a' chosta.*

Saoil dè tha aig na tràillean air an cinn? Thoir co-dhiù dà adhbhar a bhiodh e doirbh do thràill teiche air an t-slighe seo.

## Factaraidhean Thràillean

Bhiodh Afraganach a bha ag obair sa mheadhan glè thric a' reic thràillean ri **riochdaire** Eòrpach a bhiodh a' fuireach air a' chosta. Bhiodh an riochdaire glè thric ag obair do chompanaidh malairt Eòrpach. B' e **factaraidh thràillean** a chante ris an àite sam biodh an riochdaire ag obair.

Uaireannan, bhiodh na tràillean gan cumail ann an **daingneachd**. Bha 30 daingneachd mhòr chloiche air Costa an Òir air taobh an iar Afraga (Ghana, an-diugh). Chaidh an togail an toiseach airson gun stòradh Eòrpaich òr annta. Chumadh daingneachd mar tè Cape Coast 1000 tràill sna seilearan.

Dh'fhaodadh na tràillean a bhith glaiste an seo fad mhìosan a' feitheamh ri dhol air bòrd bàta thràillean. Bha cùisean uabhasach dona aca. Bha galaran mar mailèiria cumanta aig beul nan aibhnichean mòra. Thathar a' meas gun do bhàsaich 45 sa cheud de dh'Afraganaich a chaidh a ghlacadh sna 1770an, 's iad a' feitheamh bàtaichean nan tràillean.

### MÌNEACHADH

**Riochdairean** feadhainn a bhiodh a' cruinneachadh thràillean air a' chosta 's gan cur air bàtaichean nan tràillean

**Factaraidhean thràillean** àiteachan far am biodh na riochdairean ag obair

**Daingneachdan** togalaichean làidir cloiche air oirthir Afraga a bha air an cleachdadh mar fhactaraidhean thràillean

**Mailèiria** tinneas marbhteach a bhathar a' faighinn bho bhìtheadh mosgioto



*Caisteal Cape Coast, daingneachd Bhreatannach air Costa an Òir.*



## Obair 1



### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an geàrr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Dh'fhaodadh Afraganaich a bhith air an dèanamh nan tràilleen air diofar adhbharan. Gu tric bha iad nam **PSANAICHRÌO GAIDHCO** a bha air an glacadh an dèidh blàr eadar treubhan. Uaireannan bha iad air an **ROITT MA DRUBI** nuair a rinn aon treubh creach air treubh eile. Chleachdadh Eòrpaich **CHLUD-DHAAINME** Afraganach gus tràilleen fhaighinn dhaibh. Ro na 1770an, bha daoine air an glacadh 's air an dèanamh nan tràilleen fada a-staigh ann an Afraga, agus dh'fheumadh iad a bhith air am **DHMREÀSAR** chun a' chosta. Bha iad air an toirt gu **CTARDAIHEANFA LEANÀILTHR** far an deach an cumail an grèim, glè thrìc ann an suidheachadh dùmhail, mì-fhallain. Bha iad air an cumail an sin gus am b' urrainn dhaibh a bhith air an cur gu **CHEANAITÀB ANÀILHTRLE**. Bhàsaich mòran de na daoine sin air an t-slighe chun a' chosta no nuair a bha iad a' feitheamh ris na bàtaichean. Dh'adhbharaich **ÈIRIMAAL** agus fiabhrasan eile bàs iomadach neach air a' chosta.

## Obair 2

### Feuch seo

- 1 Sgrìobh ceithir dòighean anns am faodadh Afraganach a bhith air a ghlacadh mar thràill.
- 2 Dè tha air a chiallachadh leis an abairt 'factaraidh thràilleen'?
- 3 Saoil carson a bha àireamh nan tràilleen a bhàsaich sna factaraidhean cho mòr?

## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Minich na dòighean anns am biodh Afraganaich air an glacadh mar thràilleen.

### Slatan-tomhais Sorbheachaidh

Sgrìobh freagairt anns am bi co-dhiù dà phios fiosrachaidh mun dòigh anns am faodadh Afraganaich a bhith air an glacadh mar thràilleen.

Tha Stòr A air a thogail bho fhianais a chaidh a thoirt do Chomataidh Pàrlamaid ann an 1789 le neach-tadhail Breatannach a bha air a bhith ann an Afraga.

## STÒR A

*Stad sinn ann am bailtean beaga san dol-seachad agus cheannaich sinn na tràilleen againn ann an dòigh chothromach, ach air an oidhche chaidh sgioba a' bhàta grunn thursan gu bruaichean na h-aibhne agus chuir iad buidhnean creachaidh air dòigh. Bhris iadsan a-steach do na bailtean agus chuir iad fireannaich, boireannaich agus clann an grèim.*

2 Dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air an dòigh anns an deach na tràilleen a ghlacadh?

### Slatan-tomhais Sorbheachaidh

Feumaidh tu freagairt a thoirt a tha a' mìneachadh do bheachd air an stòr seo. A bheil e feumail no nach eil? Bu chòir dhut taic a thoirt dha do bheachd le bhith a' mìneachadh nad fhacail fhèin:

- Cò sgrìobh an stòr seo?
- Cuin a chaidh an stòr seo a sgrìobhadh?
- Dè tha an stòr seo ag innse dhuinn mun dòigh anns an deach na tràilleen a ghlacadh.



## Nàiseanta 5

Tha Stòr A bho fhèin-eachdraidh duine a chaidh a dhèanamh na thràill. Chaidh seo a sgrìobhadh ann an 1789..

### STÒR A

*Choisich sinn fad iomadh seachdain ann an sèineachan. An uair sin chunnaic sinn abhainn mhòr gun bhruch air an taobh thall. Bha bàta neònach oirre. Chaidh ar toirt gu daingneachd mhòr. An sin, chaidh ar nighe agus ar bearradh leis na h-Afraganaich leis an robh sinn, agus shuath iad ola-phailm air ar craiceann son gum biodh gleans às. Thàinig daoine geala a-steach agus choimhead iad oirnn. An dèidh grunn lathaichean, rinn an luchd-malairt dubh 's an luchd-malairt geal bargan. Chaidh ar cumail san daingneachd grunn sheachdainean eile, ann an sèineachan, is pònair bhruch againn ri ithe, gus an tàinig bàta eile*

Oludah Equiano

**1 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air daoine gan dèanamh nan tràilleann ann an Afraga. (Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a sgrìobh iad e, carson a sgrìobh iad e, na thuirt iad agus na dh'fhàg iad às.) (5 comharran)**

Cuimhnich gu bheil trì dòighean ann air puingeann fhaighinn le bhith a' toirt iomradh air:

- ▶ Cò sgrìobh e, cuin agus carson a chaidh a sgrìobhadh
- ▶ Am fiosrachadh nach eil anns an stòr
- ▶ Rud sam bith a tha a' fàgail an stòir lag, mar eisimpleir fiosrachadh cudromach a chaidh fhàgail às.

The e glè chudromach gun cùm thu a' cleachdadh na h-abairt tha an stòr seo feumail oir no chan eil an stòr seo cho feumail oir no chan fhaigh thu na comharran air a bheil thu ag amas.

**2 Thoir cunntas air mar a bha e a bhith ann am 'factaraidh' thràilleann air cost an Iar Afraga. (4 comharran)**

Mar a chunnaic sinn mar-thà, airson ceist *Thoir cunntas* a fhreagairt gu soirbheachail, tha ceithir puingeann iomchaidh agus ceart a tha freagarrach dhan cheist a dhìth. Mar eisimpleir. *B' e togalaichean mòra cloiche a bh' ann am factaraidhean thràilleann far am biodh far am biodh ceudan de thràilleann gan cumail fo ghlais.*

Mura h-urrainn dhut cuimhneachadh air ceithir puingeann fa leth, dh'fhaodadh tu barrachd a sgrìobhadh mu na puingeann a tha nad chuimhne. Mar eisimpleir gus barrachd a chur ris a' phuig mu na h-àireamhan thràilleann a bhathar a' cumail ann am factaraidh thràilleann, dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *Chaidh mòran de na factaraidhean a thogail an toiseach mar àiteachain tèarainte airson òr a ghleidheadh, agus mar sin bhiodh e gu math doirbh teicheadh asta.*





## Caibideil 7 An Turas Meadhain

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh cò ris a bha cùisean coltach air bòrd nam bàtaichean Breatannach air an turas meadhain. Tha e a' mìneachadh cò ris a bha cùisean coltach **fo rùm** agus na bha a' tachairt gach latha. Gheibh sibh a-mach mu gach dòigh san robh tràillean a' dol an aghaidh a' chriutha agus dè thachair dhaibh nuair a ràinig iad deireadh an turais meadhain.

### Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Cunntas a thoirt air na dòighean san robh daoine a' dol an aghaidh tràilleachd air an turas meadhain
- ▶ Mìneachadh carson a bha e doirbh do thràillean strì sam bith a dhèanamh air an turas meadhain
- ▶ Cunntas a thoirt air cò ris a bha cùisean coltach do thràillean air an turas meadhain

## A' dol air bòrd bàtaichean nan tràillean

B' e **an turas meadhain** an t-ainm a bh' air an turas eadar taobh an iar Afraga agus na h-Innseachan an Iar.

Tha na stòran a leanas le eachdraiche bhon latha an-diugh a' mìneachadh nan dòighean san robh bàtaichean thràillean air an ullachadh agus air an luchdachadh ann an Afraga.

*Air costa Afraga, bha na saoir a' cur suas tuilleadh sgeilpichean fo rùm agus a' cur suas bacaidhean sàbhailteachd agus dìon os an cionn ... Bha lìn crochte air feadh bàtaichean thràillean gus stad a chur air na h-Afraganaich cur às dhaibh fhèin.*

*James Walvin, The Slave Trade*

*Bha e deatamach na tràillean fhaighinn air bòrd cho luath 's a ghabhadh; bha an cunnart a bh' ann don chriutha agus do thràillean bho ghalaran a' dol am meud mar a b' fhaide a bha iad a' fuireach air a' chost.*

*Kenneth Morgan, Slavery and the British Empire*

*Mus rachadh an toirt air bòrd, glè thric bha am falt air a ghearradh far nan tràillean, agus am beagan aodaich a bha aca air a thoirt bhuapa. Bha seo airson 's nach toireadh iad galaran air bòrd.*

*David Killingray, The Transatlantic Slave Trade*


*Bha na h-Afraganaich gu tric dhen bheachd gun robh daoine geala a' falbh le tràillean airson an ithe ... gun robh am fion dearg a bha na h-Eòrpaich ag òl a' tighinn bho fhuil ... gun robh ola-chroinn-ola a bhathar a' cleachdadh cho faiceallach a' tighinn bho bhith a' bruthadh chuirp dhubha agus fiù 's gun robh an càise làidir air bòrd a' chaithean a' tighinn bho eanchainnean Afraganach.*

*Hugh Thomas, The Slave Trade*


### MÌNEACHADH

**An turas meadhain** an turas eadar taobh an iar Afraga agus na h-Innseachan an Iar, an dàrna pàirt den mhalairt thriantanaich

**Fo rùm** àite fon phrìomh dheic ann am bàta



*Dealbh on latha an-diugh de thràillean air bòrd bàta thràillean.*



Saoil carson a bha na daoine a bha os cionn nan tràillean glè iomagaineach mun cheum seo dhen mhalairt thriantanaich?

*Tha an dealbh seo a' sealltainn thràillean Afraganach air an toirt a-mach gu na bàtaichean thràillean ann an curachan.*

## Cùisean air bòrd a' bhàta


Tha na stòran gu h-ìosal a' toirt cunntas air cò ris a bha beatha coltach air bòrd bàta thràillean.

*Bha thràillean air an ceangal ri chèile taobh ri taobh le sèinichean ... Bha e ceadaichte dhaibh a bhith shuas air an deic airson èadhar agus eacarsaich airson uair a thìde no dhà gach latha.*

*Kenneth Morgan, Slavery and the British Empire.*

*Bidh sinn a' ceangal nam fear làidir ri chèile le cuibhrichean: ach bidh sinn a' leigeil le boireannaich agus le clann a dhol mun cuairt gu saor...*

*Faclan caiptean bàta thràillean air an aithris le Kenneth Morgan, ann an Slavery and the British Empire.*



Thoir sùil air an dealbh seo agus leugh na stòran air an duilleig seo agus air an duilleig roimhe. Smaoinich air ciamar a bhiodh na h-Afraganaich a' faireachdainn aig an ìre seo dhen turas.

*Tha an dealbh a' sealltainn thràillean Afraganach gan cur ann an cuibhrichean mus rachadh an cur ann an toll a' bhàta.*



Nuair a bha droch mhuir ann no a bha an aimsir dona, bhiodh na tràillean air an cumail gu h-ìosal airson ùine mhòr, le feadhainn fhallain is thinn ceangailte ri chèile le **glas-làimhe** fad làithean.

*Tom Monaghan, The Slave Trade*

Tha e gu tric a' tachairt gu bheil an fheadhainn a tha pìos air falbh bho na peilichean-mùin, ann a bhith a' feuchainn ri faighinn thuca, a' tuiteam thar an companaich, leis gu bheil **glas-an-coise** orra. Tha an suidheachadh nas miosa seach gu bheil na peilichean ro bheag agus nach eilear gam falmhachadh ach uair san latha.

*Deasaichte agus air atharrachadh bho Recovered Histories  
(www.recoveredhistories.org)*

Bha an turas fhèin a' toirt eadar sia agus ochd seachdainean. Bha na tràillean ceangailte ri chèile mun làmhan agus mun casan, air am bruthadh a-steach a dh'àite far nach robh cha mhòr rùm sìneadh air do chliathaich. B' ann an seo a bha iad ag ithe, a' cadal, a' mùn, a' salach, a' breith, a' dol às an ciall agus a' bàsachadh.

*Deasaichte agus air atharrachadh bho Recovered Histories  
(www.recoveredhistories.org)*



*Dealbh a' sealltainn thràillean ag eacarsaich.*

## Bho latha gu latha

Tha cunntasan gu h-ìosal air na nithean a bhiodh a' tachairt air bòrd bàta thràillean gach latha. Chaidh na cunntasan seo a sgrìobhadh le daoine aig an robh eòlas air an turas meadhain.

Bidh iad a' faighinn biadh dà uair san latha agus bidh iad a' faighinn pinnt (mu leth liotair) de dh'uisge. Nuair a tha aimsir mhath ann, bidh iad a' faighinn suas air an deic aig seachd uairean sa mhadainn agus a' fuireach an sin gus an tèid a' ghrian fodha. Tha na h-àitichean far a bheil iad a' laighe air an glanadh gach latha; le fir gheala air an sònrachadh airson sin a dhèanamh.

*Kenneth Morgan, Slavery and the British Empire*

Às dèidh ochd làithean cha bhiodh e comasach an tìr fhaicinn bho na bàtaichean, 's dh'fhaodadh na tràillean a dhol suas chun an deic ... Bhiodh iad air an cur ann am buidhnean gus am bàta a ghlanadh agus bha aca ri bhith a' seinn fhad 's a bha iad ga dhèanamh.

*Hugh Thomas, The Slave Trade*



Bha rus agus mileid (a' fàs an Afraga) gu tric ri fhaotainn. Dh'fhaodadh pònair-àirneach, plantain, yam, buntàta, cnò-còco, teilean agus orainsearan a bhith ann cuideachd. Cha robh mòran eadar-dhealachaidh eadar biadh nan tràilleann, agus na bha iad a' faighinn dheth, agus biadh a' chriutha. Dh'fhaodadh gun robh e na b' fheàrr na am biadh a bha na tràilleann a' faighinn fhad 's a bha iad a' feitheamh no a' siubhal ann an Afraga.

*Caipitean Phillips ann an Hugh Thomas, The Slave Trade*

## Galaran

Bha eagal am beatha air a' chaithean agus air a' chriutha gun nochdadh galar air bòrd bàta. Sgaoileadh galar gabhaltach gu furasta air feadh a' bhàta.

Bhiodh bàsan air an Turas Meadhain tric a' tachairt air sgàth ghalaran a thogadh ann an Afraga ... droch ghalan-goile, **a' bhuinneach-mhòr, dropsaidh**, fiabhras dearg agus **fiabhras buidhe**.

*Kenneth Morgan, Slavery and the British Empire*

Bhiodh galaran a' sgaoileadh na bu luaithe nam bithte a' cumail nan Afraganach fo rùm. Seo cunntas de na thachair nuair a mhair stoirm ùine mhòr 's nach faigheadh na tràilleann a-mach air an deic airson grunn làithean.

Bha aimsir fhliuch is fhiadhaich a' ciallachadh gun robh uinneagan agus cliathan a' bhàta air an dùnadh, agus thàinig sìleadh agus fiabhras air na tràilleann ... dh'fhàs na seòmraichean aca uabhasach teth, agus cha b' urrainn dhaibh cur suas ri sin ach airson ùine ghoirid ... bha uiread de dh'fhuil is de sglongaid air an deic mar thoradh air an t-sìleadh 's gun robh an t-àite coltach ri taigh-spadaidh.

*Thomas Fowell Buxton, The African Slave Trade and its Remedy, 1840*

## An Criutha

Bha an turas meadhain uabhasach doirbh do chriutha a' bhàta.

B' e obair air bàta thràilleann an obair mhara a bu mhiosa a bh' ann. 'S e dìreach fir mhosach agus fir a bha nan èiginn a bhiodh a' cur an ainm sìos airson seo, 's dòcha nuair a bhiodh an deoch orra no ma bha fiachan aca ri phàigheadh, no uaireannan mura robh fios aca mar a bha cùisean.

*James Walvin, The Slave Trade*

Bhiodh na seòladairean a' cadal ann an leapannan-crochaidh no 's dòcha ann an leabaidh air a tilgeil no air a togail ann an oisean sam bith...

*Hugh Thomas, The Slave Trade*

Bha barrachd den chriutha a' bàsachadh air tursan malairt thràilleann na bha a' bàsachadh air tursan-cuain sam bith eile.

*Kenneth Morgan, Slavery and the British Empire*



### MÌNEACHADH

**A' bhuinneach mhòr** galar a tha a' toirt buaidh air a' mhionach agus ag adhbharachadh diarrhoea dona

**Dropsaidh** uisge sa cholainn ag adhbharachadh at agus pian

**Am fiabhras buidhe** galar tropaigeach a tha a' toirt buaidh air an adha agus air na h-àirnean air a sgaoileadh le bhòras



Uaireannan bhithte gu math trom air a' chriutha air an 'turas meadhain'. Cha robhar a' cur feum air uimhir de chriutha air an treas pàirt dhen turas, agus shàbhaileadh iad tuarastal nan teicheadh na seòladairean far a' bhàta sna h-Innseachan an Iar. Glè thric bhiodh seòladairean a chaidh a leòn beò air na sràidean sa Charibbean.

'The Abolition Project' (<http://abolition.e2bn.org>)

Air bòrd cuid de na bàtaichean, bha e ceadaichte do sheòladairean a bhith ri feise ris na boireannaich dhubha, ma bha iad deònach cead a thoirt dhaibh. Bha e ceadaichte do na h-oifigearan dèanamh mar a thogradh iad, agus uaireannan bha iad ciontach de dh' uabhasan a bha nan cùis-nàire.

'The Abolition Project'

Bha beatha air bàta thràillean cho doirbh 's nach robh mòran deònach a dhèanamh.

Uaireannan bhiodh seòladairean air an tàladh air bòrd tro bhith gan lìonadh le deoch-làidir ann an taigh-òsta gus am biodh iad fo mhisg agus gun sgillinn ruadh aca: rachadh falbh leotha an uair sin, mar aonta eadar fear an taigh-òsta agus an caiptean.

Hugh Thomas, *The Slave Trade*

Saoil dè bha na tràillean a' feuchainn ri dhèanamh? Saoil carson nach robh ar-a-mach air bòrd bàtaichean thràillean tric ag obrachadh?

## Ar-a-mach

Bha e cumanta na tràillean feuchainn ri bàta a ghabhail thairis.

Fhuair mi a-mach ann an deagh àm an-diugh gun robh na tràillean ag ullachadh airson ar-a-mach. Lorg mi dithis a bha a' feuchainn ris na cuibhrichean a thoirt dhiubh, agus nuair a rinn mi rannsachadh, lorg mi sgeinean, clachan, urchraichean msaa agus sgeilb. Chuir mi ceathrar bhalach ann an cuibhrichean agus theannaich mi a' ghlas-mheuran gus toirt orra a' chùis aideachadh.

Air a thogail 's air atharrachadh bho leabhar-latha John Newton

Bha tòrr dhe na bàsan air tursan thràillean thar an Atlantaig air sgàth fòirneart, sabaid agus, os cionn a h-uile càil eile, ar-a-mach. Bha co-dhiù aon ar-a-mach air a h-uile ochd gu deich tursan.


Hugh Thomas, *The Slave Trade*



Tha an dealbh seo a' sealltainn thràillean a' sabaid ri criutha a' bhàta.

Fhuair na h-Afraganaich grèim air armachd. Chaidh iad nam buidhnean gun fhiosta, thug iad ionnsaigh air a' chriutha nam buidhnean air na fir againne, air an deic, gun fhiosta dhaibh, agus chaidh aon dhen fheadhainn a bu thapaidhe a shàthadh. Chaidh a leòn ceithir-deug no còig-deug a thursan leis na sgeinean aca. An uair sin chaidh iad às dèidh a' bhòsan, agus gheàrr iad aon de chasan, chun a' chnàimh. Cha b' urrainn dha gluasad, bha na nearbhan air an gearradh: gheàrr feadhainn eile amhach a' chòcaire, agus leòn cuid eile triùir dhe na seòladairean, agus thilg iad aon dhiubh dhan mhuir. Chaidh stad a chur air an ar-a-mach seo le làmhachas-làidir. Leum mòran dhe na bha ris an ar-a-mach dhan mhuir agus chaidh am bàthadh.

'The Abolition Project'



Dh'èirich cuid dhiubh sin suas glè thrì, ach chaidh bacadh a chur orra, dh'èirich cuid eile agus chaidh an cur sìos, ach dh'èirich feadhainn eile agus bha iad soirbheachail agus mharbh iad a' mhòr-chuid de na daoine geala. Dh'inns Mgr Town gun do dh'fhaighnich e dha na tràillean carson a bha iad ris an ar-a-mach 's gun do fhreagair iad, 'Dè an gnothach a bh' aige an toirt air falbh bhon dùthaich fhèin – gun robh mnathan agus clann aca agus gun robh iad airson a bhith còmhla riutha.'

*'Understanding Slavery Initiative' (www.understandingslavery.com)*

## Air an Reic

Aig deireadh an turais meadhain bhiodh na tràillean air an reic airson nam prìsean a b' àirde. Bhiodh fios aig daoine gu math luath nuair a bhiodh bàta air tighinn le tràillean à Afraga airson an reic.

Charlestown, July 24th, 1769.

TO BE SOLD,

On THURSDAY the third Day of AUGUST next,

A CARGO OF

NINETY-FOUR

PRIME, HEALTHY

**NEGROES,**

CONSISTING OF

Thirty-nine MEN, Fifteen BOYS, Twenty-four WOMEN, and Sixteen GIRLS.

JUST ARRIVED,

In the Brigantine DEMBIA, Francis Bare, Master, from SIERRA LEON, by

DAVID & JOHN DEAS.

**Negroes for Sale.**

A Cargo of very fine stout Men and Women, in good order and fit for immediate service, just imported from the Windward Coast of Africa, in the Ship Two Brothers.—

Conditions are one half Cash or Produce, the other half payable the first of January next, giving Bond and Security if required.

The Sale to be opened at 10 o'Clock each Day, in Mr. Bourdeaux's Yard, at No. 48, on the Bay.

May 19, 1784. JOHN MITCHELL.

---

**Thirty Seasoned Negroes**

To be Sold for Credit, at Private Sale.

**A**MONGST which is a Carpenter, none of whom are known to be dishonest.

Also, to be sold for Cash, a regular bred young Negroe Man-Cook, born in this Country, who served several Years under an exceeding good French Cook abroad, and his Wife a middle aged Washer-Woman, (both very honest) and their two Children. Likewise, a young Man a Carpenter.

For Terms apply to the Printer.

Cò às a bha na tràillean agus ciamar a dh'fheumte pàigheadh air an son? Dè na dòighean anns an robh fèill-reic Thirty Seasoned Negroes eadar-dhealaichte bhon dà shuidheachadh reic eile?

*Sanasan airson fèill-reic tràillean.*



Rachadh aire luchd a' chala a tharraing le bhith a' leigeil às urchair, agus thigeadh pileat agus dotair air bòrd. Bhiodh fàileadh grànda de chur a-mach, fallas, seann mhùn agus salchar a' sgaoileadh thar a' phuirt ag innse do mhuinntir an àite gun robh bàta thràillean air tighinn.

*Hugh Thomas, The Slave Trade*

Mar bu trice bhiodh na tràillean air an reic aig **rup**. Uaireannan bhiodh **sgrambail** ann son tràillean sònraichte a cheannach. Bhiodh an fheadhainn nach rachadh a reic air am fàgail mar sgudal.


*Dh'fhaodaist na tràillean a reic air bòrd a' bhàta, goirid an dèidh dhi ruigheachd no aig rup poblach air tìr... Dh'fhaodadh iad a bhith air an reic a rèir an gnè, an aois no uaireannan ... a rèir cò às a thàinig iad.*

*Tom Monaghan, The Slave Trade*

## MÌNEACHADH

**Rup** fèill poblach far am biodh grunnan air an reic còmhla ris an neach a bheireadh an t-sùim a bu mhotha air an son

**Sgrambail** fèill poblach far am biodh an luchd-ceannach a' ruith suas chun an fheadhainn a bha iad airson a cheannach



*Tràillean air an reic aig rup sna h-Innseachan an Iar.*

Is e nì eagalach a bh' ann an sgrambail tràillean:

*Tha na daoine a tha ag iarraidh tràillean fhaighinn, nuair a gheibh iad comharra gu bheil an reic a' dol a thòiseachadh, a' ruith gu far a bheil na tràillean anns a' bhàd. Bha buaidh eagalach aig a seo air na tràillean; bhiodh iad ag èigheach a-mach le eagal gun deigheadh an sgaradh bho an caraidean.*

*Brian Vale and Griffiths Edwards, Physician to the Fleet: The Life and Times of Thomas Trotter*

Bha na tràillean nach robh duine ag iarraidh a cheannach, no a bha ro thinn, glè thric air am fàgail leotha fhèin air a' chidhe gus am bàsaicheadh iad.


Chunnaic James Morley, a bha na fhear-gunna sna 1760an tràillean:

*nan laighe air an tràigh ann an St Kitts, sa mhargaidh, agus ann an iomadh pàirt den bhaile, ann am fìor dhroch staid gun duine a' coimhead às an dèidh.*

<http://bit.ly/1a9SHfR>



## Obair 1



### Dèan gearr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an gearr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a mheasgachadh. Feumaidh tu na **FACLAN** obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Bha caipteanan bàtaichean nan tràillean airson na daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean fhaighinn air bòrd cho luath 's a b' urrainn mus tòisicheadh **ANLARGA**. Gu tric bhiodh lìn air an cur air feadh a' bhàta gus nach b' urrainn tràillean **NÈFI-TRMHU** a dhèanamh. Dh'fheumadh na tràillean laighe air an **ICED** ann an toll a' bhàta. Bhiodh iad air an toirt suas gu cunbhalach airson **ARECHACSAI** agus mar bu trice gheibheadh iad biadh uair san latha. B' e am prìomh bhiadh rus agus **EANAIRNÒP**. Bha an galar breac agus **A' CHEANNBHUI ÒRMH** nan galaran cumanta air bòrd. Cha robh an suidheachadh mòran na b' fheàrr do sgioba a' bhàta. Bha eagal orra an-còmhnaidh ro **RA-A-CHAM** leis na tràillean. Mhair an turas meadhain eadar ochd agus deich seachdainean. Aon uair 's gun do ràinig am bàta na h-Innseachan an Iar, chaidh na daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean a reic aig **PRU** no aig **BAILAMSGR**.

## Obair 2



### Mas e seo am freagairt, dè a' cheist?

Gu h-ìosal tha liosta fhaclan agus abairtean. Feumaidh tu ceist a dhèanamh suas nach gabh a fhreagairt ach le facal no abairt bhon liosta. Mar eisimpleir, mas e am facal 'siùcar' am freagairt, dh'fhaodadh tu a' cheist seo a chur: "Dè am bathar daor a bha a' tighinn a-steach a Bhreatainn às na h-Innseachan an Iar?"

- ... gus nach b' urrainn tràillean leum far a' bhàta
- ... an nighe agus am bearradh
- ... bha dùil aca gum b' e canabailean a bh' ann an daoine geala
- ... co-dhiù uair san latha ma bha an aimsir math
- ... pònair-àirneach, plantain, yam, buntàta agus cnò-còco
- ... a' sgùradh nan deicichean far am biodh iad a' cadal
- ... eadar ochd agus deich seachdainean
- ... a' bhuinneach mhòr, an dropsaidh, am fiabhras dearg, agus am fiabhras buidhe
- ... *crimping*
- ... àite sam bith anns am b' urrainn hamag a chrochadh





## Obair 3

### Dè cho dona 's a bha cùisean air an turas meadhain?

Leugh Stòran A-E gu faiceallach.

#### Stòr A

*Bha e gu buannachd gach neach uiread 's a ghabhadh de thràillean beò a thoirt a dh'Ameireaga. Cha b' e nì àbhaisteach a bh' ann am brùidealachd ach bhiodh e a' tachairt.*

*Hugh Thomas, The Slave Trade*

#### Stòr B

*Ro 1750, bhàsaich 20% de na tràillean air an Turas Meadhain. Ach an dèidh 1750 chaidh sin gu 10%.*

*Kenneth Morgan, Slavery and the British Empire*

#### Stòr C

*Thar ùine, bha siostam aig na daoine leis an robh na bàtaichean thràillean airson uiread 's a ghabhadh de dh'Afraganaich fhaighinn air bòrd agus seòladh cho luath 's a b' urrainn thar an Atlantaig gu an ceann-uidhe ... cha robh na turasan a' toirt cho fada mar a thàinig dealbhadh nam bàtaichean agus maraireachd air adhart.*

*James Walvin, The Slave Trade*

#### Stòr D

*Mu 1790 bha mòran bhàtaichean thràillean a' ruighinn Ameireaga gun aon tràill a chall.*

*David Killingray, The Transatlantic Slave Trade*

#### Stòr E

*Trì tursan san t-seachdain, bidh sinn a' nighe nan deicichean le peilichean de fhion-geur ... gus cur às don droch fhàileadh, an dèidh an t-àite a sgùradh gu math.*

*Captain Phillips bhon bhàta thràillean Hannibal air innse ann an Hugh Thomas, The Slave Trade*

Dè an abairt a tha a' faighinn taic bho na stòran? Thoir adhbharan gus taic a thoirt do na roghainnean agad.

- Bha an àireamh de bhàsan air an turas meadhain air a dhol sìos mu 1790.
- Bha an ùine a bha bàtaichean a' toirt air an turais meadhain a' fàs na bu ghiorra agus na bu ghiorra.
- Cha robh dragh aig an sgioba an ruigeadh na tràillean beò.
- Bha oidhirp ann gus na h-àiteachan far an robh na tràillean nan laighe a chumail glan.
- Bhathar a' dèiligeadh gu brùideil ris na tràillean air an turas meadhain.

## Obair 4

### Strì nan tràillean air an turas meadhain

Thoir sùil air an fhianais sna h-earrannan gu h-ìosal air an t-strì a rinn na tràillean.

Tha an earrann seo mu bhith a' dol air bòrd bàtaichean nan tràillean:

*Bha curachan deiseil gus an giùlan a-mach chun a' bhàta nuair a bhiodh a' mhuir math ... aon uair 's gun robh na fir air bòrd, bha cuibhrichean a' dol orra, is bha glas-coise gan cumail ceangailte ri chèile gus nach b' urrainn dhaibh ar-a-mach a dhèanamh no snàmh gu tìr. Bhiodh na negrothan tric a' leum à curachan 's à bàtaichean dhan mhuir, agus a' fuireach fon uisge gus am biodh iad air am bàthadh ... bha eagal na bu mhotha orra ro Bharbados na tha oirne ro ifrinn...*

*'The Abolition Project'*

Tha an earrann seo mu amannan bìdh:

*Bhiodh an caiptean a' gluasad am measg nan tràillean aig àm bìdh, a' cur piobar agus ola-pailme dha na bobhlaichean rus. Gu h-obann, ann am meadhan an Atlantaig, chuartaich na tràillean e agus phronn iad e mu cheann leis na bobhlaichean fiodha aca. Thug a' chiad mheat òrdugh dhan sgioba losgadh air na tràillean. Chaidh ochdad Negro a mharbhadh, no leum iad far a' bhàta.*

<http://bit.ly/17zA8l6>

Tha an earrann seo mu bheatha thràillean boireann:

*Bha tràillean fireann agus boireann air an cumail air leth le balla-tarsainn làidir aig a' phrìomh chrann. Bha an roinn toisich airson nam fireannach agus an roinn air cùl a' chrainn airson nam boireannach ... oir bhiodh na boireannaich dhubha tric a' dèanamh na b' urrainn dhaibh gus na fir a phiobrachadh gus ionnsaigh a thoirt air an sgioba.*

*Hugh Thomas, The Slave Trade*

Tha an earrann seo mu ar-a-mach:

*Tron dòrainn 's an àmhghar gu lèir, chaidh dearbh-aithne ùr Afraganach a chruthachadh ... Dh'ionnsaich Afraganaich à diofar sgìrean agus dhualchasan, aig an robh cànan dhiofraichte, mar a dhèanadh iad conaltradh ri chèile: rinn mòran cuilbheart còmhla gus làmh-an-uachdair fhaighinn air an luchd-glacaidh.*

*Air atharrachadh bho Recovered Histories ([www.recoveredhistories.org](http://www.recoveredhistories.org))*

Tha an earrann seo mu fhèin-mhurt thràillean:

*An dèidh tighinn air bòrd dhiùlt aon duine biadh sam bith a ghabhail. Tràth an-ath-mhadainn fhuair iad e 's e air feuchainn ri a sgòrnan fhèin a ghearradh. Dh'fhuair gheallannas a' bhàta an leòn, ach an-ath-oidhche, bha e air na greimeannan a tharraing às agus air an aon rud fheuchainn air an taobh eile. Thuir e nach deigheadh e gu bràth còmhla ri daoine geala ... bhàsaich e le cion a' bhìdh ann an ochd no deich latha.*

*'The Abolition Project'*

Obraichibh ann am buidheann. Smaoinichibh gu bheil sibh air obair fhaighinn aig companaidh a tha an sàs ann am malairt Atlantaigeach nan tràillean. Dèan aithisg air 'Strì nan tràillean air an Turas Meadhain'.

- Thoir cunntas air na seòrsaichean strì a dh'fhaodadh tràillean a dhèanamh.
- Mìnich cuin bu dòcha na tràillean strì a dhèanamh.
- Mìnich carson a tha dùil gum bi strì air an turas meadhain.
- Dèan liosta le stiùireadh do chaipteanan air mar as urrainn dhaibh stad a chur air strì nan tràillean.



## Obair 5

### A' ceannach dhaoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean

Leugh an cunntas seo le fear aig an robh planntachas agus dèan an obair a tha ga leantainn.

A thaobh a bhith a' ceannach Negrothan, thaghainn **fir òga** agus **nigheanan**, nach eil nas sine na 16 no 18 bliadhna, oir glè thrì cha bhi inbhich a' dèanamh gu math; agus co-dhiù, bidh iad a' bearradh nam fireannach agus **a' cur gleans orra** chun na h-ìre 's nach urrainn dhut a bhith cinnteach nach eil thu a' ceannach sheann Negrothan.

Mhothaich mi cuideachd gu bheil mòran Negrothan a tha a' coimhead reamhar, fallain nuair a cheannaicheas tu iad bhon bhàta, a' dol bhuaithe gu math luath air planntachas; air an làimh eile bidh an fheadhainn a tha ann an **cor** meadhanach math a' gleidheadh an cuideim nas fheàrr agus bidh iad nas làidire.

Air 7 Dùbhlachd 1761 phàigh mi £112 do Mhgr Iain Hutt airson dithis fhireannach agus £200 airson aon bhalach agus trìuir nighean. Ann an ùine ghoirid chaidh am **brand** agam a chur air gualainn dheas nan Negrothan ùra.

Coobah: 4 troighean agus 6 òirlich a dh'àirde, mu 15 bliadhna. **Ainm dùthchais:** Molia, **Ebo**. Chuir mi e a dh'fhuireach còmhla ri Princess.

Sukey: 4 troighean agus 8 òirlich a dh'àirde, mu 14 bliadhna. Chuir mi i a dh'fhuireach còmhla ri Iob.

Maria: 4 troighean agus 11 òirlich a dh'àirde, mu 15 bliadhna. Ainm dùthchais: **Ogo**. Chuir mi i còmhla ri Lucy.

Pompey: 4 troighean agus 9 òirlich a dh'àirde, mu 16 bliadhna. Ainm dùthchais: Oworia, **Coromante**. Air a chur a dh'fhuireach còmhla ri Plato.

Will: 5 troighean agus 3 òirlich a dh'àirde, mu 22 bliadhna. Ainm dùthchais: Sawanno, no Dowotronny.

'International Slavery Museum', [www.liverpoolmuseums.org.uk](http://www.liverpoolmuseums.org.uk)

Obraich còmhla ri caraaid. Saoil dè tha an t-ùghdar a' ciallachadh leis na faclan agus na h-abairtean a leanas?

- |                          |                                       |                       |
|--------------------------|---------------------------------------|-----------------------|
| • fir òga agus nigheanan | • brand                               | • Ebo agus Coromante. |
| • a' cur gleans orra     | • ainm dùthchais                      |                       |
| • cor meadhanach math    | • chuir mi e a dh'fhuireach còmhla ri |                       |

## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Dèan dealbh dhen t-suidheachadh air bòrd bàta thràillean air an turas meadhain.


### Slatan-tomhais Sorbheachaidh

Sgrìobh freagairt anns am bi co-dhiù dà phuing fiosrachaidh fìor mun t-suidheachadh a bha air bòrd bàta thràillean air an turas meadhain.



Seo dealbh den bhàta thràillean Brookes a chaidh a tharraing le Thomas Clarkson ann an 1787.

## STÒR A



*Dealbh de thaobh a-staigh bàta thràillean.*

2 Dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air suidheachadh nan tràillean air an turas meadhain?

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Feumaidh tu freagairt a thoirt a tha a' mìneachadh do bheachd air an stòr seo. A bheil e feumail no nach eil? Bu chòir dhut taic a thoirt dha do bheachd le bhith a' mìneachadh nad fhaclan fhèin:

- ▶ Cò sgrìobh an stòr seo?
- ▶ Cuin a chaidh an stòr seo a sgrìobhadh?
- ▶ Dè tha an stòr seo ag innse dhuinn mu shuidheachadh nan tràillean air an turas meadhain?



## Nàiseanta 5

### 1 Dè an ìre chun an robh an dìth strì air an turas meadhain mar thoradh air staid thruagh bodhaigean nan daoine a bha nan tràillean? (9 comharran)

Bidh 9 comharran an-còmhnaidh rim faighinn airson ceistean den t-seòrsa seo, ach cha bhi stòr agad airson do chuideachadh. Airson a bhith soirbheachail feumaidh tu ro-ràdh goirid a sgrìobhadh gus sealltainn gu bheil tuigse agad air factaran iomchaidh eile a bharrachd air na thathar a' faighneachd sa cheist. Mar sin dh'fhaodadh tu tòiseachadh le: *Bha staid thruagh nan daoine a bha air an dèanamh nan tràillean a' cur ris an dìth strì air an turas meadhain. Ach bha factaran eile ann me cion armachd, cion cothrom strì a dhèanamh, agus bhiodh bhiodh deagh armachd aig a' chriutha mar bu trice.*

An uair sin mìnich cudromachd am factar sa cheist. Feuch ri co-dhiù dà phuing fa leth ainmeachadh. Mar eisimpleir: *Gu tric bha daoine a bha air an dèanamh nan tràillean air an droch bhiathadh air an turas meadhain, Bhiodh seo a' ciallachd nach robh de neart aca na rachadh an aghaidh an fheadhainn a bha os an cionn. Bhiodh galaran a' sgaoileadh gu luath fon deic, agus dh'fhàgadh sin na daoine a bha air an dèanamh nan tràillean ro bhoichd airson strì a thogail an aghaidh a' chriutha.*

A-nis lean ort agus mìnich na factaran eile a thog thu san ro-ràdh, leithid: *Cha robh cothrom aig na daoine a bha air an dèanamh nan tràillean air buill-airm agus mar sin cha b' urrainn dhaibh strì ris a' chriutha ach len làmhan. Bha gunnaichean agus armachd eile aig a' chriutha air bàta-thràillean gus stad a chur air ar-a-mach sam bith. Airson cuid mhath dhen ùine a bha iad air bòrd bha na daoine a bha air an dèanamh nan tràillean ceangailte le sèinichean fon deic sa bhàta. Mar sin cha robh ach glè bheag a chothroman aca ar-a-mach a dhèanamh.*

Bheireadh freagairt mar seo còig pìosan fiosrachaidh freagarrach dhut.

Mu dheireadh cleachd do bheachd fhèin gus crìoch ghoirid a sgrìobhadh a' mìneachadh cò am factar bu chudromaiche agus thoir adhbhar a chuireas taic ri do bheachd. Mar eisimpleir: Rinn staid thruagh nan daoine a bha nan tràillean cùisean gu math doirbh a thaobh ar-a-mach a dhèanamh air an turas meadhain, fiù 's dhan fheadhainn a bha fiot agus fallain.

Tha Stòran A agus B mun t-suidheachadh air bòrd bàta-thràillean air an turas meadhain.

## STÒR A

*Bha an làr air a chòmhdach le fuil agus sglongaid – uiread 's gun robh e coltach ri taigh-spadaidh. Às dèidh 15 mionaidean bha am fàileadh agus an èadhar ghrod cho dona 's gun do theab mi fanntaigeadh. Bha an teas do-chreidsinneach. Cha robh na tràillean a' faighinn ach glè bheag de bhìadh – mar bu trice pònair leathann air am bruich às a chèile agus uaireannan beagan feòil-mairt no feòil-muice. Bha an criutha tric a' dèanamh droch dhiol air na tràillean.*

## STÒR B

*An ceann ùine ghoirid chaidh mo chur sìos fo rùm. Cha do dh'fhairich mi riamh fàileadh cho dona nam bheatha. Nuair a bha na builg làn, bha am fàileadh na bu mhiosa buileach. Thug teas na gnàth-shìde oirnn a bhith nar fallas. Aon latha ghlac an criutha iasg – dh'ith iad an leòr dheth 's chaith iad an còrr dhan mhuir. Bha an t-acras oirnn agus èiginn oirnn airson bìadh, ach cha do leig iad orra gum fac' iad sinn.*

### 2 Dèan coimeas eadar Stòr A agus Stòr B mar fhianais air an t-suidheachadh air an turas meadhain. (4 comharran)

'S e ceist eile den t-seòrsa dèan coimeas eadar na beachdan a tha seo. Cuimhnich gum feum thu a ràdh gu soilleir co-dhiù a tha thu a' smaointinn gu bheil na Stòran ag aontachadh no nach eil. Gheibh thu aon chomharra airson gach coimeas ma dh'innseas tu ciamar a tha na stòran ag aontachadh no nach eil. Ma chuireas tu earranan freagarrach bho gach stòr ad fhreagairt a tha a' sealltainn na puing agad, gheibh thu 2 chomharra. Ma nì thu 2 choimeas san dòigh seo gheibh thu 4 comharran.

Feumaidh tu tighinn gu co-dhùnadh air dè cho cudromach 's a bha factar sònraichte ann a bhith a' mìneachadh carson a thachair rudeigin. Bu chòir dhut feuchainn ri còig puingean a thogail agus an cur an cèill mar fhreagairt cothromach. Bu chòir dhut an uair sin tighinn gu co-dhùnadh goirid a tha a' toirt do fhreagairt dhan cheist. Bu chòir dhut adhbhar a thoirt a bheir taic don cho-dhùnadh agad.



## Caibideil 8 Air a' Phlanntachas

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh nan dòighean anns an robh na tràillean Afraganach a' strì an aghaidh am maighstirean air planntachasan nan Innseachan an Iar. Tha e a' mìneachadh carson a bha strì uabhasach doirbh. Tha e cuideachd a' mìneachadh cò ris a bha e coltach a bhith ag obair air planntachas agus a' beachdachadh air a' bhuidhe a bh' aig malairt thràillean air eileanan a' Charibbean.

### Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Cunntas a thoirt air na dòighean san robh tràillean a' strì air na planntachasan
- ▶ Mìneachadh carson a bha e cho doirbh do thràillean strì an aghaidh am maighstirean
- ▶ Cunntas a thoirt air co ris a bha cùisean coltach do thràillean air na planntachasan
- ▶ Cunntas a thoirt air a' bhuidhe a bh' aig malairt thràillean air eileanan a' Charibbean

## Thomas Thistlewood, Westmoreland, Iameuga

Rugadh Thomas Thistlewood ann an Topholme, Siorrachd Lincoln ann an 1721. B' e tuathanach a bha na athair. Chuir Thomas roimhe Sasainn fhàgail ann an 1750 agus beatha ùr a thòiseachadh dha fhèin ann an Iameuga. Bha e ag obair mar ghrèidhear aig Mgr John Cope air **Planntachas** na h-Èipheit gu 1767. Fhuair e air beagan fearainn agus tràillean a cheannach dha fhèin. Nuair a bhàsaich e ann an 1786, bha 34 tràillean aig Thistlewood.

### MÌNEACHADH

**Planntachas** oighreachd air a bheil bàrr mar cofaidh, tombaca no siùcar a' fàs



*Maighstir thràillean.*

Dè th' anns a' mhuilinn shiùcair? Dèan coimeas eadar taigh fear na h-oighreachd agus taighean nan tràillean. ?



Taigh fear na h-oighreachd

Muileann siùcair

Taighean nan tràillean

*Tha an dealbh seo de phlanntachas siùcair sna h-Innseachan an Iar.*



## Tràillean Thòmais Thistlewood

### Phibbah

Cha do phòs Thistlewood riamh, ach bha e ann an càirdeas ri boireannach a bha na tràill agus sheas sin 33 bliadhnaichean. B' e Phibbah a bha aige oirre. B' ann leis an fheadhainn aig an robh am planntachas air an robh Thistlewood ag obair nuair a chaidh e a dh' lameuga an toiseach a bha i. Bha balach aig Thistlewood agus Phibbah air an robh John, a bhàsaich ann 1780, nuair a bha e 20.

Airson a' mhòr-chuid dhen ùine, bha e comasach do Thistlewood fuireach còmhla ri Phibbah le bhith ga faighinn air mhàl bho a maighstir. Tha e coltach gur e Phibbah a chuir seo air dòigh. Bha e gu math annasach stuthan a bhith aig tràill, ach leig Thistlewood le Phibbah beathaichean a bhith aice, agus stuthan eile a b' urrainn dhi a reic is a cheannach. Dh'fhaodadh i an t-airgead a dhèanadh i a chumail. Na thiomnadh, chuir Thistlewood airgead mu seach a phàigheadh airson Phibbah a shaoradh. Tha Phibbah a' nochdadh ann an leabhar-latha Thistlewood iomadach turas. Seo cuid de na sgrìobh e mu deidhinn.

22 Ògmhios 1756: *Rinn mi tagradh làidir ris a' Bh-uas Cope airson Phibbah a reic rium, ach cha reiceadh.*

3 Iuchar 1756: *Choisich mi le Phibbah gu taighean nan daoine-dubha agus bhruidhinn sinn mu iomadach rud.*

4 Iuchar 1756: *Thug mi an t-each agam air iasad do Phibbah airson marcachd gu planntachas nan Copes. Chuir mi ròsaichean chun na Mnà-uas Cope. B' fheàrr leam gun reiceadh iad rium i. Aonaranach agus brònach a-rithist a-nochd. Tha e gu mòr nam inntinn gun do dh'fhalbh Phibbah.*

5 Iuchar 1756: *Chuir Phibbah uighean turtair air an tiorrachadh thugam agus briosaidean, anann agus cnothan cashew. Gum beannaicheadh Dia i. An nighean bhochd, tha truas agam rithe, tha an truaghag ann an dòrainn na tràilleachd.*

10 Samhain 1767: *Thug Mgr Cope dhomh stoc airson beathaichean a thogail agus thug e dhomh Phibbah air mhàl airson £18 sa bhliadhna. Tha Jimmy a' magadh air Phibbah, mar a tha a h-uile duine aca.*

Tiomnadh Thistlewood:

*Tha mi a' toirt òrdugh do Riaghladairean an Tiomnaidh agam ... saorsa a cheannach do boireannach dubh ris an canar Phibbah a tha na tràill, agus a bhuineas do John Cope ... fhad 's nach cosg sin barrachd air £80. Tha mi a' fàgail aig Phibbah mo thràill dhubh ris an canar Bess agus an leanabh aice, Sam, agus clann sam bith eile a bhios aice san àm ri teachd. Agus £100 airson pìos fearainn a cheannach do Phibbah an àite sam bith a thogras i agus gun tèid taigh freagarrach a thogail. Mura gabh Phibbah a saoradh, tha mi a' toirt dhi £15 sa bhliadhna, cho fad 's a bhios i beò.*

Ged a bha càirdeas aige ri Phibbah, bha Thistlewood gu tric ri feise còmhla ri tràillean boireann eile. Chlòr e seo na leabhar-latha. Mar eisimpleir:

*Còmhla ri Little Doll air a' bheing san t-seada sa ghàrradh agus thug mi dhi 2 bitt. (B' e airgead lameuga a bha ann am bitt).*

### Lincoln

Thug Thistlewood Lincoln mar ainm air a' chiad tràill Afraganach a cheannaich e. Phàigh e £43 air (£4000 ann an airgead an latha an-diugh) aig fèill ann an Hertford, lameuga ann an 1756. Sgrìobh Thistlewood gun robh Lincoln mu 16 bliadhna agus gun robh e mu cheithir troighean agus naoi òirlich a dh'àirde (1.45m).

B' ann bhon treubh Ebo à Bonny air taobh an iar Afraga a bha e. Chuir Thistlewood **brand** air aodann leis a' chomharra aige fhèin – TT.



**MÌNEACHADH**  
**Brandadh** a' losgadh làrach air craiceann neach





Thar nam 24 bliadhnaichean a bha e aig Thistlewood, ghabh Lincoln mòran thinneas leithid a' bhreac-òtraich, a' bhuinneach-mhòr, an tinneas-plocach, an clap agus iomadh fiabhras. Bha e cuideachd a' fulang le crab yaws, galar craicinn a gheibhear sna h-Innseachan an Iar a tha ag adhbharachadh otharan piantail. Bha iad air làmhnan agus air casan Lincoln.

Chuir Thistlewood boireannach òg, Violet, a bha na tràill, còmhla ri Lincoln. An dèidh seo, bha Lincoln a' fuireach còmhla ri boireannach eile ris an cante Sukey. Agus, aig a' cheann thall, bha e còmhla ri tè leis an ainm Abba.

Chaidh Lincoln a pheanasachadh iomadh uair air òrdugh Thistlewood, gu ìre mhòr airson a bhith a' sireadh dhòighean air airgead a dhèanamh. Mar eisimpleir, an-dràsta agus a-rithist bhithte a' leigeil leis a dhol a dh'iasgach seach a bhith ag obair air an fhearann. Is iomadh turas a chaidh a chuipadh seach nach do ghlac e mòran èisg. Thug e ùine mhòr mus do thuig Thistlewood gun robh Lincoln a' reic a' mhòr-chuid dhen iasg a bha e a' glacadh.

Bhiodh Lincoln agus Thistlewood ag argamaid glè thrì. Bha Thistlewood ag ràdh gun do leag e Lincoln gu talamh aon turas agus iad a' sabaid.

Theich Lincoln bhon phlanntachas gun chead co-dhiù trì tursan, agus aon uair chaidh a pheanasachadh le bann-amhaich iarainn a bhith air. Ach, bha uimhir de dh'earbsa aig Thistlewood ann 's gun robh e na **dhràibhear** aige airson greis. Bha seo ga chur os cionn nan tràilleann a bha ag obair anns na h-achaidhean. Aon turas, nuair a bha tràilleann an sàs ann an ar-a-mach faisg air làimh, chaidh **tiogaid** a thoirt do Lincoln a' toirt cead dha armachd a bhith aige airson cuid Thistlewood a dhìon.

### Sawno (Dick)

B' e Ebo à Bonny a bha ann an Sawno a cheannaich Thistlewood san Dùbhlachd 1761 air £56. Chaidh an t-ainm Dick a thoirt dha agus chaidh brand Thistlewood a chur air a ghualainn dheis. Bha e còig troighean agus trì òirlich (1.60m) a dh'àirde agus mu 25 bliadhna a dh'aois. Fad nam 20 bliadhna a bha e ag obair do Thistlewood bha e a' fulang le crab yaws agus le pian na stamaig, ach a thuilleadh air sin bha e gu math fallain. Chaidh a bhìdeadh le sìorc gorm uair is e ag iasgach.

Ann an 1776 chaidh Sawno a mhaidseadh ri Bess. Às dèidh sin bha e a' fuireach ann an taigh còmhla ri Mirtilla.

Bha Sawno ag obair sna h-achaidhean airson naoi bliadhna. Chan eil cunntas sam bith ann gun do pheanasaich Thistlewood e san ùine sin. Bha earbsa ann mar neach-cuideachaidh do na tràilleann sgileil a bhiodh Thistlewood a' fastadh airson innealan no togalaichean a chàradh. Aon uair thug Thistlewood duais dha airson innse gun deach fiodh a ghoid bhon phlanntachas. Bha e tric air a chur air tòir **thràilleann a theich**.

Ann an 1781 shuidhich Thistlewood Sawno mar dhràibhear a bhiodh os cionn nan tràilleann eile. B' ann an uair sin a chaidh tòiseachadh air a pheanasachadh. Chaidh a **chuipadh** a dhà no trì thursan airson a bhith ro bhog. Bhiodh e a' leigeil le tràilleann a bha ag ràdh gun robh iad tinn gun a bhith ag obair. Aon uair chaidh a chuipadh bho nach do dh'inns e gun robh tràill eile a' diùltadh a dhol a dh'obair. Chaidh a pheanasachadh cuideachd airson leigeil le tràilleann siol buntàta a chur dhan talamh bun-os-cionn. Mar dhràibhear bha aige ri bhith a' cumail nan tràilleann eile fo smachd. Chaidh a chuipadh bho nach do bhuail e tràill eile, Jimmy, cruaidh gu leòr leis a' chuip. Mu dheireadh thall, chaill e obair mar dhràibhear.

Às dèidh sin, bha barrachd trioblaid aca le Sawno. Tha leabhar-latha Thistlewood ag innse gun deach e fhèin agus Mirtilla a chuipadh airson a bhith a' dèanamh 'nithean olc'.

### MÌNEACHADH

**Dràibhear** an neach a bha os cionn buidheann thràilleann

**Tiogaid** pàipear le làmh-sgrìobhaidh an neach leis an robh na tràilleann, a' toirt cead do thràill rudeigin a dhèanamh



### MÌNEACHADH

**Tràill a theich** tràill a dh'fhàgadh àite an uachdarain gun chead

**Cuipadh** peanasachadh le cuip





## Chub

Cheannaich Thistlewood Chub agus còignear eile bho sheòladair ann an 1765. Bha e mu 13 bliadhna a dh'aois. Chan eil fios cò às a thàinig e, ach bha làraich air aodann agus bha Thistlewood dhen bheachd gun robh iad coltach ri comharran a bhithte a' toirt do dh'fhir òga ann an cuid de threubhan ann an Afraga. Bha e tinn gu math tric agus bhiodh neasgaidean air, an clap, a' ghriùthrach agus crab yaws. Bha Chub ag obair a-muigh anns an achadh. Bhiodh Thistlewood a' leigeil leis coimhead às dèidh nam beathaichean aige. Aon uair chaidh a chuipeadh airson leigeil le each fiadhaich faighinn a-steach a mheasg nan each aig Thistlewood.



An toiseach chaidh a chur a dh'fhuireach còmhla ri boireannach a bha na bu shine ris an cante Nanny. Nuair a bha e mu 16, chaidh a chur còmhla ri Sally a bha mu aois fhèin. Ach, bho nach d' fhuair iad clann, chaidh a chur còmhla ri duine aosta ris an cante Cyrus agus dh'ionnsaich am fear sin dha mar a dhèanadh e iasgach.

Grunn thursan chaidh e fhèin agus Cyrus a pheanasachadh bhon a bha iad fada gun tilleadh agus gun ach glè bheag de dh'iasg aca. Às dèidh sin theich e fhèin agus Cyrus. Chaidh a chuipeadh airson sin agus a thilleadh dha na h-achaidhean. Goirid an dèidh sin thàinig a' ghriùthrach air. Phàigh Thistlewood an dotair gus fuil a thoirt bhuaithe ach cha d' fhuair e seachad air an tinneas. Sgrìobh Thistlewood na leabhar-latha:

*Disathairne 21 Dàmhair 1775: Air an oidhche thiodhlaic na daoine dubha Chub bochd. Thug mi dhaibh botal ruma.*

## Jimmy

Ann an 1765 cheannaich Thistlewood balach òg Afraganach bho threubh Coromante. Thug e Jimmy mar ainm air. Thàinig e bho Chosta an Òir (Ghana an-diugh). Bha Thistlewood dhen bheachd gun robh e mu 16 bliadhna a dh'aois. Bha e còig troighean agus trì òirlich (1.60m) a dh'àirde. Chaidh brand a chur air a ghualainn chli le comharra Thistlewood.

A bharrachd air beagan dhen bhrìc tighinn air (bha Thistlewood a' toirt banachdach do thràillean an aghaidh an tinneis seo), bha Jimmy glè fhallain. Bha *crab yaws* air agus cha b' urrainn dha obair a dhèanamh airson greis. Bha Thistlewood amharasach gun do thog e seo a dh'aon ghnòthaich. Aon uair cha do nochd e airson obair ag ràdh nach robh e gu math. Dh'iarr Thistlewood air deoch salts a ghabhail agus e dhen làn bheachd gur e cus deoch a bha Jimmy air a ghabhail an oidhche ron sin.

Bha Jimmy glè thrìc ann am buaireadh. Goirid an dèidh dha tighinn chun a' phlantrachais, chaidh a chuipeadh airson a dhol timcheall nan achaidhean air each Thistlewood. Bhithte tric ga chuipeadh airson a bhith leis an deoch agus airson a bhith a' dèanamh ùpraid ann an taighean nan tràillean còmhla ri cuid de na tràillean boireann. Aon turas, nuair a bha e ag argamaid ris an fhear leis an robh e, thuirt e nach robh dragh sam bith aige dè bha Thistlewood a' maoidheadh oir cha robh e gu diofar leis am biodh e beò no am bàsaicheadh e.

Chuir Jimmy seachad a' mhòr-chuid de bheatha mar neach-cuideachaidh sna h-achaidhean. Cha robh earbsa aig Thistlewood ann airson càil eile a dhèanamh.



### MÌNEACHADH

**A' bhreac** droch thinneas gabhaltach bho bhòras

## Franke

Cheannaich Thistlewood Franke ann an 1765. Bha i mu 13 bliadhna a dh'aois agus bha làraich air a h-aodann a bha coltach ri deas-ghnàth tron deach i ann an Afraga. Bha i ceithir troighean agus naoi òirlich (1.45m) a dh'àirde.

Fhad 's a bha i aig Thistlewood bha Franke a' fulang le iomadh fiabhras, gonorrhoea (bho aois 19) agus crab yaws. Nuair a bha i 18, chaidh a bìdeadh le tarantula agus bha i uabhasach tinn airson grunn lathaichean. Chuir Thistlewood fios air dotair air a son.





Bha Franke ag obair anns na h-achaidhean agus aig amannan bhiodh i a' dol a dh'iasgach chrùbagan. Bha Thistlewood a' leigeil leatha a bhith ag obair san taigh aige airson greis nuair a bha tè dhe na tràillean san taigh tinn.

B' e nighean bhrèagha a bha innte. Aon turas bha tràillean fireann a' sabaid mu deidhinn. Bha Thistlewood ri feise rithe grunn thursan. Uaireannan bheireadh e airgead dhi às a dhèidh. Bhiodh e a' toirt thiodhlacan dhi, leithid ruma, aig àm na Nollaig.

An uair a bha i 16, chaidh a maidseadh ri Tom. Bha iad a' fuireach mar chupall gus an do chuir Thistlewood roimhe an càirdeas eatarra a thoirt gu ceann. Cha bhiodh i air a peanasachadh ach glè ainneamh. Bha i air a cuipeadh airson a bhith ag argamaid ri tràillean eile, agus aon turas bho nach gearradh i cuilc seach gun robh a druim goirt. Bha dùil aice ri leanabh aig an àm agus seachdain às dèidh sin chaill i an leanabh.

### Bess

Thàinig Bess gu planntachas Thistlewood ann an 1785 aig aois 11. B' e tiodhlac a bh' innte a fhuair Phibbah bhon fhear aig an robh i roimhe, Mgr Cope. Ach bha i air a brandadh le comharra Thistlewood.

Bha crab yaws air Bess agus seòrsa air choreigin de ghalar feise. Chuir Thistlewood fios air an dotair airson dèiligeadh ri seo agus chaidh a cuipeadh airson nach do lean i na dh'iarr an dotair oirre a dhèanamh.

Cho-dhùin Thistlewood Bess a chur gu Miss Murray gus an ionnsaich eadh i mar a dhèanadh i fuaigheal. Cha robh i air a peanasachadh uabhasach tric idir. Aon latha chunnaic Thistlewood i a' cluiche druma, fìor dhroch eucoir, ach roghnaich e maoidheadh air Phibbah seach Bess a pheanasachadh mar a b' àbhaist dha.

Bha Bess ag obair mar thràill taighe. Chaidh a maidseadh ri Sawanno nuair a bha i 16. Chaill i a' chiad leanabh aice ann an 1771. An dèidh seo chùm Thistlewood an cupall bho chèile, bha Bess a' cadal sa chidsin agus chaidh Sawanno a mhaidseadh ri Mirtilla. Tha e follaiseach gun robh Thistlewood a' feise ri Bess iomadh uair thar nan deich bliadhna an dèidh seo.

San Lùnastal 1772 bha leanabh aig Bess agus thug Thistlewood Bristol mar ainm air. Bha saothair fhada, dhoirbh aice agus sgrìobh Thistlewood gum 'b' fheudar dhaibh a ceangal sìos leis cho mì-rianail 's a bha i'. Ann an 1774 chaidh a maidseadh ri tràill eile leis an ainm Coffee. Ann an 1776 bha balach eile aig Bess ach cha robh e beò ach latha. Ann an 1780 bha balach eile aice – Sam. Chaill i leanabh eile ann an 1782 agus ann an 1783 bha balach aice a bhàsaich às dèidh seachdain. Bhàsaich mac eile dà latha an dèidh a bhreith san Lùnastal 1786.

Tha e coltach nach robh na tràillean eile dèidheil air Bess oir bha iad a' cur às a leth gun robh i a' goid bhuapa. Chaidh a cuipeadh aon uair airson a dhol an sàs ann an tràill eile ann am baile Savanna a bha faisg air làimh.

### Abba

Cheannaich Thistlewood Abba air £46 ann an 1758 agus chuir e i a dh'obair dhan taigh-chòcaireachd. Bha i na prìomh thràill taighe aige.

Cha do pheanasaich Thistlewood i uabhasach tric idir. Aon uair chaidh a cuipeadh seach nach do ghlan i an taigh math gu leòr. Uair eile chaidh a peanasachadh oir chaidh a glacadh san leabaidh còmhla ri Jimmy, agus cha b' e seo am fear a bha Thistlewood air a thaghadh dhi. Nuair a bha i 22, bha fìor dhroch argamaid aice fhèin agus tràill eile ach cha deach a peanasachadh. Bhiodh Thistlewood a' toirt thiodhlacan dhi gu math tric; aon uair thug e duais dhi seach gun tug i air ais dha airgead a chaill e. Nuair a dh'fhàs i tinn aon uair, chuir Thistlewood fios air an dotair airson fuil a thoirt bhuaipe agus turas eile nuair nach robh mòran bìdh ann dha na tràillean, thug e airgead dhi airson biadh a cheannach dhi fhèin 's dhan chloinn aice. Bha Thistlewood a' feise ri Abba iomadh uair thar ùine mhòr agus gu math tric bheireadh e airgead dhi an dèidh làimh.





Ann an 1762 rugadh nighean do Abba, agus bhathar dhen bheachd gur e **mulatto** a bha innte, ach a rèir Thistlewood b' ann dubh a bha i. B' e Mary a bh' oirre. Ach a' bhliadhna an dèidh sin chaill Mary a fradharc nuair a ghabh i a' bhreac. Ann an 1764, bha balach aig Abba agus thugadh Johnnie air agus a' bhliadhna às dèidh sin bha balach eile aice, Neptune.

Anns an Dùbhlachd 1770 chaidh Abba a mhaidseadh ri Cudjoe. A' bhliadhna às dèidh sin dh'fhàs Johnnie uabhasach tinn. Thug Thistlewood airgead agus tiogaid dhi airson am balach a thoirt gu dotair ann am baile Savanna a bha faisg air làimh. Ach, gu mì-fhortanach, bhàsaich am balach. Sgrìobh Thistlewood san leabhar-latha aige gun robh Abba 'air bhoil agus nach èist i ri reusan' airson grunnan làithean. Thug e ruma dhi agus thug e òrdugh seachad uaigh a chladhach faisg air taigh Abba. Às dèidh sin thug Abba tiodhlacan do Thistlewood airson a' chuideachaidh a thug e dhi.

A' bhliadhna an dèidh sin chaill Abba nighean a bhàsaich gun i ach seachdain a dh'aois. San Lùnastal 1772 bha nighean eile aice air an tug i an t-ainm Jenny.

A' bhliadhna às dèidh sin a-rithist chaill i a mac Neptune a bhàsaich le fìor dhroch chnatan. A rèir Thistlewood, 'fìor dhroch chall'.

Sna deich bliadhna an dèidh seo bha Abba trom le leanabh seachd tursan eile. Chaill i trìuir chloinne agus bhàsaich dithis an ceann seachdain. Ach bha dithis chloinne eile aice; Phibbah agus Ben. Fad na tìde seo bha Abba ag obair sa chidsin mar phrìomh thràill taighe Thistlewood. Ach cha robh i a' fuireach san taigh, bha i ann an taigh thràillean còmhla ri Lincoln, Sukey agus a' chlann aice. San t-seusan fhliuch mhothaich Thistlewood gun robh an t-uisge a' ruith tro thaigh Abba.

Ann an 1785 bha Abba na seanmhair airson a' chiad uair nuair a bha nighean bheag aig Mary, an nighean dhall aice.

A' bhliadhna roimhe sin chaill Mary leanabh. Bha Thistlewood air a bhith ri feise rithe trì mìosan mus robh an leanabh gu bhith aice.

## MÌNEACHADH

**Mulatto** cuideigin le aon phàrant geal agus aon phàrant dubh

**Bilboes** bobhta iarainn le geimhlichean a ghluaiseadh agus a chumadh daoine mun adhbrann

## Leabhraichean-latha Thistlewood

### Peanasachadh Thràillean

Tha leabhraichean-latha Thistlewood a' sealltainn cho brùideil 's a dh'fhaodadh e bhith nuair a bhiodh e a' peanasachadh a thràillean. Ach, chan eil fianais ann gun robh Thistlewood uabhasach brùideil a rèir 's mar a bha cùisean ann an lameuga. 'S e fìrinn na cùise gun do ghearain Thistlewood agus a nàbaidhean mu dhaoine geala, ùra a bha air tighinn dhan eilean agus a bha ro bhrùideil ris na thràillean aca.

26 Ceitean 1770: *Làithean doirbh – biadh gann. Chaidh Derby a ghlacadh ag ithe cuilc shiùcair. Chuir mi air dòigh gun rachadh a chuipeadh 's salann a chur air na lotan agus gun salaicheadh Hector na bheul.*

1 Lùnastal 1770: *Ruith Hazat air falbh. Chuir mi e dha na bilboes, chuir mi glas-ghuib air, cheangail mi a làmhan ri chèile, chuir mi molasses air feadh a bhodhaig agus dh'fhàg mi a-muigh e fad latha agus oidhche aig na cuileagan agus na mosgiotothan.*

22 Sultain 1770: *Lorg mi tòrr dhiasan arbhair air an tarraing às na freumhan agus na diasan a b' fheàrr air falbh. Chuip mi na daoine dubha a bha ag obair san achadh, ach a-mhàin Phoeba, Franke, Mirtilla agus Peggy oir cha robh mi amharasach mun deidhinn.*

6 Dùbhlachd 1785: *Thuit làmhag air Dick agus bha gearradh mòr air a chois. Tha mi dhen bheachd gun do rinn e seo a dh'aon ghnòthaich. Chuip mi e agus cheangail mi e le seine san robh 56lb (25kg) a chuideam.*



*Earrann de sgrìobhaidhean Thistlewood.*



## A' coimhead às dèidh nan tràillean

Uaireannan tha coltas gun robh uallach air Thistlewood mu na tràillean aige.

16 Màrt 1752: Lorg Sancho Morris san leabaidh còmhla ri bhean Quasheba. Ghearain e riumsa agus chomhairlich mi e dealachadh rithe agus rinn e sin.

11 Samhain 1752: Tha eagal orm mu Sheann Sybil a chaidh a bhìdeadh le damhan-allaidh agus a bha ann am bruaillean...

28 Gearran 1760: Bha Coffee a' tighinn thar na drochaid le cairt làn cuilc nuair a chaidh e eadar a' chairt agus na rèilichean agus rinn e droch mhilleadh air a chois. Chuir mi Abraham a dh'iarraidh an Dtr Gorse agus thàinig e anns a' bhad agus dh'fhuair e an lot.

Latha na Nollaig 1766: Thug mi baraille rionnach dha na daoine dubha agus pinnt ruma agus beagan siùcair dhan h-uile duine dubh – ach cha tug dhan chloinn.

5 Iuchar 1767: Fad na h-oidhche a-raoir agus tron latha an-diugh bha mòran dhaoine a' seinn aig taigh Franke oir chaill i an duine aice, Quashe. Thug mi siuga ruma dhi.

4 Sultain 1768: Fhuair mi na pùdaran, pileachan agus stuth-leighis a bha mi air òrdanachadh dha na daoine dubha. Thug mi stuth-leighis dha na 17 de dhaoine dubha a bha a' dol a dh'fhaighinn dìon bho ghalar.

14 Iuchar 1770: Thug mi latha dheth dha na daoine dubha agam oir bha iad gus bàsachadh leis an acras.

5 Dàmhair 1770: Bhàsaich Seann Quashie aig Kirkpatrick madainn an-diugh. Bha e glic agus math air a làmhan, agus bha e cuideachd onarach agus earbsach. Is iongantach mura robh e eadar 60 agus 70. Airson a' mhòr-chuid dhen tìde bha e gu math fallain.

23 Iuchar 1774: Thug mi tòrr càil agus broccoli dha na daoine dubha agam airson an cur sna liosan aca.

25 Dùbhlachd 1774: Thug mi 18 sgadain an duine dha na daoine dubha agam. Agus, thug mi botal ruma an urra do Lincoln, Dick agus Abba. Agus botal eatarra do Cudjoe, Solon Caesar agus Pompey. Thug mi 2 bitt do Abba airson na Nollaig. Thug mi tiogaidean dhaibh uile gus am faigheadh iad gu Savanna.



Thoir cunntas air dè tha na boireannaich san dealbh a' dèanamh. Dè tha an duine geal a' dèanamh?

Dealbh bho mu 1800 a' sealltainn thràillean ag obair ann am muileann-shiùcair.



Saoil dè tha na tràillean a' dèanamh?  
Dè an obair a tha aig an duine leis  
an aid mhòir?

Ach, tha e glè dhoirbh fiosrachadh a lorg  
mu bheachd nan tràillean air Thistlewood.

17 Cèitean 1760: Chaidh iarraidh air  
na daoine dubha a dhol a dh'obair air  
planntachas eile. Thuirt iad air fad nach  
rachadh iad ann mura rachainn-sa còmhla  
riutha.

## Strì

Bha Thistlewood an-còmhnaidh a' gearan  
mun t-**strì** a bha na tràillean a' dèanamh:  
cha bhiodh iad ag obair air neo cha bhiodh  
an obair aca math. Bhiodh e feargach riutha  
gu math tric airson a bhith a' milleadh no  
a' call nithean a bhuineadh dha. Bhiodh e  
gam peanasachadh airson a bhith leisg, leis  
an deoch no mì-mhodhail agus airson am  
planntachas fhàgail gun chead.



Dealbh de na tràillean ag obair sna h-achaidhean.

27 Dùbhlachd 1752: Choinnich mi Congo Sam a bha air teiche air  
2 Dùbhlachd. Dh'fheuch e ri mo bhualadh le pòla fada le cromag  
air a cheann agus dh'èigh e 'Marbhaidh mi thu! Marbhaidh mi  
thu!' Dh'èigh mi ri Bella agus ri Abigail ach cha chuidicheadh  
iad mi idir. (Bhruidhinn Sam riutha sa chànan aca fhèin agus bha  
eagal mo bheatha orm). Às dèidh làimh chaidh casaid a thogail an  
aghaidh Sam agus chaidh a chur dhan phrìosan chun am biodh  
a' chùirt ann. Dhiùlt London fianais a thoirt sa chùirt agus fhuair  
Sam às. Chaidh Bella agus Abigail a chuipeadh 100 turas an urra. An uair sin theich iad.

## MÌNEACHADH

**Strì** a' sabaid an aghaidh neach no rud.  
**Billhook** Pola fada le dubhan mòr aig  
aon cheann

4 Giblean 1765: A-raoir chuala mi fuaim gàirdeachais a' tighinn bho thaighean nan  
daoine dubha. Bha iad toilichte gun do chaochail fear de mo chuideachd, tha mi dhen  
bheachd. Nach eagalach iad.

4 Lùnastal 1766: Chuip mi Jimmy agus Bess airson a bhith ag obair air m' uaireadair  
agus mo phrosbaig. Lùb iad an spòg bheag air m' uaireadair.

17 Iuchar 1767: Chaill Lucy leanabh an dèidh dhi a bhith ag òl deoch lusan a dh'aon  
ghnothaich. Rug mi air Sancho faisg air doras an taigh-saillidh, ach fhuair e air falbh.  
Chaidh e gu Salt River, ach thug Mgr Dorrill dha deagh chuipeadh agus thill e dhachaigh  
e ... Pheanasaidh mi Robert seach nach do chuidich e mi agus thug mi òrdugh Cyrus a  
chuipeadh air an aon adhbhar. An uair sin ruith Cyrus air falbh.

28 Iuchar 1767: Chaidh mi a-mach dhan Phen air each ... Cha robh na daoine dubha air èirigh.

29 Iuchar 1767: Chaidh mi dhan Phen le cuip agus chuipeadh mi a h-uile h-aon de na  
tràillean achaidh airson a bhith leisg, mì-mhodhail, msaa. Chuireadh na daoine dubha a  
dh'obair a ghlanadh nan cuilcean le tobha. Rinn iad e ach cha robh an obair cho math  
's a bu chòir.

31 Iuchar 1768: Thug Pompey agus Jimmy aig Mgr Say am bàta agam sìos chun na  
mara airson crùbagan fhaighinn. Dh'fhàg iad ann i agus chan eil sgeul oirre a-nis.

Am Màrt 1770: Chuir mi Cyrus agus Chub a-mach a dh'iasgach. Cha d' fhuair iad de  
dh'iasg ach na bhiathadh cat.

An Cèitean 1770: Chuip mi Chub gu math seach nach d' fhuair e iasg.



20 Cèitean 1770: *Chuip mi Jimmy a-raoir seach gun robh an deoch air agus gun do loisg e toll san làr agam.*

24 Samhain 1770: *Thug Jimmy agus Damsel ùine mhòr a' faighinn uisge. Shlais mi an dithis aca.*

6 Ògmhios 1771: *Gach latha a tha a' dol seachad tha Jimmy a' fàs nas mì-fhaiceallaiche, nas gòraiche agus nas amaidiche is Abba ga bhrosnachadh.*

24 Dàmhair 1771: *Ghlas mi Jimmy anns an t-seòmar-còcaireachd fad na h-oidhche, oir bha e fhèin agus na boireannaich a' dèanamh uiread de dh'fhuaim fad na h-oidhche a' dol a-mach agus a-steach.*

15 Samhain 1771: *Bha mi a' faireachdainn tinn agus glè sgìth. Cha d' fhuair mi mòran tàimh tron oidhche. Rinn Jimmy deoch theth dhomh tron oidhche agus uair a thide no dhà an dèidh sin bha mi dhen bheachd gun robh e air mo phuinnseanachadh ... tha mi glè amharasach. Tha e mì-mhodhail, leisg, carach agus dùr.*

12 Ògmhios 1773: *Tha na h-uain cuagach agus gearraidhean a' nochdadh orra cha mhòr a h-uile latha. Is e rud iongantach a tha sin. Cò tha ga dhèanamh agus càit a bheil e a' tachairt? Tha aon dhe na h-uain air chall.*

13 Lùnastal 1774: *Cha mhòr gun do rinn na daoine dubha agam aon uair a thide de dh'obair fad an latha agus chuip mi iad feasgar.*

*B' e paraiste Thistlewood fhèin, Westmoreland, aon de na h-àiteachan a dh'fhuiling gu mòr aig àm ar-a-mach Tacky ann an 1760, nuair a bha mu 1000 tràill às an àite an sàs ann.*

*Cèitean 1760: Ar-a-mach Tacky. Chaidh 50 duine geal a mharbhadh. Bhathar dhen bheachd gum biodh e feumail eisimpleir a dhèanamh de chuid a bha air leth ciontach (mharbh trìùir aca daoine geala) agus chaidh aon a dhìtheadh gu bhith air a losgadh gu bàs. Cha do rinn e gnùst ged a chaidh a chasan nan smùr. Rug e air maide agus thilg e e air aodann an fhir a bha ga chur gu bàs.*

*Pòsan bhon leabhar-latha air an toirt à leabhar le Douglas Hall, In Miserable Slavery: Thomas Thistlewood in Jamaica 1750-1786, Macmillan, 1999.*

## Buaidh tràilleachd air leasachadh Eileanan a' Charibbean

Bha buaidh mhòr agus mhaireannach aig malairt nan tràillean air Eileanan a' Charibbean. Chaidh cur-às do dhaoine dùthchasach nan eileanan sin – na h-Arawaks, agus chaidh daoine bho Thaobh an Iar Afraga a chur nan àite airson a bhith ag obair air na planntachasan. Bha 20 dhiubh mu choinneamh gach neach geal san àite. Dh'adhbharaich seo gun robh eagal orra ro ar-a-mach agus chaidh siostam lagha a chur an sàs a bha a' toirt taic do thràilleachd. Bha na còdan no na laghan tràilleachd a' ceadachadh pheanasan brùideil; dh'fhaodadh iad fiù 's tràillean a mharbhadh ma bha iad ri eucoir leithid a bhith a' cluiche dhrumaichean, a' cruinneachadh an dèidh dhi fàs dorcha, no a bhith a' giùlan ball-airm sam bith.

Rinn an cuideam a bha air fàs an t-siùcair milleadh maireannach air eaconamaidh lameuga a bha an urra gu mòr ris an t-siùcar suas gu deireadh an naoidheamh linn deug. Bha tuiteam sam bith ann am prìs an t-siùcair na chall eagalach dhan eilean.

Tha fhathast faireachdainn làidir de mhì-cheartas ann an eileanan mar lameuga agus chithear seo fhathast ann an cultar lameuga. Tha miann mòr ann chun an latha an-diugh airson ceartas agus saorsa on droch dhiol a chaidh a dhèanamh aig àm malairt nan tràillean.

Faic na faclair a tha san Redemption Song a sgrìobh am fear-ciùil Bob Marley gus beachd fhaicinn air muinntir lameuga san latha an-diugh mu bhuidh malairt nan tràillean.



## Obair 1

### Dèan gearr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an gearr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Fhuair daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean diofar dhòighean air **SÌRT** a dhèanamh an aghaidh an luchd-seilbh air a' phlanntachas. Bhiodh iad ag obrachadh gu slaodach, a' dèanamh mhearachdan a dh'aona ghnòthaich agus a' **LLMDHEAI** cuid an luchd-seilbh. Bhiodh iad a' goid nuair a gheibheadh iad cothrom agus fiù 's a' feuchainn ri cron a dhèanamh air a' mhaghaitir 's air a charaidean. Bhiodh daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean ann an lameuga gu tric a' **URTHI** air falbh. Bhiodh cuid gan goirteachadh fhèin gus obair a sheachnadh. Dh'fheuch luchd-seilbh thràillean ri smachd a chumail orra le bhith a' cur grèidhear no **EARÀIDRBH** a-steach. Bha na tràillean air an **PUIDHEA** airson an adhbhar a bu lugha. Cha robh e furasta teicheadh bhon phlanntachas. Chaidh cunntas mionaideach a chumail air coltas nan tràillean agus mar bu trice chuireadh iad **RDABN** orra. Dh'fheumadh bileag-cead no **GATOID** a bhith aig tràillean nam fàgadh iad am planntachas.

Dh'fheumadh tràillean biadh fhàs dhaibh fhèin. Bhiodh iasg saille mar sgadan no **NACHNRIO** air a thoirt dhaibh cuideachd. Bha galaran mar **A' CHREBA** agus **A' CHEAUINNBH HÒRM** cumanta.


## Obair 2

### Do chothrom tràill a 'shaoradh'

Tagh aon de thràillean Thistlewood agus sgrìobh cunntas air an neach sin.

Cuimhnich, gur e duine mar thu fhèin a bh' anns na tràillean. Trom beatha chaidh dèiligeadh riutha na bu mhiosa na bhiodh tu air dèiligeadh ri beathaichean. Tha cothrom agad a-nis beagan spèis a shealltainn dhaibh.

Mìnich dè an seòrsa neach a bha ann no innte. Tog air na nithean a rinn iad nam beatha. 'S dòcha gum faigh thu beagan a-mach mum beatha ann an Afraga.





## Obair 3

Freagair na ceistean seo ann an seantansan.

- 1 Carson a ghoid tràillean Thistlewood cuilc shiùcair agus diasan arbhair bhuithe sa Chèitean 1770?
- 2 Saoil carson a gheàrr Dick a chas fhèin le làmhag?
- 3 Dè na tiodhlacan a thug Thistlewood dha na tràillean aige? Carson?
- 4 Dè na ceumannan a ghabh e gus bacadh a chur air tinneas am measg nan tràillean aige? Saoil carson a rinn e sin?
- 5 Saoil carson a chaidh dèiligeadh cho cruaidh ris na tràillean a bha an sàs ann an ar-a-mach Tacky?

## Obair 4

Obraichibh ann am buidheann. Cleachdaibh leabhar-latha Thistlewood agus fianais sam bith eile a lorgas sibh gus cunntas a sgrìobhadh mu bheatha air planntachas. Bu chòir dhuibh na cinn a leanas a chleachdadh.

### Peanas

- Dè na peanasan a bha air an cleachdadh?
- Dè 'na h-eucoirean' a dh'adhbhraicheadh peanas?

### A' coimhead às dèidh nan tràillean

- Dè an fhianais a tha ann gun robh na maighstirean a' coimhead às dèidh an tràillean?
- Dè an fhianais a tha ann gun robh na tràillean a' coimhead ris na maighstirean airson cuideachadh?
- Saoil carson a bha na maighstirean a' gabhail cùram de na tràillean aca?
- A bheil lorg agad air eisimpleirean sam bith de mhaighstir thràillean a bha math do thràill gun adhbhar fèineil a bhith aige?

### Strì

Thoir fianais a tha a' sealltainn...

- gun robh na tràillean a' magadh air am maighstir
- nach robh na tràillean ag èisteachd ris na bha am maighstir ag iarraidh orra a dhèanamh
- gun robh na tràillean a' milleadh rudan a bhuineadh dham maighstir
- gun robh na tràillean a' diùltadh am maighstir a chuideachadh
- gun robh gràin aig na tràillean air am maighstir
- gun robh na tràillean a' feuchainn ri am maighstir a dhochann
- gun robh na tràillean a' brosnachadh a chèile gus dol an aghaidh am maighstir.





## Ceistean

### Nàiseanta 4

Chaidh Stòr A a sgrìobhadh ann an 1787 le fear a chleachd a bhith na thràill. Tha e ag innse mun àm a chaidh a reic ri neach-seilbh planntachais.

#### STÒR A

*Nuair a chaidh soidhne a thoirt seachad, ruith an luchd-ceannach a-steach dhan ghàrradh anns an robh na tràillean gan cumail agus thòisich an ùpraid. Rinn iad strì gus an fheadhainn a b' fheàrr leotha fhaighinn. Bha am fuaim agus an ùpraid a' cur barrachd eagail air na h-Afraganaich. Anns an onghail a bha seo chaidh teaghlaichean agus caraidean a sgaradh bho chèile. Chan fhaiceadh a' mhòr-chuid dhiubh a chèile a-chaidh tuilleadh.*

**1 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air an dòigh anns an deach tràillean a reic ri luchd-seilbh nam planntachasan?**

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

A bheil thu dhen bheachd gu bheil an stòr feumail no nach eil? Sgrìobh freagairt a tha a' mìneachadh do bheachd. Bu chòir dhut taic a thoirt dha do bheachd le bhith a' mìneachadh nad fhaclan fhèin:

- ▶ Cò sgrìobh an stòr?
- ▶ *Cuin* a chaidh an stòr a sgrìobhadh?
- ▶ Dè tha an stòr ag innse dhuinn mun dòigh anns an deach na tràillean a reic ri luchd-seilbh nam planntachasan?

**2 Thoir dà adhbhar a' mìneachadh carson a bha e doirbh do thràillean a dhol an aghaidh am maighstirean air na planntachasan.**

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' toirt co-dhiù dà adhbhar a' mìneachadh carson a bha e doirbh do thràillean a dhol an aghaidh am maighstirean air na planntachasan.

## Nàiseanta 5 Ceistean le Luach-leasaichte

### 1 Thoir cunntas air na dòighean anns an robh na tràillean a' dol an aghaidh am maighstirean air na planntachasan. (6 comharran)

Mar a rinn thu roimhe airson ceistean *Thoir cunntas*, bu chòir dhut feuchainn ri ceithir puingean iomchaidh agus ceart a tha freagarrach dhan cheist a thogail. Mar eisimpleir: *Bhiodh daoine a bha nan tràillean a' dèanamh ar-a-mach le bhith a' milleadh stuthan nan daoine a bha gan cumail an grèim nam faigheadh iad an cothrom.* (1 chomharra) Mura h-urrainn dhut cuimhneachadh air ceithir puingean fa leth, dh'fhaodadh tu barrachd a sgrìobhadh mu na puingean a tha nad chuimhne. Mar eisimpleir, gus barrachd a chur mu na daoine a bha nan tràillean a' milleadh stuthan nan daoine a bha gan cumail an grèim, dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *Bhiodh iad a' bristeadh nan innealan a chaidh a thoirt dhaibh airson obair tuathanais a dhèanamh.* (1 chomharra a bharrachd)

Tha Stòr A, a chaidh a sgrìobhadh le neach a bha na thràill, a' mìneachadh nan cruadalan a bha aig na daoine a bha nan tràillean air planntachas sna h-Innseachan an Iar.

## STÒR A

*Bhathar a' toirt air na tràillean air na planntachasan sna h-Innseachan an Iar uairean fada obrachadh, gu h-àraidh nuair a bhathar a' buain agus a' giullachd na cuilc. Bha cuid a' feuchainn ri teiche, ach bha na maighstirean a' cumail cunntas mionaideach mu na tràillean aca agus rachadh fiosrachadh mionaideach a-mach mun deidhinn. Bha e an ìre mhath cinnteach gun rachadh tràill a dh'fheuchadh ri teiche a ghlacadh. Uaireannan bheireadh na maighstirean dhaibh baraille iasg sailte ach bha na tràillean an urra gu mòr ri biadh a bhiodh iad fhèin a' fàs. Nam biodh droch aimsir ann, bhiodh dìth bìdh orra agus bhiodh iad gus bàsachadh leis an acras.*

### 2 Dè cho slàn 's a tha Stòr A mar dhealbh air na duilgheadasan a bha aig na daoine a bha nan tràillean air na planntachasan? (6 comharran)

Cuimhnich, gus a bhith soirbheachail ann an ceist *Dè cho slàn*, feumaidh tu beachd soilleir, sgrìobhte a thoirt seachad a mhìnichas dè cho slàn 's a tha stòr a' mìneachadh nan duilgheadasan a bha aig na daoine a bha nan tràillean air na planntachasan. Airson na ceist seo dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *Tha an stòr gu ìre a' mìneachadh nan duilgheadasan a bha aig na daoine a bha nan tràillean air na planntachasan, ach bha duilgheadasan eile ann nach eil air an ainmeachadh san stòr. Tha seo a' sealltainn gu soilleir gu bheil thu a' toirt do bheachd.*

Feumaidh tu co-dhiù 3 pìosan fiosrachadh iomchaidh a' lorg san stòr a tha ag innse mu na duilgheadasan. Gus am freagairt a chothromachadh, feumaidh tu co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh eile a chur ris bho d' eòlas fhèin, a tha iomchaidh dhan cheist agus nach deach ainmeachadh san stòr.

## MÌNEACHADH

**iasg sailte** iasg air a ghleidheadh ann an salann; bha seo cumanta mar bhiadh do thràillean anns Na h-Innseachan an Iar

# Iomairtean son casg a chur air Malairt nan Tràillean

## Caibideil 9 Buidheann son casg a chur air Malairt nan Tràillean

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh cùis an *Zong* agus mar a thog e ceistean mu Mhalairt Atlantaigeach nan Tràillean. Tha e a' mìneachadh carson a thòisich Comann Casg Malairt nan Tràillean agus an dreuchd a bha aig luchd-casg malairt nan tràillean aig àm tràth, leithid Granville Sharp agus Thomas Clarkson. Tha e a' beachdachadh air a' phàirt a bha aig na Cuaigearan aig toiseach gluasad casg malairt an tràillean.

### Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- Cunntas a thoirt air cùis an *Zong* agus mar a bha e cudromach do dhaoine a bha airson stad a chur air tràilleachd.
- Mìneachadh carson a chaidh Comann Casg Malairt nan tràillean a stèidheachadh.
- Cunntas a thoirt air a' phàirt a bha aig Granville Sharp agus Thomas Clarkson san t-strì an aghaidh malairt thràillean.

## Cùis an *Zong*


B' e bàta thràillean a bha san *Zong*. Bhuineadh i do mharsanta beairteach à Liverpool leis an ainm Uilleam Gregson. Sheòl i à Liverpool ann an 1781 fo stiùir Luke Collingwood, maraiche eòlach. Thug Gregson a-mach àrachas air an *Zong* luach £8000. B' ann bhon **luchd-àrachais** Gilbert & Co, à Liverpool, a fhuair e seo.

Air 6 Sultain 1781, dh'fhàg an *Zong* Cape Coast ann an Afraga an Iar agus sheòl i a dh'Ìameuga, le 442 tràill air bòrd. Bha an Caipitean Collingwood tinn airson a' chuid a bu mhotha dhen turas. Air adhbhar air choreigin, chaidh an *Zong* far a cùrsa agus bha e follaiseach gum biodh am bàta fadalach a' ruighinn Ìameuga. Bha dragh air a' chriutha nach robh uisge gu leòr aca ri òl. Cuideachd, bha feadhainn de na tràillean air fàs tinn. Bha plana aig Collingwood. Chruinnich e an criutha agus thug e rabhadh dhaibh nam bàsaicheadh cus thràillean, nach biodh prothaid aca às an turas. Thuirt e riutha, "Nan rachadh na tràillean a thilgeil beò dhan mhuir airson an criutha a shàbhaladh, b' e call an luchd-àrachais a bhiodh ann." Chaidh a' chiad mheat air a' bhàta, Mgr Kelsall, na aghaidh, "Chan eil dith uisge ann an-dràsta airson a leithid a dhèanamh."

A dh'aindeoin sin, chreid an criutha Collingwood. Mar sin, eadar 29 Samhain agus 1 Dùbhlachd, chaidh 132 tràill tinn a thilgeil gu bàs dhan mhuir.

### MÌNEACHADH

**Luchd-àrachais** daoine a phàigheas na cosgaisean airson tagradh àrachais



Dè am pàirt den sgeulachd a tha san dealbh? Saoil cò rinn an dealbh seo? Thoir adhbharan a bheir taic dha do fhreagairt.

Ràinig am bàta lameuga mu dheireadh thall air 22 Dùbhlachd. Bhàsaich an Caiptean Luke Collingwood goirid an dèidh sin. Chaidh an 200 tràill a bha fhathast beò a reic.

Nuair a thill an *Zong* a Liverpool, dh'iarr Gregson £30 air a' chompanaidh àrachais airson gach tràill a bhàsaich air an turas. Bha a' chompanaidh caran amharasach agus dhiùlt iad pàigheadh. Bha iad air faighinn a-mach gun robh 420 galan uisge (1910 liotair) fhathast air bòrd, 's mar sin nach robh e fìor gun robh aca ri seo a dhèanamh air sgàth dìth uisge. Gu h-iongantach, cha robh sgeul air clàr a' bhàta – clàr sgrìobhte dhen h-uile càil a thachair air bòrd.

Nochd a' chùis sa chùirt sa Mhàrt 1783 ach chaill an luchd-àrachais. Cha robh an diùraidh dhen bheachd gun robh càil ceàrr air tràilleann a mharbhadh airson criutha a shàbhaladh. Thuirt John Lee, a bha na àrd neach-lagha aig an àm, "Chan eil ann an daoine dubha ach bathar agus stòras; tha e gòrach a bhith a' cur chasaidean air na fir onarach seo gun robh iad ri murt. Rinn iad na bha aca ri dhèanamh agus ann an dòigh iomchaidh. Tha e gòrach a bhith a' sgrùdadh beachd sgiobair eòlach, gu h-àraidh nuair a thathar a' bruidhinn mu thràilleann. Tha a' chùis dìreach mar a bhiodh i nam b' e eich a bhathar air a thilgeil dhan mhuir."

Cha deach casaidean a thogail an aghaidh oifigear no duine dhen criutha airson 133 neach a bha nan tràilleann a mhurt a dh'aon ghnòthaich. Cha do dh'adhbharaich a' chùis atharrachadh san lagh agus tha e fhathast air a mheas mar fhoill àrachais seach murt.

Bha cùis an *Zong* sna pàipearan-naidheachd aig an àm. Bha mòran dhaoine air an uabhasachadh leis an dòigh san robhar a' làimhseachadh nan Afraganach air a' bhàta. Chaidh coimhead ri cùis an *Zong* le buidheann beag, ach buidheann a bha a' fàs, a bha airson casg a chur air Malairt Atlantaigeach nan Tràilleann. Bha iad air an aithneachadh mar **Luchd-casg Malairt nan Tràilleann**.

## MÌNEACHADH

**Foill** gnìomh a tha a' leigeil neach sìos, no a' toirt a char às, nuair a tha thu mas fhìor ga chuideachadh



## An Iomairt airson Malairt nan Tràillean a chasg

Bha daoine mar na **Cuaigearan**, buidheann cràbhach a bha aithnichte mar Comann nan Caraidean, air a bhith a' toirt cunntas air cho olc 's a bha tràilleachd fad iomadach bliadhna. Ann an 1781 chuir iad casg air duine sam bith a bha an sàs ann am malairt thràillean a bhith mar phàirt dhen chomann aca. Leis mar a bha cùis an *Zong* sna pàipearan, thug e air buidheann de dh'fhir òga fiosraichte obrachadh air cur às do mhalairt thràillean. B' e dithis dhiubh sin **Granville Sharp** agus **Thomas Clarkson**.

B' e fear òg a bha ag obair san t-seirbheis chatharra 's a bha a' fuireach agus ag obair ann an Lunnainn a bh' ann an Sharp. Bha e na dhragh dha mar a bhathar a' dèiligeadh ri Afraganaich mar thoradh air malairt nan tràillean. Cha robh e soirbheachail ann a bhith a' feuchainn ri casaidean murt a thogail an aghaidh criutha an *Zong*. Bha e mar-thà air iomadach cùis lagha a thogail an aghaidh dhaoine aig an robh tràillean ann am Breatainn. Bha e air a bhith an sàs ann an cùis fear Afraganach, ris an cante James Somerset, a fhuair air falbh bho mhaighstir ach a chaidh a ghlacadh a-rithist. Bhuannaich e a' chùis agus rinn e puing lagha chudromach nuair a cho-dhùin Prìomh Mhorair an Lagha, William Mansfield, nach fhaodadh iad tràillean a thoirt a-mach à Breatainn an aghaidh an toil.

Choinnich Sharp ri Thomas Clarkson ann an 1786. Bhuineadh Clarkson do theaghlach a bha meadhanach beairteach a chuir e gu Cambridge airson foghlam fhaighinn. Dh'ionnsaich e beagan an sin mu mhalairt Atlantaigeach nan tràillean agus cho-dhùin e barrachd fhaighinn a-mach. Bha e air uabhasachadh le na fhuair e a-mach agus bha e na amas dha olc na malairt a dhèanamh follaiseach.

Chùm Clarkson agus Sharp coinneamh bhon tàinig Comann Casg Malairt Thràillean ann an 1787.


*Cunntas-sgrìobhte bhon chiad choinneimh den Chomann airson Casg a chur air Malairt Thràillean air 22 Cèitean 1787.*

### MÌNEACHADH

**Cuaigearan** 'Quakers' Buidheann Crìosdail a thòisich san t-seachdamh linn deug a bha gu mòr airson bheachdan sìtheil

**Granville Sharp** fear a bha ag obair dhan riaghaltas ach a chaidh an sàs ann a bhith a' saoradh dhaoine a bha nan tràillean ann an Sasainn agus b' e aon den chiad fheadhainn a bha a' strì airson cur às do mhalairt nan tràillean

**Thomas Clarkson** fear a cheumnaich bho Oilthigh Chambridge a chaidh gu mòr an sàs ann an strì airson cur às do mhalairt nan tràillean



## Obair 1

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an geàrr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Chaidh fìor uabhasan **LAIRMAT ANN LEANTÀILR** a chumail bho shluagh Bhreatainn. Ach, anns na 1770an thòisich **ANCSEÙI-GHAAL** co-cheangailte ri tràilleachd a' tighinn gu aire an t-sluaigh. Bha am fear bu chudromaiche mun Zong, bàta thràillean a dh'fhàg airson **GAMEIAU** ann an 1781. Chaidh ceud, trithead 's a trì Afraganaich a **GTHILEIL HAND UMHIR** ann an oidhirp foill a dhèanamh, a rèir coltais, air companaidh **CHÀRAAIS** ann an Liverpool. Dh'fheuch **ANGRILLEV PARSH**, seirbheiseach catharra ann an Lunnainn, ri casaidean muirt a chur an aghaidh sgioba an Zong ach dh'fhaillich air. Aig toiseach na cùis-lagha chaidh a ràdh mu na daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean nach robh annta ach **GUCAR** agus gun deach cur às dhaibh gus an sgioba a shàbhaladh. Thàinig a' chùis gu aire **MASHOT RONCSLAK** a dh'obraich còmhla ri Sharp gus **AN COANNM AIONRS SAGC** a **RHUC IAR RTMALAI ÀILLNTHREA** a chur air bhonn ann an 1787.

## Obair 2

### An Zong

- ▶ Tagh na firinnean mu chùis an Zong às an liosta seo agus sgrìobh iad.
- ▶ B' ann le Uilleam Collingwood a bha an Zong.
- ▶ Chaidh 442 de na daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean a chur air bòrd an Zong.
- ▶ Bha an Zong a' toirt dhaoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean a dh'lameuga.
- ▶ Chaidh an Zong far a cùrsa oir chaidil an Caiptean.
- ▶ Bha Collingwood a' cumail a-mach nach robh uisge gu leòr ri òl air bòrd.
- ▶ Chaidh co-dhiù 132 de dhaoine beò a bha air an dèanamh nan tràillean a thilgeil dhan mhuir.
- ▶ Sheall clàr a' bhàta nach robh uisge òil air fhàgail air an Zong.
- ▶ Chaidh tagradh airson àrachas a dhèanamh a thaobh an Zong.
- ▶ Chaidh Gregson a chur dhan phrìosan airson feuchainn ri foill a dhèanamh air a' chompanaidh àrachais.

## Obair 3

### Cùis an Zong



### An argamaid aig an luchd-dìon

- ▶ B' e caiptean eòlach a bh' ann an Collingwood agus bha fios aige dè bha e a' dèanamh.
- ▶ Tha clàr a' bhàta a' sealltainn gu soilleir gun robh a' bhòidse air a stiùireadh gu math.
- ▶ Gu mì-fhortanach, theirig an t-uisge òil.
- ▶ Roghnaich an sgioba nach leigeadh iad leis na h-Afraganaich bàs slaodach, piantail fhaighinn.
- ▶ Bha e deatamach cur às do chargu a' bhàta gus am bàta a shàbhaladh.

Sgrùd na firinnean ann an cùis an Zong agus argamaid an luchd-dìon.

Leig ort gu bheil thu nad fhear-lagha 's tu air d' fhadadh leis a' chompanaidh àrachais Gilbert & Co gus na casaidean a chur an aghaidh an fheadhainn leis an robh an Zong. Ullaich òraid gus geàrr-chunntas a dhèanamh air na h-argamaidean air taobh an luchd-casaid.



## Obair 4

### Dealbhadh iomairt

Obraichibh ann am buidheann agus dealbhaichibh iomairt a tha a' cur taic ri lagh casg malairt nan tràillean san Atlantaig. Cuimhnichibh gun robh dùbhlann mòr ron fheadhainn a bha airson cur às do mhalairt nan tràillean. Bha mòran dhaoine beairteach, cumhachdach a' cur taic ri tràilleachd san Atlantaig.

Feumaidh sibh co-dhùnadh a dhèanamh air seo:

- ▶ dearbh-amas na h-iomairt agaibh
- ▶ an seòrsa dhaoine air am bi sibh ag amas leis an iomairt agaibh
- ▶ na dòighean a chleachdas sibh gus taic a thàladh don iomairt
- ▶ mar a dhèiligeas sibh ris na h-argamaidean airson tràilleachd

### Argamaidean airson tràilleachd




Nì crìoch air malairt thràillean milleadh maireannach air eaconamaidh Bhreatainn.

Feumaidh Breatainn a bhith farpaiseach. Ma sguireas sinn a mhalairt dhaoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean, thig luchd-farpais às an Roinn Eòrpa a-steach agus gheibh iadsan am beairteas gu lèir dhaibh fhèin.

Tha saoghal math aig daoine a chaidh a dhèanamh nan tràillean sna h-Innseachan an Iar an coimeas ri teaghlaichean Bhreatainn a tha ag obair gu cruaidh.

Tha luchd-malairt thràillean a' cruthachadh beairteas do Bhreatainn. Bidh daoine a' cruthachadh beairteas le bhith a' malairt thràillean agus bathar eile. Bidh seo a' dol a-steach a bhancachean a bhios ga thasgadh ann an iomairtean eile. Bidh seo a' cruthachadh beairteas a bhios a' tighinn a-nuas beag air bheag chun a h-uile duine.

Tha sluagh Bhreatainn airidh air roghainn a bhith aca. Tha a' chòir aca siùcar, tombaca agus ruma a nì tràillean a cheannach ma thogras iad.



## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Thoir cunntas air cùis an *Zong*.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Dearbhadh a bheir co-dhiù dà phuing fiosrachaidh fìor mu chùis an *Zong*.

2 Carson a dh'fhàs an gluasad airson Casg a chur air Malairt Thràillean san ochdamh linn deug?

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Thoir freagairt a bheir co-dhiù dà adhbhar a' mìneachadh carson a dh'fhàs an gluasad airson Casg a chur air Malairt Thràillean san ochdamh linn deug.

### Nàiseanta 5

1 Dè an ìre chun an robh Granville Sharp an urra ri stèidheachadh a' ghluasaid airson malairt thràillean a chasg? (9 comharran)

Cuimhnich, airson a bhith soirbheachail ann an ceistean dè an ìre chun an robh feumaidh tu ro-ràdh goirid a sgrìobhadh gus sealltainn gu bheil factaran iomchaidh eile ann a bharrachd air na thathar a' faighneachd sa cheist. Mar sin dh'fhaodadh tu tòiseachadh le: *Chuidich Granville Sharp le stèidheachadh a' ghluasaid airson malairt thràillean a chasg, ach bha factaran eile ann, me am pàirt a bha aig na Cuaigearan sa chùis, an dol-a-mach a lean cùis an Zong agus na h-oidhirpean cudromach aig Thomas Clarkson.*

A-nis mìnich cho cudromach 's a tha a' phuing a chaidh ainmeachadh sa cheist. Feuch ri co-dhiù dà phuing shoilleir a dhèanamh. An uair sin lean ort agus mìnich na puingeann eile a dh'ainmich thu san ro-ràdh agad. Tog co-dhiù trì puingeann.

Mu dheireadh beachdaich fhèin air cò am factor bu chudromaiche agus thoir adhbhar airson do cho-dhùnadh. Tha Stòr A a' mìneachadh mar a dh'fhàs an gluasad airson casg a chur air malairt thràillean.

## STÒR A

*B' e buidheann cràbhach a bh' anns na Cuaigearan a bha a' cur an aghaidh malairt thràillean bho mheadhan an ochdamh linn deug. Bha an t-iarrrtas gus casg a chur air malairt thràillean a' fàs, agus tràillean reubalach mar Olaudah Equiano a' toirt cunntas pearsanta air an an-ìochd a bha an lùib na malairt. Chuidich an t-sanasachd a rinn cùis an Zong gus a' chiad chomann a chur air bhonn ann am Breatainn gus casg a chur air malairt thràillean.*

2 Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mìneachadh nan adhbharan airson fàs a' ghluasaid airson casg a chur air malairt thràillean? (6 comharran)

Mar a chaidh a ràdh mar-thà, tha ceistean dè cho slàn ag iarraidh gun toir thu beachd soilleir, sgrìobhte, an seo air dè cho slàn 's a tha an stòr a' mìneachadh nan adhbharan airson fàs a' ghluasaid airson casg a chur air malairt thràillean. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu am beachd seo a thoirt seachad: *Tha an stòr gu ìre a' mìneachadh nan adhbharan airson fàs a' ghluasaid airson casg a chur air malairt thràillean, ach bha adhbharan eile ann cuideachd air nach eil iomradh san stòr. Tha seo a' sealltainn do bheachd gu soilleir.*

Feumaidh tu co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh iomchaidh bhon stòr a chuidicheas gus fàs a' ghluasaid airson casg a chur air malairt thràillean a mhìneachaidh. Mar eisimpleir: *Tha an stòr ag innse gun robh na Cuaigearan an aghaidh malairt nan tràillean bho mheadhan na h-ochdamh linn deug. Gheibh sin aon chomharra dhut. Tha co-dhiù dà phuing shoilleir eile san stòr.*

Cothromaich do fhreagairt le bhith a' sgrìobhadh co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh eile bho d' eòlas fhèin a tha freagarrach dhan cheist, ach nach eil san stòr. Mar eisimpleir: *Chan eil an stòr a' toirt iomradh air cho cudromach 's a bha daoine eile a bha an sàs anns a' ghluasad, mar Granville Sharp. Feuch ri dà phuing eile ainmeachadh a chuireas crìoch air do fhreagairt.*





# Caibideil 10 Iomairt son casg a chur air tràilleachd

## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh nan dòighean a chleachd am buidheann son casg a chur air tràilleachd airson taic fhaighinn don iomairt aca. Tha e ag innse mun phàirt a bha aig na Sons of Africa, na Cuaigearan, Crìosdaidhean soisgeulach agus boireannaich san iomairt seo. Tha e a' sealltainn mar a bha iomhaighean cumhachdach gan cleachdadh gus am fiosrachadh a chur an cèill agus ag innse mun iomairt sa Phàrlamaid fo stiùireadh Uilleam Wilberforce.

## Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Cunntas a thoirt air na modhan-obrach a bhathar a' cleachdadh an aghaidh malairt Atlantaigeach nan tràillean.
- ▶ Mìneachadh a thoirt air carson a bha na modhan-obrach a chleachd am buidheann son cur às do thràilleachd èifeachdach.

## Am buidheann son casg a chur air malairt thràillean

'S ann mar seo a chuir am buidheann air dòigh an iomairt aca an aghaidh malairt thràillean.

### A' bualadh air malairt thràillean

Dh'fheumadh am buidheann smaoineachadh dè an t-amas a bhiodh aig an iomairt aca. Bha gràin aig Buill a' Chomainn air tràilleachd agus bha iad airson casg a chur air gu tur. Ach, thuig iad gum biodh luchd-malairt thràillean agus luchd-seilbh phlanntachasan a bha beairteach is cumhachdach fada an aghaidh seo. Chuir iad romhpa gur e a' chiad cheum stad a chur air bàtaichean Breatannach bho bhith a' toirt thràillean dha na h-Innseachan an Iar à Afraga. Dh'fheuchadh iad ri stad a chur air tràilleachd an dèidh seo.

### Ag innse do dhaoine mu thràilleachd

Thuig am buidheann gum biodh e comasach daoine a chur an aghaidh malairt thràillean leis an fhìrinn innse dhaibh mun an-ìochd a bha na lùib.

#### *Sons of Africa*

Anns na 1780an, chruthaich buidheann beag de dh'Afraganaich a fhuair air falbh bho thràilleachd na **Sons of Africa**. Nam measg bha **Olaudah Equiano** agus **Ottabah Cugoano**. Sgrìobh iad mu na thachair dhaibh agus bhruidhinn iad aig coinneamhan den bhuidheann son malairt thràillean a chasg. Chaidh Equiano air turas air feadh na dùthcha a' bruidhinn mun leabhar aige. Leugh na deichean mhiltean an leabhar aige, no thàinig iad ga èisteachd. Ann an 1787, dh'fhoillsich Cugoano leabhar air an robh *Thoughts and Sentiments on the Evil and Wicked Traffic of the Human Species*. Bha Cuagano den bheachd gun robh tràilleachd ceàrr gu moralta agus gun robh uallach air a h-uile duine geal ann am Breatainn airson tràilleachd ann an dòigh air choreigin. Bha e airson 's gum biodh Breatainn na h-eisimpleir mar a' chiad dhùthaich a chasgadh tràilleachd. Bhruidhinn e ri daoine cudromach eile a bha airson casg a chur air malairt thràillean, mar **William Wilberforce**, oir bha e a' faireachdainn nach robh gu leòr ga dhèanamh airson stad a chur air tràilleachd.

## MÌNEACHADH

**Sons of Africa** buidheann à Afraga a bha airson casg a chur air malairt thràillean a bhiodh a' coinneachadh ann an Lunnainn san ochdamh linn deug


**Olaudah Equiano** Afraganach Ebo a bha na thràill ann am Barbados ach a cheannaich a shaorsa agus a bha an uair sin an sàs ann a bhith a' cur às do mhalairt thràillean

**Ottabah Cugoano** Afraganach a bha an sàs ann a bhith a' cur às do mhalairt thràillean a chaidh a thoirt na thràill ann an Grenada ach a fhuair a shaorsa nuair a chaidh a thoirt a Lunnainn

**William Wilberforce** Ball Pàrlamaid (BP) a bhiodh a' dèanamh òraidean agus a thug bilean a-steach an aghaidh malairt thràillean



## Òraidean poblach



*Dealbh de na seòrsachan rudan a bhiodh aig Thomas Clarkson nuair a bhiodh e a' dèanamh òraidean. San dealbh chithear geimhlean, cuipean, glasan-mheur agus innealan son beul fhosgladh.*

Dèan measadh air dè cho feumail 's a bhiodh am film mar dhòigh air fiosrachadh fhaighinn mu mhalairt thràillean?



*Sealladh bhon fhilm Amazing Grace (2006). Rinneadh am film airson an 200mh ceann-bliadhna on chaidh casg a chur air malairt thràillean. Tha an dealbh a' sealltainn Thomas Clarkson air a chluich le Rufus Sewell (sa mheadhan na shuidhe).*

Bha Thomas Clarkson a' dol timcheall Bhreatainn agus Afraga an Iar a' cruinneachadh fianais mu thràilleachd san Atlantaig. Air na tursan fada aige nuair a bhiodh e a' dèanamh òraidean, bhiodh e a' sealltainn gheimhlean, cuipean agus glasan-mheur dhan luchd-èisteachd. Bhiodh e cuideachd a' cruinneachadh bathar a bhiodh luchd-ealain à Afraga a' dèanamh airson sealltainn gun robh nithean eile ann an Afraga a ghabhadh a mhalairt.

## Ìomhaighean de chasg malairt thràillean

Chaidh mìltean de leabhraichean agus de bhileagan fhoillseachadh a' toirt ionnsaigh air tràilleachd san Atlantaig. Ach cha b' urrainn ach mu leth de shluagh Bhreatainn leughadh. Mar sin, bha e deatamach dòigh eile a lorg airson an teachdaireachd a sgaoileadh. Thuig luchd-strì gum biodh ìomhaighean èifeachdach airson buaidh a thoirt air daoine.

Sgrìobh Thomas Clarkson gu **Josiah Wedgwood** a' faighneachd an cuideachd e le bhith a' sgaoileadh bhileagan mu chur às do mhalairt thràillean. Chaidh Wedgwood an sàs còmhla ris a' bhuidheann son casg a chur air malairt thràillean agus dh'iarr e air fear-ciùird a bha ag obair dha seula a dhealbhadh airson cèisean a dhùnadh. Bha e a' sealltainn Afraganach ann an sèinichean air a ghlùinean, agus e a' togail a làmhan suas airson tròcair. Bha na briathran: 'Am I Not a Man and a Brother' sgrìobhte air an t-seula cuideachd.

Bha an seula mar shuaicheantas neo-oifigeil a' bhuidhinn. Nochd e air obair-chrèadha à factaraidhean Wedgwood agus bha e cuideachd air seudraidh agus bràistean. Thuirt Thomas Clarkson gun robh 'fasan, a tha mar as trice co-cheangailte ri nithean gun luchd, a-nis a' cur air adhart ceartas, daonnachd agus saorsa'.


### MÌNEACHADH

**Josiah Wedgwood** Cuaigear beairteach, aig an robh factaraidh chrèadhadaireachd, a bha a' toirt taic do chur às do mhalairt thràillean



*Dealbh bho leabhar bho 1796 leis an dealbhadair agus an sgrìobhadair ainmeil Breatannach William Blake. Tha e a' sealltainn tràill crochte bho asnaichean air croich is e fhathast beò.*

Dè cho feumail 's a tha an ìomhaigh mar stòr air malairt nan tràillean?



*Thàinig an ìomhaigh ainmeil seo bho phostair a chaidh a dhèanamh ann an 1788 le buidheann ann am Plymouth a bha an aghaidh tràilleachd. Thomhais iad bàta à Liverpool a bhiodh a' giùlan thràillean agus rinn iad dealbh den dòigh anns am biodh an 451 a bha cead aca a thoirt leotha air am bruthadh a-steach dha na tuill. Bha an ìomhaigh air a cleachdadh gu math tric leis an fheadhainn a bha an aghaidh tràilleachd.*

## An Iomairt sa Phàrlamaid

Bha am buidheann son casg a chur air malairt thràillean a' tuigsinn gun robh malairt thràillean a' cruthachadh tòrr airgid do chuid ann am Breatainn. Cha tigeadh crìoch air a' mhalairt mura biodh e air a dhèanamh mì-laghail. Dh'fheumadh seo **Bile** a dheigheadh air beulaibh na Pàrlamaid. Sna 1700an ann am Breatainn, cha robh cead bhòtaidh ach aig fir bheairteach. B' e fir bheairteach le planntachasan sna h-Innseachan an Iar, no a bh' air airgead a dhèanamh tro mhalairt thràillean, a bha sa chuid bu mhotha de Bhuill Phàrlamaid (BP). Bha seo a' fàgail gum biodh e glè dhoirbh lagh a' casg tràilleachd fhaighinn tron Phàrlamaid.

### Athchuingean

Chaidh **athchuingean** an aghaidh malairt thràillean a chur air beulaibh na Pàrlamaid fiù 's mus deach an Comann airson Casg a chur air Malairt Thràillean a chruthachadh. Chaidh a' chiad athchuinge a chur chun na Pàrlamaid ann an 1783. Chuir 273 Cuaigearan an ainm ris.

Tro 1787 agus 1788 chaidh còrr air 100 athchuinge le 60,000 ainm riutha, air beulaibh na Pàrlamaid, taobh a-staigh thrì mìosan. Cha mhòr nach robh athchuinge a' dol an aghaidh tràilleachd sa h-uile baile beag is mòr san dùthaich, aig àm air choreigin. An dèidh a' chiad Bile son Casg Tràilleachd a bhith air a thilgeil a-mach ann an 1791, thàinig athchuingean a-steach dhan Phàrlamaid nan tuil. Mu 1792, bha 519 athchuingean le còrr air 390,000 ainm air a dhol a-steach. Bha coltas gun robh an àireamh mhòr seo a' sealltainn gun robh an sluagh a' tionndadh an aghaidh tràilleachd san Atlantaig.



*B' e fear-gnothaich ainmeil a bha ann an Josiah Wedgwood a bha air modhan-obrach crèadhadaireachd a leasachadh. Shuidhich A' Bhanrigh Charlotte e mar Chrèadhadair na Banrigh ann an 1762. Bha meas mòr aig mòran dhaoine beairteach agus cumhachdach air.*

### MÌNEACHADH

**Bile** beachd airson lagh

**Athchuingean** molaidhean sgrìobhte le àireamh mhòr de dhaoine air an ainm a chur riutha



## Coiteachadh

Sna 1770an, bha Cuaigearan gu tric a' **coiteachadh** nam BP feuch an tuigeadh iad cho olc 's a bha tràilleachd san Atlantaig. Ann an 1788, bha Olaudah Equiano os cionn buidheann a chaidh gu Taigh nan Cumantan gus taic a thoirt do Bhile William Dolben ag iarraidh gum biodh cùisean na b' fheàrr do thràillean air na bàtaichean-thràillean le bhith a' gearradh an àireimh a dh'fhaodadh a bhith air bòrd. Bhruidhinn e cuideachd ri Buill Pàrlamaid agus ris a' Phrìomhaire, a' cur taic ri lagh airson casg a chur air malairt thràillean.

## Òraidean

'S ann glè ainneamh, a dh'fhaodas duine nach deach a thaghadh mar BP òraid a dhèanamh sa Phàrlamaid.

Ann an 1780, aig aois 21, chaidh William Wilberforce a thaghadh airson na Pàrlamaid. B' e òraidiche èibhinn agus geur a bh' ann. Ann an 1783, choinnich e ri Albannach buadmhor, James Ramsay, a bha an aghaidh malairt thràillean, a dh'inns dha mun mhalairt. Goidid an dèidh seo, thàinig atharrachadh mòr, spioradail ann am beatha Wilberforce agus thug seo air sgar a chur gheall agus a bhith a' dol gu clubaichean.

Thòisich Wilberforce a' dèanamh òraidean a' toirt taic do mhòran dheagh adhbharan ach b' e an t-strì an aghaidh malairt thràillean san Atlantaig bu chudromaiche dha.

Tràth ann an 1787, choinnich e Thomas Clarkson agus thòisich compàirteachas a mhair faisg air 50 bliadhna. Bhiodh Clarkson a' cruinneachadh fianais mu thràilleachd san Atlantaig do Wilberforce airson a chleachdadh na òraidean.

Rinn Wilberforce mòran òraidean sa Phàrlamaid mu thràilleachd. Bha e ag iomairt, bho àm gu àm, thairis air 18 bliadhna, gun a bhith soirbheachail.

## Bilean

Dh'fheuch Wilberforce ri toirt air BP gabhail ri Bile an aghaidh malairt thràillean ann an 1789. Dh'fheuch e a-rithist gach bliadhna bho 1790 gu 1806. Gach uair, chuir daoine a bha a' dèanamh fortan às a' mhalairt gu làidir na aghaidh. Ann an 1791 bhòt BP 163 gu 88 an aghaidh Bile Wilberforce. Chaidh gabhail ri Bile gus casg a chur air a' mhalairt ann an Taigh nan Cumantan ann an 1792 ach le **atharrachadh** gun tigeadh an casg 'beag air bheag'; dhaibhsan le ùidh sa mhalairt, bha seo a' ciallachadh nach tigeadh e 'a-chaidh'.



*William Wilberforce a' bruidhinn ann an Taigh nan Cumantan.*

## MÌNEACHADH

**Coiteachadh** feuchainn ri toirt air riochdaire taghte inntinn atharrachadh

**Atharrachadh** paragraf air a chur ri Bile, mar as trice le BP



# An argamaid Chrìosdail

## Eaglais Shasainn

Bha mòran Shasannach aig an robh planntachasan agus a bha a' malairt thràillean nam buill de Eaglais Shasainn. Cha robh iad a' faicinn dad ceàrr air tràilleachd. Chuir iad an argamaid gun robh tràilleachd air ainmeachadh tric sa Bhìoball. Bha planntachasan aig Eaglais Shasainn sna h-Innseachan an Iar le tràillean ag obair orra.

## Cuaigearan

Bha na Cuaigearan, air an robh cuideachd Comann nan Caraidean, nam buidheann cràbhach. Bhris iad air falbh bhon phrìomh Eaglais tràth san t-seachdamh linn deug.

Thòisich na Cuaigearan a' cur an aghaidh tràilleachd tràth sna 1700an. Thuir iad gun robh tràilleachd a' dol an aghaidh teagasg Chrìosdail a bha ag ràdh gun robh gach neach co-ionann ann an sealladh Dhè. Tha Cuaigearan cuideachd gu làidir an aghaidh cogadh agus chuir iad an aghaidh tràilleachd san Atlantaig leis gun robh sin a' brosnachadh chogaidhean ann an Afraga.

Nuair a chaidh an Comann airson Casg Malairt Thràillean a chur air bhonn, bha naoinear Chuaigearan anns a' chiad 12 ball.

Dh'fhàs comann làidir de choimhearsnachdan Chuaigearan air feadh Bhreatainn. Chuir iad a-mach mòran leabhraichean agus bhileagan an aghaidh malairt nan tràillean.

## An gluasad soisgeulach

Dh'fhàs an gluasad **Soisgeulach** taobh a-staigh Eaglais Shasainn san t-seachdamh agus san ochdamh linn deug. Bha Soisgeulaich a' creidsinn gun robh e cudromach dèanamh mar a theagaisg Crìosda agus dèiligeadh ri do nàbaidh mar a dh'iarradh tu gun dèiligeadh daoine riut fhèin. Air an adhbhar sin chuir mòran Shoisgeulach an aghaidh tràilleachd san Atlantaig. Ged a rinn iad sin, bha a' mhòr-chuid de Shoisgeulaich fhathast a' creidsinn gun robh daoine geala na b' fheàrr na daoine dubha.

Bha cuid de bhuill Eaglais Shasainn gu làidir an aghaidh malairt nan tràillean. Bha a' mhòr-chuid dhiubh cuideachd nam buill den ghluasad shoisgeulach. Nam measg bha Clarkson, Wilberforce agus Sharp.

Bha **John Newton** na Chrìosdaidh Soisgeulach cudromach a bha ag iomairt an aghaidh tràilleachd san Atlantaig. Bha e na chaipitean air bàta thràillean agus aon turas, air a shlighe dha na h-Innseachan an Iar, dh'fhàs e fìor thinn agus rinn e ùrnaigh ri Dia a shàbhaladh. Dh'fhàs e na b' fheàrr agus dh'atharraich a bheatha an dèidh sin. Ann an 1757, dh'fhàg e an obair sin agus chuir e a-steach airson na ministrealachd. Dh'aidich e gun robh e air tràillean a chuipeadh agus a chiùrradh le glas-mheur. Ann an 1779 chaidh e na Reactar air Eaglais St Mary's ann an Lunnainn agus bha buaidh mhòr aige air daoine a bha airson cur às do thràilleachd, mar William Wilberforce. Ann an 1787 dh'fhoillsich Newton leabhar, *Thoughts upon the African Slave Trade*. B' e mion-chunntas a bh' ann air malairt thràillean le fear a bha ann agus a chunnaic. Sgrìobh Newton leabhar laoidhean cuideachd anns an robh 'Amazing Grace'.

## MÌNEACHADH

**Soisgeulach** neach a tha a' dlùth leantainn teagaisgean a' Bhìobaill agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh an nì cheart

**John Newton** caipitean a bha air bàta thràillean a bha an dèidh sin na mhinistear air eaglais agus an aghaidh tràilleachd. Sgrìobh e mòran laoidhean – 'Amazing Grace' air tè dhiubh



Dealbh-pinn de John Newton  
(1725-1807) bho mu 1775.



T H E  
C A S E  
O F O U R  
F E L L O W - C R E A T U R E S,  
T H E  
*Oppressed Africans,*  
R E S P E C T F U L L Y R E C O M M E N D E D T O  
T H E S E R I O U S C O N S I D E R A T I O N  
O F T H E  
L E G I S L A T U R E  
O F  
G R E A T - B R I T A I N,  
By the PEOPLE called QUAKERS.  

---

L O N D O N:  
Printed by JAMES PHILLIPS, George-Yard, Lombard-  
Street, 1784.

*Duilleag-tìotail bho leabhran le na  
Cuaigearan bho 1784.*

## Mnathan an aghaidh tràilleachd san Atlantaig

*A bheil dàrna leth nan daoine, mar na h-Afraganaich bhochd a rinneadh nan tràillean, gu bhith a' fulang claon-bhreith mar bhrùidean, dìreach airson cupa dhaoine eile a dhèanamh nas mìlse?*

*Mary Wollstonecraft, neach-iomairt an aghaidh tràilleachd agus airson chòraichean do bhoireannaich, 1796.*

Bha am bàrd agus an sgrìobhaiche-dràma Hannah More cudromach sa ghluasad an aghaidh tràilleachd sna 1780an agus sna 1790an. Bha i na ball de bhuidheann soisgeulach co-cheangailte ris an iomairt an aghaidh tràilleachd agus na dlùth-charaid do John Newton agus William Wilberforce.



Whenever to Africa's shore I turn my eyes  
 Horrors of the deepest,  
 deadliest guilt arise  
 I see by more than imagination shown  
 The burning village and the blazing town;  
 See the poor victim torn from social life  
 See the scared infant,  
 see the shrieking wife!  
 See the poor wretched,  
 dragged by hostile hands  
 To distant tyrants sold in distant lands!

Hannah More, *Slavery, A Poem, 1788*  
 air atharrachadh.

Chaidh mòran boireannach an sàs san iomairt an aghaidh malairt nan tràillean, eadar Ban-diùc bheairteach Siorrachd Dhevon, Georgiana, agus a' bhanarach à Bristol, Ann Yearsley. Ach b' ann ainneamh a fhuair iad ballrachd air comataidhean cudromach agus cha d' fhuair iad cuireadh an ainm a chur ri athchuingean. San latha sin bha boireannaich nan saoranaich den dara-clas aig nach robh mòran chòraichean.

Ann an 1788 bha 206 boireannaich nan luchd-taic aig a' chomann son casg a chur air tràilleachd. B' e na mnathan agus na nigheanan aig marsantaich, luchd-dreuchd, luchd-dèanaimh agus luchd-bhùthan a bha sa mhòr-chuid dhiubh. Bha iad tric à teaghlachan Cuaigearach no Soisgeulach.

Bhiodh boireannaich a' ceannach nithean mar na cameothan aig Wedgewood, air an robh dealbh de thràill dubh, air a ghlùnean, ann an sèineachan. Bhiodh iad gan cur ann am bann-làimhe no air bior-fuilt gus an taic dhan adhbhar a shealltainn.

## Boycott an t-siùcair

Bha àite cudromach aig boireannaich ann am **boycott an t-siùcair**. Leis an iomairt seo bha na boireannaich a' feuchainn ri iarraidh air siùcar a rinn tràillean a lùghdachadh, agus le sin prothaidean luchd-malairt nan tràillean agus luchd-seilbh nam planntachasan a mhilleadh. Aig an àm ud bha ceannach agus ullachadh bìdh air fhaicinn mar obair nam boireannach. Thug boireannaich air luchd-bhùthan sgur a reic siùcar a rinn tràillean, agus rinn iad iomairt gus toirt air teaghlachan sgur ga ithe.

Ro 1792, bha mu 400,000 neach ann am Breatainn a' seachnadh siùcar a rinn tràillean, agus thuirt luchd-bhùthan gun deach na bha iad a' reic sìos còrr 's an treasamh cuid:

... *tha fulangas ar co-chreutairean, na tràillean Afraganach sna h-Innseachan an Iar, air buaidh cho mòr a thoirt orm ... 's gu bheil mi a' leigeil fios chun an luchd-ceannach gu bheil dùil agam sgur a reic siùcar a rinn tràillean nuair a theirigeas an stòr a th' agam an-dràsta, gus an urrainn dhomh fhaighinn air slighe nach eil cho truaille, nach eil co-cheangailte ri tràilleachd, nach eil air a thruilleadh cho mòr le fuil dhaoine ...*

*James Wright, Cuaigear agus marsanta à Haverhill, Suffolk, a' sanasachd san General Evening Post, 6 Màrt 1792*



Siuga crèadha le rann an aghaidh tràilleachd.

## MÌNEACHADH

**Boycott an t-siùcair** iomairt san naoidheamh linn deug gus stad a chur air daoine a bhith a' ceannach siùcar a bh' air ullachadh le tràillean

## Obair 1

### Dèan gearr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an gearr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Bha a' mhòr-chuid de na bha airson cur às do thràillealachd ag aontachadh gum bu chòir an iomairt aca a bhith ag amas dìreach air **RTMAAIL RILLEANTHÀ** a thoirt gu crìoch. Bha iad a' faighinn taic bho fheadhainn a bha roimhe nan tràillean, mar **ADAOLHU QEQUIAN**. Chaidh daoine mar Clarkson a bha airson cur às do thràillealachd air feadh na dùthcha gus **RACHSIOFADH** a thort do dhaoine mu thràillealachd san Atlantaig. Sheall e dealbhan dhaibh, mar am fear ainmeil am **TÀBA ÀTILLHANRE ROOKESB**. Fhuair e cuideachadh bhon neach-gnìomhachais beairteach **AHJISO WEEDOGDOW**, a rinn nithean air an robh an ìomhaigh Am I Not a Man and a Brother. Chaidh an iomairt an aghaidh malairt thràillean a stiùireadh sa Phàrlamaid le **MILLIWA CEREFWILROB**. Bha ceanglaichean làidir aige ri buill den **LUASADGH GEULSHOISACH** Chrìosdail, mar John **TEWNNO**. Lean iad eisimpleir nan Cuaigearan ann a bhith a' cur an aghaidh tràilleachd. Bha boireannaich a' cur an aghaidh tràilleachd cuideachd. Chuir iad air dòigh **OBTOTYC T-AN IUCARIS**.

## Obair 2

Tagh an abairt as fheàrr gus crìoch a chur air na seantansan a leanas.

- 1 B' e a' chiad amas a bha aig a' bhuidheann son tràilleachd a chasg cur às do mhalairt thràillean seach tràilleachd a chasg gu tur oir...
  - ▶ cha robh iad an aghaidh tràilleachd
  - ▶ bha e na b' fhasa a choileanadh
  - ▶ is e sin a bha Wilberforce air a phlanadh
  - ▶ rinn iad mearachd aig a' chiad choinneimh.
- 2 Bha an fheadhainn a chleachd a bhith nan tràillean agus a bha a-nis a' strì an aghaidh tràilleachd air an aithneachadh mar...
  - ▶ Sons of Africa
  - ▶ Sons of the Desert
  - ▶ Sons of Freedom
  - ▶ Sons of Slavery.
- 3 Bha Ottabah Cugoano ag argamaid ri Wilberforce oir cha robh e dhen bheachd...
  - ▶ gun robh e dha-rìribh airson tràilleachd a chasg
  - ▶ gur e BP a bh' ann am Wilberforce
  - ▶ gun robh e làidir gu leòr mu tràilleachd a chasg
  - ▶ gun robh Wilberforce math air bruidhinn.
- 4 B' e ciste Clarkson ...
  - ▶ tinneas anns an t-siostam analachaidh a tha air adhbharachadh le cus siubhail
  - ▶ bogsa làn obair-ciùird Afraganach agus nithean a bha air an cleachdadh ann am malairt thràillean
  - ▶ bogsa anns an robh na daoine a bha airson cur às do thràillealachd a' cumail an airgid a thog iad
  - ▶ rud a chùm Clarkson bhon àm a bha e na spùinneadair anns a' Charibbean.
- 5 Bha ìomhaighean cudromach don iomairt son tràilleachd a chasg oir...
  - ▶ cha robh a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Sasainn air chomas leughadh
  - ▶ cha robh a' mhòr-chuid de dhaoine a bha an aghaidh tràilleachd a chasg air chomas leughadh
  - ▶ bha telebhisean dìreach air a chruthachadh
  - ▶ bha pàipearan-naidheachd dìreach air an stèidheachadh.
- 6 B' e na dealbhan airson bàta Brooke...
  - ▶ na planaichean togail airson a' chiad bàta thràillean
  - ▶ a' phrìomh fhianais a chaidh a chleachdadh ann an cùis an *Zong*
  - ▶ ìomhaigh a bha air crèadhadaireachd agus seudraidh
  - ▶ propaganda nan daoine a bha airson tràilleachd a chasg.





## a' leantainn...

7



Bha an ìomhaigh seo air a dhealbh agus air a mhargaideachadh le...

- ▶ Josiah Wedgwood
- ▶ William Wilberforce
- ▶ Thomas Clarkson
- ▶ John Newton.

8 Nuair a thèid iarrtas chun na Pàrlamaid air a shoidhneadh le mòran dhaoine, canar ris...

- ▶ lobaidh
- ▶ bile
- ▶ athchuinge
- ▶ lagh.

9 B' e am BP a dh'fhàs ainmeil airson a bhith a' bruidhinn an aghaidh malairt nan tràillean sa Phàrlamaid...

- ▶ Josiah Wedgwood
- ▶ William Wilberforce
- ▶ Thomas Clarkson
- ▶ John Newton.

10 Saoil dè an earrann às a' Bhioball a chleachd Crìosdaidhean Soisgeulach gus cur an aghaidh tràilleachd?

- ▶ A sheirbhiseacha, bithibh umhail do ur maighistirean a rèir na feòla, le eagal agus crith, ann an treibhdhireas ur cridhe, mar do Chrìosd. (Ephesiaich 6:5)
- ▶ Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gun tug e a aon-ghin Mhic fhèin. (Eòin 3:16)
- ▶ Uime sin, gach uile nì a bu mhiann leibh daoine a dhèanamh dhuibhse, dèanaibh-se a leithid dhaibhsan mar an ceudna. (Mata 7:12)
- ▶ Agus chruthaich Dia an duine na dhealbh fhèin. (Genesis 1:27).

11 'S e Crìosdaidh a tha a' creidsinn ann a bhith a' dèanamh chùisean nas fheàrr air an t-saoghal a th' ann an/am...

- ▶ pròstanach
- ▶ soisgeulaiche
- ▶ Cuaigear
- ▶ manach.

12 Nuair a sgrìobh Mary Wollstonecraft 'A bheil dàrna leth nan daoine, mar na h-Afraganaich bho chd a chaidh a dhèanamh nan tràillean, gu bhith a' fulang claon-bhreith mar bhrùidean nas mìlse?' bha i a' gearan air...

- ▶ fireannaich
- ▶ boireannaich
- ▶ daoine aig an robh tràillean
- ▶ BP.

13 B' e an t-ainm a bh' air an iomairt a bha a' bha a' brosnachadh dhaoine gun a bhith a' ceannach siùcar a rinn tràillean...

- ▶ casg an t-siùcair
- ▶ boycott an t-siùcair
- ▶ dubhadh an t-siùcair
- ▶ feill an t-siùcair.

## Obair 3

Dèan coimeas eadar am plana agadsa airson iomairt an aghaidh tràilleachd agus an iomairt airson tràilleachd a chasg. Dè na nithean a tha coltach ri chèile agus dè tha eadar-dhealaichte?



## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Carson a bha Olaudah Equiano cudromach san iomairt son casg a chur air tràilleachd?

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt le co-dhiù dà adhbhar ag innse carson a bha Olaudah Equiano cudromach san iomairt airson tràilleachd a chasg.

Tha Stòr A bho òraid a rinn MP a bha airson tràilleachd a chasg ann an 1797.

### STÒR A

*Bhathar a' dèanamh nithean oillteil gach latha air na planntachasan. B' e aon dhiubh sin gun deach balach òg dubh a thilgeil a-steach do phrais làn siùcar goileach bhon a thuirt e gun robh e ro thinn airson obair. Chùm e am balach sa phrais airson uair a thìde agus chuip e e gu h-uabhasach an uair sin. Thug e sia mìosan mus d' fhuair e seachad air.*

2 Dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air na modhan-obrach a bhiodh aig na daoine bha airson casg a chur air tràilleachd nan iomairt?

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' mìneachadh gu bheil an stòr seo feumail no nach eil nad bheachd-sa. Bu chòir dhut taic a thoirt dod bheachd le bhith a' mìneachadh nad fhaclan fhèin:

- ▶ Cò sgrìobh an stòr?
- ▶ *Cuin* a chaidh an stòr a sgrìobhadh?
- ▶ Dè tha an stòr ag innse mu na modhan-obrach a bha na daoine a bha airson tràilleachd a chasg a' cleachdadh.



## Nàiseanta 5

### 1 Thoir cunntas air a' bhuidh a bh' aig an iomairt airson tràilleachd a chasg air muinntir Bhreatainn. (4 comharran)

Cuimhnich, airson a bhith soirbheachail ann an ceistean *Thoir cunntas* bu chòir dhut feuchainn ri ceithir puingean fiosrachaidh iomchaidh agus ceart a tha freagarrach dhan cheist a thoirt seachad. Mar eisimpleir: *B' e aon de bhuidhean na h-iomairt gun deach ìomhaighean gairiseachail de mhalairt nan tràillean a shealltainn do mhuintir Bhreatainn.*

Agus na dìochuimhnich, mura h-eil cuimhn' agad air ceithir puingean, faodaidh tu barrachd a sgrìobhadh mun fheadhainn a th' agad. Mar eisimpleir, gus barrachd a chur ris a' phuing mu na h-ìomhaighean gairiseachail, dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *Chaidh am plana de bhàta thràillean a shealltainn airson 's gum faiceadh daoine cho beag a dh'àite 's a bh' aig na daoine a bha nan tràillean.* (1 chomharra a bharrachd)

Tha Stòr A ag innse mu na modhan-obrach a bha na daoine a bha airson tràilleachd a chasg a' cleachdadh airson an iomairt aca a bhrosnachadh.

## STÒR A

*Bha an iomairt airson tràilleachd a chasg a' faighinn taic bho thràillean a bha air an saoradh mar Ottabah Cugoano, a bhiodh a' tighinn chun nan coinneamhan agus a' bruidhinn mu na nithean a thachair dhaibh. Chan eil ceist sam bith nach robh pàirt chudromach aig na coinneamhan poblach san iomairt airson tràilleachd a chasg.*

*Chaidh Thomas Clarkson air feadh na rìoghachd ag innse mu shuidheachadh Afraganaich a bha nan tràillean agus chuir na chuala iad uabhas air na daoine. Chaidh iomadh tagradh a chur chun na Pàrlamaid bho bhailtean air feadh na RA. Bha cuideam mòr a' tighinn air ceannardan Bhreatainn.*

### 2 Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' toirt fiosrachadh air na modhan-obrach a bha na daoine a bha airson tràilleachd a chasg a' cleachdadh airson taic a thoirt dhan iomairt aca? (5 comharran)

Mun àm seo bidh fios agad gu bheil feum aig ceistean *dè cho slàn* air beachd soilleir, sgrìobhte, an seo mu cho slàn 's a tha an stòr ag innse mu na dòighean a bha aig na daoine a bha airson tràilleachd a chasg. Mar eisimpleir: *Tha an stòr ag innse gu ìre mu na modhan-obrach a bha na daoine a bha airson tràilleachd a chasg, ach bha modhan eile ann nach eil air an ainmeachadh san stòr. Tha seo a' sealltainn gu soilleir gu bheil beachd agad.*

Feumaidh tu co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh iomchaidh bhon stòr a tha ag innse mu na modhan a bh' ann airson casg a chur air malairt thràillean. Mar eisimpleir: *Tha an stòr ag innse gun robh daoine a bha air a bhith nan tràillean a' bruidhinn aig coinneamhan dhaoine a bha airson tràilleachd a chasg. Gheibh sin aon chomharra dhut. Tha co-dhiù dà phuing shoilleir eile san stòr.*

Feumaidh tu an uair sin co-dhiù trì pìosan fiosrachaidh eile a sgrìobhadh bho d' eòlas fhèin a tha freagarrach dhan cheist, ach nach eil san stòr. Mar eisimpleir: *Chaidh boycott an t-siùcair a chur air dòigh leis a' bhuidheann a bha airson tràilleachd a chasg airson bacadh a chur air iartas airson siùcar a chaidh a dhèanamh le daoine a bha nan tràillean. Feuch ri dà phuing eile ainmeachadh a chuireas crìoch air do fhreagairt.*



# Caibideil 11 Carson a thug e cho fada casg a chur air malairt nan tràillean?

## Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh nan adhbharan a thug e cho fada malairt nan tràillean a chasg. Tha e ag innse mun phrìomh strì sa Phàrlamaid an aghaidh cur às dha, an t-strì sna puirt a bu mhotha a bha a' faighinn buannachd às agus mun strì san rìoghachd san fharsaingeachd. Thathar cuideachd a' beachdachadh air tachartasan taobh a-muigh Bhreatainn a thug buaidh air an iomairt, leithid na thachair aig

**Toussaint L'Ouverture.**

Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Cunntas a thoirt air an iomairt *airson tràilleachd* an aghaidh *tràilleachd a chasg*.
- ▶ Cunntas a thoirt air mar a bha cuid an aghaidh casg tràilleachd ann am puirt Bhreatainn.
- ▶ Mìneachadh carson a bha e doirbh toirt air a' Phàrlamaid malairt thràillean a chasg.
- ▶ Mìneachadh carson a chuir cùisean ann an Haiti maille air casg tràilleachd.

## A' toirt malairt nan tràillean gu ceann

Carson a thug an iomairt cho fada mus do shoirbhich e?

- ▶ Thog Granville Sharp a' chiad chùis lagha aige an aghaidh tràilleachd ann an 1765.
- ▶ Chùm an Comann airson Malairt Thràillean a Chasg a' chiad ghearan taobh a-muigh na Pàrlamaid ann an 1783.
- ▶ Thug Uilleam Wilberforce a-steach a' chiad Bhile airson tràilleachd a chasg ann an 1789.

Ach ann an 1807, bha tràilleachd na h-Atlantaigh fhathast a' fàs. Thèid beachdachadh air na h-adhbharan air cùl seo sna h-earrannan a leanas:

- ▶ an iomairt airson tràilleachd
- ▶ strì sa Phàrlamaid airson tràilleachd a chasg
- ▶ iomairtean airson tràilleachd a chasg sna puirt thràillean
- ▶ Toussaint L'Ouverture agus Haiti.

## An iomairt airson tràilleachd

Chaidh daoine a bha a' dèanamh tòrr airgid às na planntachasan mòra a bha aca sna h-Innseachan an lar no tro mhalairt thràillean an sàs ann an iomairt mòr a' toirt taic do mhalairt thràillean:

*Mura bi daoine dubha againn, cha bhi siùcar, ruma msaa againn. Mar sin bidh am beairteas a bhios an rìoghachd seo a' faighinn bho bhith a' toirt a-steach toradh nam planntachasan air a dhubhadh às. Bidh na ceudan mhiltean de mhuinntir Bhreatainn a bhios a' dèanamh bathar airson na malairt thriantanaich a' call an obraichean agus a' dol a-mach a dh'iarraidh airgead air daoine.*

*Malachi Postlethwaite, neach-eaconamachd on ochdamh linn deug*



### MÌNEACHADH

**Toussaint L'Ouverture** am fear a bha a' stiùireadh nan tràillean a bha air an saoradh ann an Haiti




Sgrìobh iad cuideachd artaigilean ann an irisean:

*A luchd-dùthcha, beachdaichibh air ur suidheachadh airson greiseag! Dh'fhaodadh sinn malairt cholonaidhean an t-siùcair a chall – tha seo nas cudromaiche don rìoghachd na tha mòran a bhios a' bruidhinn mun chuspair mothachail air. Tha luach na malairt seo eadar seasgad agus seachdad millean, dà thrian no barrachd a tha le saoranaich a tha a' fuireach san dùthaich seo. An urrainn Sasainn a leithid seo a leigeil seachad?*

Clàr Woodfall, 16 Giblean 1789

Chaidh dealbhan fhoillseachadh cuideachd gus sealltainn nach robhar a' dèanamh droch làimhseachadh air tràillean.



*Tha an dealbh-èibhinn seo a' dèanamh coimeas eadar teaghlach thràillean a tha dòigheil agus teaghlach truagh Breatannach gun obair.*

## Strì sa Phàrlamaid an aghaidh casg tràilleachd

B' e buidheann cumhachdach air a dheagh eagrachadh a bha anns na Buill Pàrlamaid a bha a' toirt taic do mhalairt thràillean. Bhiodh iad a' dèanamh òraidean a' toirt taic do mhalairt thràillean. Bhiodh iad cuideachd a' cleachdadh innleachdan gus maill a chur air gluasad sam bith gus tràilleachd a chasg. Bhiodh iad ag argamaid gun robh feum air tuilleadh ùine gus fiosrachadh fìor fhaighinn mu thràilleachd na h-Atlantaig. Chaidh mòran òraidean a thoirt seachad sa Phàrlamaid a' mineachadh carson nach bu chòir do mhalairt thràillean tighinn gu ceann.

*Dh'fhaodadh mòran dhaoine, gu dearbh, cur an aghaidh malairt thràillean mar nì mì-chneasta agus olc; ach feumaidh sinn cuimhneachadh, ma tha na colnoidhean againn gu bhith air an àiteach, rud nach gabh a dhèanamh ach le bhith a' cleachdadh dhaoine dubha à Afraga, gur cinnteach gu bheil e nas fheàrr an luchd-obrach sin a thoirt ann air na bàtaichean Breatannach againn fhèin seach a bhith gan ceannach a-steach bho luchd-malairt às an Fhraing, an Òlaind no an Danmhairg.*

Temple Luttrell, òraid sa Phàrlamaid, 23 Cèitean 1777




Dèan sgrùdadh air an fhiosrachadh a tha thu air a chruinneachadh mu bheatha air a' phlanntachas. Inns mu thrì nithean san dealbh seo nach eil ceart.

Thug feadhainn a bha a' toirt taic do thràilleachd fianais aig **rannsachaidhean Pàrlamaideach** mu mhalairt thràillean.

*Ma tha an aimsir bruthainneach, agus fallas air an craiceann, nuair a thig iad suas air an deic, bidh dithis fhear an sin le pìosan aodaich airson an tiormachadh, agus fear eile le deoch a dh'òlas iad, agus an uair sin thèid pìob agus tombaca a thoirt dhaibh agus thèid ceòl às an dùthaich aca fhèin a chluich dhaibh air innealan-ciùil agus nuair a bhios iad sgìth de cheòl agus dannsa, bidh iad a' cluich geamannan cearrachd.*

*Cunntas air an turas meadhain a chaidh a thoirt mar fhianais do Rannsachadh Pàrlamaideach mu Mhalairt Thràillean ann an 1788 le James Penny, neach-malairt thràillean à Liverpool aig an robh planntachas.*

Air 2 Giblean 1792, nuair a chuir William Wilberforce Bile air adhart a-rithist ag iarraidh tràilleachd a chasg, mhol Henry Dundas, ball cudromach den riaghaltas, fuasgladh co-rèiteachaidh airson **casg mean air mhean** a thachradh thairis air grunnan bhliadhnaichean.



*Chaidh an dealbh seo de bheatha air planntachas ullachadh ann an 1790 le feadhainn a bha a' toirt taic do mhalairt thràillean.*

## Iomairtean airson tràilleachd a chasg sna puirt thràillean

Bha daoine bho bhailtean mar Bristol agus Liverpool a bha a' faighinn buannachd bho mhalairt thràillean ag iomairt an aghaidh cur-às do mhalairt thràillean ann an iomadach dòigh.

Mar Mhèar air Liverpool, bha Thomas Leyland a' coiteachadh ris a' Phàrlamaid gun malairt thràillean a chasg, a' cumail a-mach gun dèanadh sin call mòr air a' bhaile.

*Nan rachadh cur-às do mhalairt thràillean, thigeadh soirbheachas agus eadhon 's dòcha beatha nan Innseachan an lar gu ceann, agus chailleadh Bristol, aon de na bailtean as soirbheachaile ann an Sasainn, 60 sa cheud de mhalairt. Ann am Bristol thigeadh malairt sgadan saillte a bhathar ag ithe sna h-Innseachan an lar gu ceann agus togail bhàtaichean, càradh bhàtaichean, dèanamh ròpaichean, dèanamh shiùil agus ag ullachadh stuth iarainn. Le dith thràillean ùra thigeadh crìoch air fàs siùcair agus dh'fheumte na fineadairean siùcair a dhùnadh.*

### MÌNEACHADH

#### Rannsachadh Pàrlamaideach

coinneamh de BP ag amas air tuilleadh fhaighinn a-mach mu chùis agus fiosrachadh a thoirt air ais dhan Phàrlamaid

**Casg mean air mhean** a' cur às do mhalairt thràillean gu slaodach



## Toussaint L'ouverture agus Haiti

Bha pàirt mhòr aig tachartasan taobh a-muigh Bhreatainn ann a bhith a' cur bacadh air casg - ie casg tràilleachd na h-Atlantaig. An uair a bha **Mòr-chaochladh na Frainge** ann ann an 1789, chuir muinntir na Frainge an rìgh às a dhreuchd. Ceithir bliadhna an dèidh sin, chuir iad a cheann dheth. Bha daoine beairteach agus cumhachdach ann am Breatainn air an uabhasachadh leis na nithean a thachair. Thionndaidh an criothnachadh a fhuair iad gu eagal nuair a dh'èirich na tràillean air a' cholonaidh Fhrangach Saint-Domingue an aghaidh an luchd-riaghlaidh agus a thug iad tràilleachd gu ceann ann. Fo

stùireadh Toussaint L'ouverture, thòisich iad dùthaich neo-eisimeileach air an tug iad **Haiti**. Bha eagal air luchd-riaghlaidh ann am Breatainn gun tachradh an aon seòrsa ar-a-mach am measg thràillean ann an eileanan Breatannach faisg air làimh leithid lameuga. Chuir iad às do ghluasadan sam bith a dh'ionnsaigh casg air tràilleachd, a' cumail a-mach gum brosnachadh e tràillean sna h-Innseachan an lar gu bhith a' dèanamh ar-a-mach.



### MÌNEACHADH

#### Mòr-chaochladh na Frainge

ar-a-mach le muinntir na Frainge an aghaidh an rìgh

**Haiti** a' chiad dùthaich anns an do dh'èirich tràillean an aghaidh am maighstirean agus a ghabh iad thairis bhuapa

*Dealbh de Toussaint L'ouverture, 1743-1803, stiùiriche gluasad neo-eisimeileach Haiti.*

## Obair 1

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an geàrr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Rinn na daoine a bha airson casg a chur air tràilleachd strì làidir, ach bha dùbhlann mòr nan aghaidh bho **MAIRITO RAISNO ACHDÀILLTRE**. 'S e am beairteas aca fhèin a bha a' cur dragh orra, ach bha luchd-taic tràilleachd a' cumail a-mach gun rachadh beairteas agus **AICHOEANBR** dhaoine eile a mhilleadh nan stadadh tràilleachd. Bha iad a' cumail a-mach gun robh tràillean a' faighinn deagh làimhseachadh.

Bha a' mhòr-chuid de **UBHILL ÀRLAMPAID** a' cur taic ri malairt thràillean agus bhruidhinn iad an aghaidh oidhirp sam bith gus a casg. Ghabh cuid ri bhith ga casg beag air bheag. Thug cuid fianais do **SACHARADHNN** Pàrlamaid 's iad a' toirt taic do thràilleachd.

Bha **RANMÈA** agus comhairlichean nam bailtean a bha a' faighinn buannachd bho mhalairt nan tràillean, mar **ROPOLIVEL** agus **STBRIOL**, cuideachd a' sabaid an aghaidh casg tràilleachd.

Bha na bha a' tachairt taobh a-muigh Bhreatainn cuideachd ga dhèanamh doirbh casg a chur air thràilleachd. Mar thoradh air **RÀ-A-CHAM AN AGFREIN** bha eagal ann ro atharrachadh, agus chuir mar a chaidh casg a chur air tràilleachd ann an **AINTS MINGOUED** eagal mòr air ceannardan Bhreatainn. Chuir iad stad air bruidhinn sam bith air **GSAC RIA CHEATHLLDRÀI**.

## Obair 2


Maidis na ceithir faclan/abairtean 1-5 ris na ceithir faclan/abairtean a-f gu h-ìosal.

Bha ceithir phrìomh bhacaidhean ann a thaobh casg a chur air tràilleachd. Bha daoine beairteach agus cumhachdach [1] agus a' pàigheadh airson iomairt an aghaidh casg a chur air. Bha a' mhòr-chuid de BP a' toirt taic do tràilleachd agus a' cleachdadh grunnan [2] airson bacadh a chur air [3] an aghaidh casg a chur air tràilleachd. Bha e comasach do mharsantan ann [4] a fhuair a' bhuannachd a bu mhotha à tràilleachd na h-Atlantaig muinntir an àite a bhrosnachadh an aghaidh tràilleachd a chasg. Bhathar ag aithris air nithean a thachair san Fhraing agus ann an [5] ann a leithid a dhòigh is gun robh eagal air daoine bho atharrachadh sam bith a' gabhail a-steach [6].

- a a' toirt taic do
- b Bile
- c Haiti
- d am bailtean
- e casg air tràilleachd
- f innleachd

## Obair 3

### Dealbhaich Gluaiseachan Lèirmheis



Bu chòir dhan ghluaiseachan agad innse mu na h-adhbharan a thug e cho fada casg a chur air malairt thràillean na h-Atlantaig. Faodaidh tu obrachadh leat fhèin no ann am buidheann de cheathrar no nas lugha na sin.

Ma bhios tu ag obair ann am buidheann, feumaidh tu cuideachd clàr anns am bi thu a' clàradh dè dìreach a bhios a h-uile duine a' dèanamh sa phròiseact.

Seo na slatan-tomhais soirbheachaidh agad:

- Feumaidh co-dhiù ceithir pìosan a bhith air a' ghluaiseachan.
- Bu chòir gach pìos innse mu aon adhbhar a thug e cho fada cur-às do mhalairt thràillean.
- Bu chòir nithean eile a bhith crochte bho na pìosan.
- Feumaidh teansa a bhith air dhà de na pìosan.
- Feumaidh gach pìos aon dealbh mòr a bhith air gach taobh a bhios co-cheangailte ri neach no tachartas sònraichte.
- Bu chòir dhan ghluaiseachan crochadh gu furasta.
- Bu chòir dhan ghluaiseachan a bhith furasta fhaicinn agus a leughadh aig astar.
- Feumaidh an gluaiseachan a bhith dathach, tarraingeach agus iomchaidh dhan chuspair.





## Ceistean

### Nàiseanta 4

1 Carson a bha uimhir de dhaoine ann am Breatainn an aghaidh feadhainn a bha airson casg a chur air tràilleachd?

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' toirt co-dhiù dà adhbhar gus mìneachadh carson a bha daoine ann am Breatainn an aghaidh dhaoine a bha airson casg a chur air tràilleachd.

Tha Stòr A mar phàirt de dh'òraid a rinneadh sa Phàrlamaid le BP a bha a' dìon malairt thràillean ann an 1777.

### STÒR A

*Is dòcha gu bheil malairt dhaoine air a mheas mar nì borb agus mì-chneasta, ach tha a' mhalairt seo a' toirt iomadh buannachd don nàisean a tha nas cudromaiche na droch nithean a thathar a' cur às a leth.*

2 Dè cho feumail 's a tha Stòr A a mar fhianais air na duilgheadasan a bha an lùib malairt thràillean a chasg?

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

A bheil an stòr seo feumail? Bu chòir dhut taic a thoirt dha do bheachd le bhith a' mìneachadh nad bhriathran fhèin:

- ▶ Cò rinn an òraid.
- ▶ *Cuin* chaidh an òraid a dhèanamh.
- ▶ Dè tha an stòr ag innse dhuinn mu na duilgheadasan a bha an lùib malairt thràillean a chasg.



## Nàiseanta 5

Tha Stòr A ag innse mu na duilgheadasan a bha ro luchd-casg malairt thràillean.

### STÒR A

*Rinn an naidheachd mun Mhòr-chaohlachd san Fhraing, mòran ann am Breatainn iomagaineach mun atharrachadh a dh'fhaodadh tighinn gu h-obann, agus rinn seo milleadh air an iomairt airson casg a chur air tràilleachd. Chuir na nithean a thachair air eilean Haiti, far an do mharbh tràillean na ceudan de shaighdearan Breatannach ris an eagal a bha air daoine. Fad na h-ùine seo bha na mèaran agus comhairle-baile nam puirt a bha a' faighinn na buannachd a bu mhotha bhon mhalairt a' cumail suas na strì gus casg tràilleachd a stad.*

#### 1 Dè cho slàn 's a tha Stòr A a' mìneachadh nan duilgheadasan a bha ron iomairt airson malairt thràillean a chasg? (6 comharran)

Na dìochuimhnich, airson a bhith soirbheachail ann an ceist dè cho slàn, feumaidh tu:

- ▶ beachd a thoirt seachad
- ▶ co-dhiù trì piosan fiosrachaidh freagarrach a thogail bhon stòr, a tha an seo ag innse mu na modhan a bh' aig an luchd-casg thràilleachd
- ▶ cothromachadh a dhèanamh nad fhreagairt le bhith a' sgrìobhadh trì puingeann fiosrachaidh, freagarrach dhan cheist, nach eil san stòr agus bho d' fhiosrachadh fhèin.

#### 2 Minich na h-adhbharan a bha daoine an aghaidh casg tràilleachd. (5 comharran)

Thoir sùil air na ceistean *mìnich* eile san leabhar airson tuilleadh stiùireadh air mar a fhreagras tu ceist den t-seòrsa seo. Na dìochuimhnich gum feum thu sia adhbharan, bho d' eòlas fhèin, a tha iomchaidh agus ceart. Tha e feumail am facal oir a chleachdadh. Tha e nas fhasa adhbhar a thoirt às dèidh oir. Mar eisimpleir: 'S e aon adhbhar airson daoine a bhith an aghaidh casg air malairt thràillean, gun robh buaidh aig propaganda nam buidhnean a bha an aghaidh a' chasg orra. (1 chomharra)

*Bha cuid de dhaoine an aghaidh casg air malairt thràillean, oir bha buaidh aig propaganda nam buidhnean a bha an aghaidh a' chasg orra. (1 chomharra)*

'S urrainn dhut comharran a bharrachd faighinn le bhith a' cur ris na puingeann agad – tha sin a' ciallachadh gun toir thu tuilleadh fiosrachaidh seachad a chuireas taic ris na tha thu a' ràdh. An seo 's dòcha gun sgrìobhadh tu *Bha cuid den phropaganda an aghaidh cur às do thràilleachd a' dèanamh a-mach gun robh daoine a bha nan tràillean nas fheàrr dheth na bha mòran de theaghlaichean bhon chlas obrach ann am Breatainn.*



## Caibideil 12 Carson a chaidh malairt nan tràillean a chasg?

### Cò mu dheidhinn a tha a' chaibideil seo?

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh nan adhbharan eadar-dhealaichte airson malairt nan tràillean a chasg ann an Ìmpireachd Bhreatainn ann an 1807. Thathar a' beachdachadh air dè cho cudromach 's a bha iomairt Wilberforce sa Phàrlamaid agus an iomairt fharsaing airson tràilleachd a chasg air feadh Bhreatainn. Thathar cuideachd a' mìneachadh nan adhbharan eaconamach airson tràilleachd an Atlantaig tighinn gu ceann agus buaidh ar-a-mach nan tràillean sa Charibbean.

### Aig deireadh na caibideil seo bu chòir dhut a bhith air chomas:

- ▶ Mìneachadh a thoirt air na h-adhbharan airson casg malairt nan tràillean ann an 1807.

## Wilberforce

Thàinig malairt nan tràillean gu ceann mar thoradh air Achd Pàrlamaid a fhuair aonta ann an 1807. Bithear tric ag ainmeachadh Uilleam Wilberforce mar an neach a rinn a' chuid a bu mhotha airson malairt nan tràillean a chasg. Dh'fheuch e ri toirt air na BP eile tuigsinn cho cudromach 's a bha malairt nan tràillean a chasg. Mura b' e an strì a rinn e thairis air 20 bliadhna is iongantach gum biodh am malairt air tighinn gu ceann anns an dòigh anns an do thachair e.



*Am film Amazing Grace a rinneadh ann an 2006 gus cuideachadh ann a bhith a' comharrachadh gun robh dà cheud bliadhna air a dhol seachad on chaidh malairt nan tràillean a chasg. Tha an dealbh a' sealltainn Ioan Gruffudd (na sheasamh) a' toirt seachad òraid mar gur e Wilberforce a bha ann.*



## Luchd-casg Malairt nan Tràillean

Ged a b' e neach-iomairt dìcheallach a bha ann an Wilberforce a chuir mòran Bhilean air beulaibh na Pàrlamaid, cha do shoirbhich le gin dhiubh. Bhàsaich caraid Uilleam Wilberforce, **Uilleam Pitt**, ann an 1806 agus chaidh riaghaltas ùr a chur na àite a bha air leth cudromach ann an casg tràilleachd. Chaidh toirt air a' phrìomh mhinistear ùr, **Am Morair Grenville**, agus air na BP eile a chaidh a thaghadh ann an 1806, tighinn chun a' bheachd gun robh an t-àm ann airson casg a chur air tràilleachd. Bha gnìomhan dhaoine mar Granville Sharp, Tòmas Clarkson, Olaudah Equiano agus eile air **beachd a' phobail** mun mhalairt atharrachadh. Bha an t-eagal air a' mhòr-chuid de na BP gun cailleadh iad na suidheachain aca mura h-aontaicheadh iad ri beachd a' mhòr-shluaigh mu chasg tràilleachd.

## Argamaidean Eaconamach

Tha cuid de dhaoine ag ràdh gun tàinig tràilleachd an Atlantaig gu crìoch leis nach robh e cho prothaideach 's a bha e aig aon àm. Cha robh obair giullachd an t-siùcair riamh na ghnòthachas furasta. Bha na tràillean riamh a' lorg dhòighean air seasamh an aghaidh nan daoine leis an robh na planntachasan. Bhiodh mòr-thubaistean nàdarra ann leithid doineannan no galaran a bhiodh a' toirt buaidh air an t-saothrachadh. Ghabhadh siùcar a dhèanamh ann an dòigh na bu shaoire ann an àiteachan eile, mar eisimpleir anns **Na h-Innseachan**, gun a bhith a' cleachdadh dhaoine a bha nan tràillean. Agus, bha **Mòr-chaochladh a' Ghnìomhachais** air leantainn air adhart gu leasachadh gnìomhachasan ùra a bha a' tabhann dhòighean ùra air prothaid a dhèanamh.



*Dealbh de phlanntachas siùcair Innseanach bho thràth san naoidheamh linn deug. Bha obair an t-siùcair sna h-Innseachan na b' èifeachdaiche às aonais thràillean.*



*Dealbh ola bho mu 1760, agus thathar a' smaoinichadh gur e Olaudah Equiano a tha ann.*

### MÌNEACHADH

**Uilleam Pitt** am prìomh mhinistear Breatannach eadar 1783 agus 1801 agus a-rithist bho 1804 gus an do bhàsaich e ann an 1806

**Iarla Grenville** am prìomh mhinistear aig an àm a chaidh tràilleachd a chasg ann an 1807

**Beachd Poblach** beachd nan daoine

**Na h-Innseachan** rìoghachd ann an Ìmpireachd Bhreatainn a bha a' dèanamh siùcar gun a bhith a' cleachdadh thràillean

**Mòr-chaochladh a' Ghnìomhachais** atharrachadh mòr san eaconamaidh far am bithte a' cleachdadh mhodhan-obrach ùra airson nithean a dhèanamh



*Mèinn guail ann am Breatainn, tràth san naoidheamh linn deug, agus neach-obrach. Le leasachadh air gnìomhachas ann am Breatainn thàinig cothroman tasgaidh gun chunnart cho mòr.*

## Ar-a-mach thràillean

Bha **ar-a-mach thràillean** gu math cumanta air eileanan Breatannach nan Innseachan an Iar. Bha fathannan mu na nithean a bha air tachairt air Haiti a' misneachadh thràillean gu bhith eadhon nas daingne agus nas gairge. Mu 1806 bha gearanan bho luchd-seilbh nam planntachasan gun robh na tràillean air fàs gu math rìghinn agus nàimhdeil. Bha gnìomhan nan tràillean fhèin nan pàirt mhòr ann a bhith a' toirt tràilleachd gu ceann.

### MÌNEACHADH

**Ar-a-mach thràillean** far an do dh'èirich mòran thràillean an aghaidh am maighstirean

## Obair 1

### Dèan geàrr-chunntas air a' chaibideil seo

Tha an geàrr-chunntas a leanas a' cur nad chuimhne cò mu dheidhinn a tha am pàirt seo. Chaidh na faclan a tha cudromach a chur TROIMH-A-CHÈILE. Feumaidh tu na FACLAN obrachadh a-mach agus an uair sin an riochd ceart a sgrìobhadh nad leabhar-obrach no nad fhaidhle.

Bha pàirt aig William Wilberforce sa Bhile gus casg a chur air malairt thràillean. Bha e ag iomairt sa Phàrlamaid airson faisg air **CHADFIE** bliadhna. Ach bha bàs **ILAWMIL TIPT** cudromach leis gun robh am prìomhaire ùr na bu dealasaiche a thaobh tràilleachd a chasg. Aig an àm seo bha luchd-casg tràilleachd air **ACHBED A' BHOLLPAI** fhaighinn air an taobh.

Chuidich cùisean eaconomach cuideachd. Cha robh **OAIDPRTH** cho mòr ann an tràilleachd 's a bha ann an obair shaor. Thug gnìomhachasan ùra mar **NEADHMÈIN LAGUI** cothrom do dhaoine beairteach airgead a SATHGADH ann an gnìomhachasan gun riosg cho mòr a ghabhail.

Dh'adhbharaich **RA-A-CMAH LLEANTÀHR** eagal mòr agus bha seo cudromach ann a bhith a' dearbhadh air daoine gun robh an t-àm ann airson atharrachadh.



## Obair 2



### Dùbhlán

Gu h-ìosal chì thu liosta de bheachdan eòlaichean mun adhbhar a thàinig tràilleachd an Atlantaig gu ceann. Tha na beachdan a' fàs nas dorra mar as fhaide sìos an liosta a thèid thu. Feuch ris gach beachd a mhìneachadh nad bhriathran fhèin agus inns a bheil thu ag aontachadh ris. Feuch dè cho fada sìos an liosta a thèid thu.

#### Eòlaiche 1

*Cha robh soirbheachas Breatannach tuilleadh an urra ri saothair thràillean oir bha obraichean san rìoghachd fhèin mar gual, iarann agus obair aodaich air tighinn air adhart gu luath.*

*Tom Monaghan, ùghdar agus neach-teagaisg Eachdraidh*

#### Eòlaiche 2

*Bha Wilberforce agus a luchd-taic an sàs ann am mòran bhilean gus malairt nan tràillean a chasg ach cha deach gin dhiubh troimhe. Cha do thòisich atharrachadh air beachdan a' mhòr-shluaigh gu 1806. Cha robh colanaidhean Bhreatainn sa Charibbean cho cudromach tuilleadh do Bhreatainn airson siùcar. Bha na ceannaichean air faighinn a-mach gum b' urrainn dhaibh siùcar a cheannach bho Chiùba agus Brasil aig prìs na b' ìsle.*

*Rosemary Rees, ùghdar agus neach-sgrùdaidh dheuchainnean Eachdraidh*

#### Eòlaiche 3

*Bha Comann Bhreatainn airson Casg Malairt nan Tràillean ag iomairt gu h-ionadail an aghaidh na malairt am measg gach inbhe den chomann agus a' cur nan deich mhiltean de thagraidhean chun an Rìghaltais air an soighneadh leis a' mhòr-shluaigh. Bha mothachadh a' sìor fhàs gun robh muinntir Afraga an aghaidh na bha iad a' fulang, air bàtaichean agus air na planntachasan, agus thug seo air mòran taic a thoirt dhan iomairt ... Bha e a' fàs anabarrach soilleir gun robh gràin aig na h-Afraganaich air an t-suidheachadh san robh iad agus bha iad airson 's gun tigeadh e gu ceann.*

*Seumas Waluin, Àrd-ollaimh Eachdraidh, Oilthigh Iorc*

#### Eòlaiche 4

*Anns na 1760an thòisich an t-iarrtas airson crìoch a thoirt air malairt nan tràillean gu bhith na bhuidheann-strì mòr, poilitigeach. Ach 's dòcha gun robh mar a bha eaconamaidh Bhreatainn a-nis stèidhichte barrachd air gnìomhachas a cheart cho cudromach ... Chrìon obair an t-siùcair sna h-Innseachan an Iar aig an aon àm 's a bha Breatainn a' leudachadh malairt ri Àisia.*

*Daibhidh Killingray, Àrd-ollaimh Eachdraidh, Oilthigh Lunnainn*



## a' leantainn...

### Eòlaiche 5

Bu chòir dhan fheadhainn a tha a' faicinn ann an casg tràilleachd gu bheil cogais dhaoine gu slaodach a' dùsgadh, faighneachd dhaibh fèin carson a dhùisg cogais dhaoine gu h-obann, dìreach aig an àm a thòisich daoine a' faicinn nach robh tràilleachd prothaideach mar mhodh saothrachaidh ann an colonaidean nan Innseachan an Iar.

*C.L.R. James, sgrìobhaiche agus neach-eachdraidh*

### Eòlaiche 6

San Lùnastal 1791 thòisich ar-a-mach thràillean agus ... ann an 1804 chaidh Poblachd Haiti a stèidheachadh. Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil ceist sam bith ann gun robh a h-uile duine a' meas seo mar thachartas mòr ann an saoghal an Atlantaig air fad. Chuidich e toirt air luchd-stiùiridh Bhreatainn faicinn gun robh e glic dhaibh malairt nan tràillean a thoirt gu ceann. Ann an leabhran a sgrìobh an t-Iarla Brougham ann an 1804 thuirt e gun robh e gòrach a bhith a' toirt thràillean ùra à Afraga a-steach dhan Charibbean leis cho cugallach 's a bha an suidheachadh. Chuireadh seo an ceòl air feadh na fìdhle, thuirt e, agus bhiodh e na b' fheàrr malairt nan tràillean Afraganach a thoirt gu ceann.

*Robin Blackburn, Àrd-ollamh Sòis-eòlais, Oilthigh Essex*

## Ceistean

### Nàiseanta 4

**1** Thoir cunntas air a' phàirt a bh' aig Uilleam Wilberforce ann a bhith a' toirt malairt nan tràillean gu ceann.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' toirt co-dhiù dà phuing fiosrachaidh a' mìneachadh a' phàirt a bha aig Uilleam Wilberforce ann a bhith a' toirt malairt nan tràillean gu ceann.

**2** Carson a chaidh malairt nan tràillean a chasg ann an 1807?

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

Sgrìobh freagairt a tha a' toirt co-dhiù dà adhbhar a' mìneachadh carson a chaidh malairt nan tràillean a chasg ann an 1807.



## Nàiseanta 5

### 1 Minich na h-adhbharan a bha mòran dhaoine a' toirt taic do chasg tràilleachd mu 1807. (5 comharran)

San aon dòigh ri ceistean eile den t-seòrsa san leabhar seo, bu chòir dhut feuchainn ri sia adhbharan ainmeachadh, bho d' eòlas fhèin, a tha iomchaidh agus ceart gus a' chùis a mhìneachadh. Cuimhnich gu bheil e feumail am facal oir a chleachdadh nad fhreagairt.

Mar eisimpleir, an seo dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *B' e aon adhbhar airson mar a chur daoine taic ri casg tràilleachd mu 1807 an ar-a-mach a rinn na daoine a bha nan tràillean iad fhèin.* (1 chomharra)

*Bha cuid de dhaoine a' cur taic ri casg thràilleachd mu 1807 oir thòisich na daoine a bha nan tràillean iad fhèin air ar-a-mach a dhèanamh.* (1 chomharra)

Faodaidh tu comharran a bharrachd fhaighinn ma tha thu air chomas fiosrachadh a bharrachd a thogail mu phuing a tha thu air a dhèanamh. San dòigh seo dh'fhaodadh tu 6 comharran fhaighinn airson 4 puingeann iomchaidh a thogail agus 1 phuing le tuilleadh fiosrachaidh na chois. Mar eisimpleir, an seo dh'fhaodadh tu na leanas a sgrìobhadh: *Bha daoine fo bhuaidh nan gearainean bhon fheadhainn leis an robh na planntachasan mu nàimhdeas agus raige nan daoine a bha nan tràillean.*

Tha Stòr A bho artaigil san iris BBC History (2007) leis an eachdraiche Seumas Walvin.

## STÒR A

*Gu h-ìongantach fhuair casg tràilleachd taic ris nach robh dùil le oidhirpean Napoleon tràilleachd na Frainge a thòiseachadh às ùr. B' e cothrom air leth a bha ann do luchd-casg tràilleachd dearbhadh gun robh ceannas aig na Breatannaich thar nam Frangach. An lùib buaidh Achd Malairt nan Tràillean ann an 1806, chaidh casg a chur air dà thrian de mhalairt thràillean Bhreatainn. Thàinig seo mar chlach às an adhar air luchd-malairt agus air luchd nam planntachasan. Bhruidhinn Taigh nam Morairean gu làidir na aghaidh, ach bha an seann fhear a bha gu tur na aghaidh, Uilleam Pitt, air bàsachadh agus b' e Iarla Grenville a bha na àite, agus bha esan gu mòr airson tràilleachd a chasg agus bha cothrom aige buaidh a thoirt air cùisean ann an Taigh nam Morairean. A thuilleadh air sin, chunnacas àireamhan mòra de BhP a bha an aghaidh tràilleachd air an tilleadh gu Westminster an dèidh an taghaidh choitchinn ann an 1806.*

### 2 Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha Stòr A mar fhianais air na h-adhbharan airson malairt nan tràillean a chasg ann an 1807. (5 comharran)

Cuimhnich, tha trì dòighean air comharran fhaighinn nuair a tha thu a' freagairt ceist mar seo. An toiseach, thoir beachd air cò sgrìobh e, cuin agus carson a chaidh a sgrìobhadh. An uair sin thoir beachd air an fhiosrachadh a th' anns an stòr. Mu dheireadh thoir beachd air rud sam bith a tha a' fàgail an stòir lag, me dè a chaidh fhàgail às. Tha e cudromach gun cùm thu a' cleachdadh na h-abairt Tha an stòr seo feumail oir, no chan eil an stòr seo cho math/feumail oir, no chan fhaigh thu na comharran air a bheil thu ag amas.





## Cuin a thàinig tràilleachd gu ceann?

Chuir riaghaltas Bhreatainn casg air tràilleachd ann an 1807. Ann an 1834, rinneadh tràilleachd mì-laghail tro Ìmpireachd Bhreatainn air fad. B' e Brasil an dùthaich mu dheireadh a bha an sàs ann an tràilleachd an Atlantaig a chuir casg air, ann an 1888. Ach, tha tràilleachd fhathast san t-saoghal an-diugh.

### A' buain còco air Taobh an Iar Afraga



*Dithis bhalach, aois ochd bliadhna, ag obair air tuathanas còco le nàbaidh dhaibh air a' Chòte d'Ivoire ann an 2007.*

An àite a dhol dhan sgoil, tha cuid de bhalaich bheaga a' cur làithean fada seachad a' fosgladh podan còco gus a bhith a' frithealadh air gnìomhachas an t-seòclaid. Tha an obair uabhasach cunnartach agus faodaidh iad a bhith air an droch leòn agus faodaidh e buaidh a thoirt air an slàinte.

### Obair a' chotain ann an Uzbekistan

Feumaidh na mìltean de dh'fhireannaich, boireannaich agus clann ann an Uzbekistan a bhith a' buain a' chotain. Bidh cuid den chotan seo a' dèanamh a shlighe dha na bùithtean san Roinn Eòrpa.



*Boireannaich a' buain cotan faisg air baile Andijan, Uzbekistan ann an 2005.*



## Tràilleachd san RA

Tha tràilleachd fhathast san RA. Mar eisimpleir, thathar dhan bheachd gu bheil mu 5000 neach a tha air an trafaigeadh san RA aig àm sam bith. Bidh luchd-trafaigidh a' mealladh dhaoine gus tighinn dhan RA agus a' gealltainn deagh obair dhaibh. Ach, bithear a' toirt orra am 'fiachan' a phàigheadh air ais dhan neach-trafaigidh le bhith ag obair uairean fada ann an obraichean mì-chàilear. Thathar a' toirt air cuid a bhith ag obair ann an gnìomhachas feise.



*Is e modal a tha san dealbh seo ach tha tràilleachd fhathast a' dol air adhart san RA an-diugh.*

### Tuilleadh stòrasan

Gheibh thu tuilleadh a-mach mu thràilleachd san 21mh Linn tro na làraich-lìn seo:

- ▶ [www.antislavery.org/english/slavery\\_today/default.aspx](http://www.antislavery.org/english/slavery_today/default.aspx)
- ▶ [www.amnesty.org.uk/index.asp](http://www.amnesty.org.uk/index.asp)
- ▶ [www.freetheslaves.net](http://www.freetheslaves.net)





## 'Am faod sinn coimhead ri *Roots*...?'

Ann an 1976, dh'fhoillsich Alex Hayley, a bha air a dhreuchd a leigeil dheth mar mhaor-cladaich san US, agus a bha ron sin na neach-iomairt chòraichean catharra, leabhar a bha a' leantainn eachdraidh-beatha fhèin air ais gu Afraganach ris an canar Kunte Kinte.

Bha *Roots: The Saga of an American Family* air a dhèanamh na shreath telebhisean agus tharraing e còrr air 130 millean luchd-amhairc.

Tro bhith a' coimhead air *Roots* tuigidh tu cò ris a dh'fhaodadh beatha ann an Afraga a bhith coltach aig àm malairt tràillean an Atlantaig. Ach, ma choimheadas tu air *Roots* gus do chuideachadh a' tuigsinn a' chuspair seo, feumaidh tu a bhith mothachail air beagan dhuilgheadasan.

Saoil dè na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith an lùib *Roots* a chleachdadh gus an fhirinn fhaighinn a-mach mu thràilleachd?



*Dealbhan bhon t-sreath Roots, a chaidh a chraoladh eadar 1977 agus 1988.*

Tha an cuspair a tha thu a' sgrùdadh airson deuchainn Nàiseanta 5 co-cheangailte ri malairt tràillean Bhreatainn a bha a' gabhail a-steach nan Innseachan an Iar agus obair an t-siùcair. Tha *Roots* mu dheidhinn planntachasan tombaca agus cotain ann am Virginia, SA. Bha na suidheachaidhean air planntachas siùcair sna h-Innseachan an Iar tòrr na bu mhiosa na na suidheachaidhean air planntachas ann am Virginia. Mar sin, bi faiceallach an uair a bhios tu a' coimhead *Roots*. Tha e a' toirt beachd dhuinn air mar a bha malairt thràillean an Atlantaig ag obair, ach chan e sgeulachd nan Innseachan an Iar a tha ann, no sgeul an t-siùcair no mar a chaidh thràilleachd a chasg ann an eileanan a' Charibbean.



# Faclair

## A

**A' bhreac** – droch thinneas gabhaltach a bha air fhaighinn bho bhìoras

**A' bhuinneach mhòr** – galar a tha a' toirt buaidh air a' mhionach agus ag adhbharachadh fìor dhroch spùt

**Abolitionists** – daoine a bha airson cur às do mhalairt nan tràillean

**An City** – Sgìre ionmhais chudromach Lunnainn

**Am fiabhras buidhe** – galar tropaigeach a tha a' toirt buaidh air an adha agus air na h-àirnean air a sgaoileadh le bhìoras

**An glupad** – uisge sa cholainn ag adhbharachadh bòcadh agus pian

**An Saoghal Ùr** – am pàirt de Ameireaga a lorg Eòrpaich sa chòigeamh linn deug

**An Tionndadh Gnìomhachais** – atharrachadh mòr san eaconamaidh far am bithte a' cleachdadh mhodhan-obrach ùra airson nithean a dhèanamh

**An turas meadhain** – an turas eadar taobh an Iar Afraga agus na h-Innseachan an Iar, an dàrna pàirt de shlighe na malairt thriantanaich

**Ar-a-mach thràillean** – far an do dh'èirich mòran thràillean suas an aghaidh am maighstirean

**Arawak** – sluagh dùthchasach sna h-Innseachan an Iar

**Atharrachadh** – paragraf air a chur ri Bile, mar as trice le BP

**Athchuingean** – molaidhean sgrìobhte le taic bho mhòran dhaoine a chuir an ainm riutha

## B

**Bàillidhean** – feadhainn a bhiodh a' cruinneachadh thràillean air an oirthir gus an cur air bàtaichean nan tràillean

**Bathar malairt** – stuth a bheir bàta gu àite eile gus iomlaid a dhèanamh air airson stuth eile

**Beachd a' phobail / Beachd poblach** – beachd nan daoine

**Bilboes** – bàr iarainn le geimhlichean a ghabhadh gluasad agus a chumadh grèim air daoine mun adhbhrann

**Bile** – beachd airson lagh

**Bonny** – ceàrnaidh de Thaobh an Iar Afraga a tha a-nis a' gabhail a-steach nan dùthchannan a leanas – Nigeria, Cameroon, Equatorial Guinea, Sao Tome agus Gabon

**Boycott an t-siùcair** – iomairt san naoidheamh linn deug gus stad a chur air daoine a bhith a' ceannachd siùcar a bh' air ullachadh le tràillean

**Brandadh** – a' losgadh làrach air craiceann neach

## C

**Caipitean** – an neach a bhios os cionn bàta

**Canabaileachd** – an cleachdadh aig daoine a bhith ag ithe feòil no buill bodhaig dhaoine

**Cargu** – stuthan luachmhor air bòrd bàta-malairt

**Ceangal-coise** – sèine mheatailt a tha air a cleachdadh gus adhbhrainn prìosanaich a cheangal ri chèile

**Ceangal-làimhe** – sèine mheatailt a tha air a cleachdadh gus caol dùirn prìosanach a cheangal ri chèile

**Clarkson, Thomas** – fear a cheumnaich bho Oilthigh Chambridge a chaidh gu mòr an sàs ann an strì airson cur-às do mhalairt nan tràillean

**Coiteachadh** – feuchainn ri toirt air riochdaire taghte inntinn atharrachadh



**Cuaigearan** – ‘Quakers’ Buidheann Crìosdail a thòisich san t-seachdamh linn deug a bha gu mòr airson bheachdan sìtheil.

**Cugoano, Ottabah** – Afraganach a bha an sàs ann a bhith a’ cur-às de mhalairt thràillean a chaidh a thoirt na thràill ann an Grenada ach a fhuair a shaorsa an uair a chaidh a thoirt a Lunnainn

**Cuilc-shiùcair** – lus tropaigeach le gas thiugh às am bi siùcar ga thoirt

**Cuipèadh** – peanasachadh le bhith a’ bualadh le cuip

**Cur-às mean air mhean** – a’ cur às do mhalairt thràillean gu slaodach

## D

**Dahomey** – dùthaich air taobh an Iar Afraga ris an canar Benin an-diugh

**Daingneachdan** – togalaichean làidir cloiche air oirthir Afraga a bha air an cleachdadh mar fhactaraidhean thràillean

**Dràibhear** – an neach a bha os cionn buidheann de thràillean

## E

**Entrepreneur** – cuideigin a tha deònach riosg a ghabhail ann an gnothachas

**Equiano, Olaudah** – Afraganach Ebo a bha na thràill ann am Barbados ach a cheannaich a shaorsa agus bha e fhèin an uair sin an sàs ann a bhith a’ cur-às de mhalairt thràillean

## F

**Factaraidhean thràillean** – àiteachan far am biodh na bàillidhean a’ dèanamh an cuid obrach

**Feadhainn sa mheadhan** – daoine a tha air am fastadh gus tràillean a cheannachd agus an toirt do bhàillidhean

## H

**Haiti** – a’ chiad dùthaich anns an do dh’èirich tràillean suas an aghaidh am maighstirean agus a ghabh iad thairis

## I

**Iarla Granville** – am prìomh mhinistear aig an àm a chaidh cur-às de thràilleachd ann an 1807

**Iasg sailte** – iasg air a chòmhdachadh le salainn; bha seo cumanta mar bhiadh do thràillean anns Na h-Innseachan an Iar

**Ìbhrìdh** – tosg alabhain a bha luchd-rannsachaidh Eòrpach a’ sireadh ann an Afraga sa chòigeamh agus san t-siathamh linn deug

**Islam** – creideamh nam Muslamaich, a’ creidsinn ann am Mohammed agus ag adhradh do Allah

## L

**L’ouverture, Touissant** – am fear a bha a’ stiùireadh nan tràillean a bha air an saoradh ann an Haiti.

**Lannsair an t-soithich** – am fear air bòrd bàta aig an robh beagan trèanadh meidigeach (gu tric air bàtaichean thràillean b’ e glè bheag a bh’ aige)

**Luchd-àrachais** – daoine a phàigheas na cosgaisean airson tagradh àrachais

**Luchd-malairt** – daoine a bhios a’ dèanamh am bith-beò bho bhith a’ ceannachd agus a’ reic

## M

**Mailèiria** – tinneas marbhteach a bhathar a’ faighinn bho bhìdeadh moscioto

**Mandingo** – treubh a bha a’ fuireach air Taobh an Iar Afraga

**Mòr-chaochladh na Frainge** – ar-a-mach le muinntir na Frainge an aghaidh an rìgh

**Mulatto** – cuideigin le aon phàrant geal agus aon phàrant dubh



## N

**Na h-Innseachan** – rìoghachd ann an Ìmpireachd Bhreatainn a bha a' dèanamh siùcar gun a bhith a' cleachdadh thràillean

**Na h-Innseachan an Iar** – eileanan sa Mhuir Charibbean

**Newton, John** – caiptean a bha air bàta thràillean a bha an dèidh sin na mhinistear air eaglais agus an aghaidh tràilleachd. Sgrìobh e mòran laoidhean, mar eisimpleir – 'Amazing Grace'

## O

**Òr** – meatailt phrìseil a bha luchd-rannsachaidh Eòrpach a' sireadh ann an Afraga sa chòigeamh agus san t-siathamh linn deug

## P

**Pitt, William** – am prìomh mhinistear Breatannach eadar 1783 agus 1801 agus a-rithist bho 1804 gus an do bhàsaich e ann an 1806

**Planntachas** – oighreachd air a bheil bàrr mar cofaidh, tombaca no siùcar a' fàs

**Prothaid** – teachd a-steach fo chùmhnaht, far a bheil an t-sùim a thathar a' cosnadh nas àirde na an t-sùim a thathar a' cosg

## R

**Rannsachadh Pàrlamaideach** – coinneamh de BPan ag amas air tuilleadh fhaighinn a-mach mu chùis agus fiosrachadh a thoirt air ais dhan Phàrlamaid

**Rup** – fèill phoblach far am biodh grunnan air an reic còmhla ris an neach a bheireadh an t-sùim a bu mhotha air an son

## S

**Searbhant ceangailte** – neach a dh'fheumadh obair a dhèanamh airson ùine

**Seirbheisean ionmhais** – seirbheisean airgid mar bancadh, creideas agus àrachas

**Sgrambail** – fèill phoblach far am biodh an luchd-ceannachd a' ruith suas chun an fheadhainn a bha iad airson a cheannach

**Sharp, Granville** – fear a bha ag obair dhan riaghaltas ach a chaidh an sàs ann a bhith a' saoradh dhaoine a bha nan thràillean ann an Sasainn agus b' e fear dhen chiad fheadhainn a bha a' strì airson cur-às do mhalairt nan thràillean

**Soisgeulach** – neach a tha a' dlùth leantainn teagaisgean a' Bhìobaill agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh an nì ceart

**Sons of Africa** – buidheann de dhaoine à Afraga a bha airson cur-às do mhalairt thràillean a bhiodh a' coinneachadh ann an Lunnainn san ochdamh linn deug

**Strì** – a' sabaid air ais

## T

**Tiogaid** – pàipear air a shoighneadh le ainm an neach leis an robh na thràillean, a' toirt cead do thràill rudeigin a dhèanamh

**Tràill a ruith air falbh** – tràill a dh'fhàgas àite an uachdarain gun chead

## W

**Wedgwood, Josiah** – Cuaigear agus fear beairteach aig an robh factaraidh chrèadhadaireachd a bha a' toirt taic do bhith a' cur-às de mhalairt thràillean

**Wilberforce, William** – Ball Pàrlamaid (MP) a bhiodh a' dèanamh òraidean agus a thug Bilean a-steach an aghaidh malairt thràillean



# Clàr-amais

## A

Afraga  
 àireamh-sluaigh agus a'  
 bhuaidh aig malairt thràillean  
 17  
 àiteachadh 17  
 còmhstri eadar treubhan 16,  
 41  
 eachdraidh tràilleachd 13-15  
*faic cuideachd* Ìompaireachd  
 Asante; Afraga an Iar  
 lìonathan còmhdhail 14, 17  
 luchd-ciùird 12, 76  
 san ochdamh linn deug 11-12  
 Afraga an Iar  
 a' buain còco 97  
 factaraidhean thràillean 42  
 mar àite airson tràillean  
 fhaighinn 7, 7, 13-15  
 Afraganaich  
 an àite ann am malairt  
 Atlantaigeach nan tràillean  
 15, 16, 41-2  
 na chaidh a dhèanamh nan  
 tràillean 16, 26  
 Alba, a h-àite ann am malairt  
 Atlantaigeach nan tràillean  
 32-5  
 An Comann airson Malairt  
 Thràillean a chasg 71, 75,  
 77, 79, 85  
 An Cuan Atlantaig 4, 5, 7, 8, 14  
 An Glusad Soisgeulach 79, 80,  
 81  
 An Tionndadh Gnìomhachais  
 92-3  
 An Turas Meadhain 8, 45-51, 87  
 Àrachas 27, 69, 69-70  
 Ar-a-mach faic Strì  
 Arawaks 6, 65  
 Athchuingean 77-8

## B

Bancaichean, an sàs ann am  
 malairt thràillean 27, 36  
 Bàtaichean thràillean  
 a' dol air bòrd 45  
 a' togail 29  
 an sgioba 38, 48-9  
 an suidheachadh air bòrd  
 46-7  
 ar-a-mach 49-50  
 bhòidsean 26, 29, 33, 37-8,  
 69, 81  
*faic cuideachd* An Zong  
 galaran 48  
 latha àbhaisteach 47-8  
 stiùireadh a' chaithean 37  
 Bathar malairt 38  
 Beairteas à tràilleachd 25, 28,  
 32, 36, 75, 85-6  
 Biadh 4, 12, 17, 48, 61, 62, *faic*  
*cuideachd* Siùcar  
 Boireannaich  
 am beatha nan tràillean 58,  
 60-2  
 airson cur às do thràilleachd  
 80-1  
 Bristol 28

## C

Cìsean 29  
 Clarkson, Thomas 71, 76, 78,  
 79, 92  
 Colonaidhean na Spàinn 4-5, 7  
 Columbus, Christopher 4  
 Comann nan Caraidean, *faic*  
 Cuaigearan  
 Cotan 38, 97, 99  
 Cuaigearan 71, 77, 79, 81  
 Cugoano, Ottabah 75  
 Cur às do thràilleachd – an  
 glusad 70  
 a' teagasg dhaoine mu  
 mhalairt nan tràillean 75-6  
 àite nam boireannach 80-1  
 an argamaid Chrìosdail 79-80  
*faic cuideachd* Iomairt airson  
 tràilleachd  
 iomairt sa Phàrlamaid 77-8  
 Ìomhaighean 76-7

## E

Eaconamas 92 *faic cuideachd*  
 Prothaidean bho mhalairt  
 thràillean  
 Eaglais Shasainn 79  
 Eilean Bunce 34-5  
 Equiano, Olaudah 75, 78, 92

## F

Factaraidhean thràillean 16, 42

## G

Galar 6, 16, 17, 42, 45, 48, 58-  
 62, 92  
 Grèidhearann 6, 57

## H

Haiti, ar-a-mach thràillean 88

## I

Iameuga 2, 5, 6, 28, 33, 35,  
 36, 37, 65, 69-70, 88 *faic*  
*cuideachd* Thistlewood,  
 Thomas  
 Iomairt airson tràilleachd 77,  
 85-6  
 ann am puirt tràilleachd 87  
 sa Phàrlamaid 86-7  
 Ìompaireachd Asante 16

## L

L'ouverture, Toussaint 88  
 Leyland, Thomas 36-8  
 Liverpool 29  
 Lunnainn 26-7

## M

Malairt an triantain 3, 8-9,  
 25, 27, 29, 36-8, 85,  
*faic cuideachd* An Turas  
 Meadhain  
 Malairt nan tràillean  
 a h-eachdraidh ann an Afraga  
 13-15  
 an deireadh 91-3  
 an là an-diugh 97-8



an t-eagrachadh, *faic* Malairt  
an triantain  
Marsantaich 12, 14, 26, 27, 28,  
32, 33, 36-8  
Mòr-chaochladh na Frainge 88  
More, Hannah 80-1

## N

Na h-Eileanan Caribbean  
buaidh malairt nan tràillean  
65  
colonaidhean 4-5  
Na h-Innseachan an Iar  
ceanglaichean ri Afraga an Iar  
1, 2, 3, 7, 8, 15, 16, 28, 34-  
5, *faic* cuideachd Malairt an  
triantain  
ullachadh siùcair 3, 4-5, 6, 92  
Na Stàitean Aonaichte,  
tràilleachd 99  
Newton, John 49, 79

## O

Oswald, Richard 34

## P

Peanasachadh thràillean 49, 62,  
65  
Planntachasan 57, 92  
làimhseachadh nan tràillean  
58-62, 86  
luchd-seilbh 57, *faic*  
*cuideachd* Thistlewood,  
Thomas  
strì le tràillean 64-5, 88, 93  
Portagail, a h-àite ann am  
malairt nan tràillean 7, 15  
Prìosanaich cogaidh 16, 18, 41  
Propaganda  
le daoine a bha airson  
tràilleachd 18  
Prothaidean bho mhalairt  
thràillean 27, 36-8, 69, 81,  
92  
Puirt thràillean 25, 87, *faic*  
*cuideachd* Bristol; Liverpool;  
Lunnainn

## R

Reic thràillean 14, 16, 18, 36,  
38, 41, 50-1, 70  
Rupan thràillean 50-1

## S

Searbhantan ceangailte 6  
Sgrambail thràillean 51  
Sharp, Granville 71, 79, 85, 92  
Sinnsearachd 2  
Siùcar  
boycott 81  
cuilc 4, 5, 7  
iarrtas 4, 7, 34  
prìs 38, 65  
ullachadh 5-6  
Slighean malairt Arabach 14  
Sons of Africa 75  
Strì  
air bàtaichean thràillean 49-  
50  
air planntachasan 64-5, 88,  
93

## T

Thistlewood, Thomas 57,  
beatha nan tràillean aige 58-  
62  
leabhraichean-latha 62-5  
Tombaca 32, 33, 34, 99  
Tràilleachd  
*faic cuideachd* Planntachasan  
gan gluasad chun a' chosta  
41  
glaiste ann an daingneachdan  
42  
mar a chaidh daoine a  
dhèanamh nan tràillean 41

## W

Wilberforce, William 75, 78, 79,  
80, 85, 87, 91, 92  
Wollstonecraft, Mary 80

## Z

Zong, An 69-70, 71





